


Notaichean an Tìdseir

can gun robh



cruinneachadh bàrdachd
deasaichte le
Anna Latharna Nic Gilliosa

Ro-ràdh

Can gun robh thu a' feuchainn ri eòlas a chur air pìos bàrdachd. Càit an tòisicheadh tu? Tha daoine air a bhith a' sgrìobhadh agus a' leughadh bàrdachd (no ga h-aithris agus ga h-èisteachd) airson trì mìle bliadhna co-dhiù. Ach dè a' bhuaidh a th' aig bàrdachd oirnn – no dè am feum a th' innte an coimeas ri sgeulachd, can, no pàipear-naidheachd, no nobhail – tha e duilich a mhìneachadh.

A-rithist, tha daoine air a bhith measail air seòclaid airson trì mìle bliadhna. Ach dè a' bhuaidh a th' aig seòclaid oirnn – no dè am feum a th' ann an coimeas ri aran, can, no bainne, no orainsear – chan eil e furasta a mhìneachadh. B' urrainn dhuinn tighinn beò às aonais seòclaid – no bàrdachd – ach 's e call a bhiodh ann!

Tha seòclaid ri fhaighinn ann an iomadh cruth. Cruthan agus pasgain a bhios tarraingeach dhan t-sùil: blocaichean is uighean is Bodaich na Nollaig; tiùbaichean is bogsaichean is pàipear dathach. Tha bàrdachd ri faighinn ann an iomadh cruth cuideachd. Seo feadhainn de na seòrsachan a lorgas tu san leabhar seo:-

- ❖ **dàn riaghailteach** le sreathan mun aon fhaid, agus an aon àireamh de shreathan anns gach rann (me *Oidhche air chèilidh*, td 134)
- ❖ **dàn saor** gun shreathan den aon fhaid, no àireamh chunbhalach de rannan (me *Togsaid uisge*, td 133)
- ❖ **òran obrach** le rannan goirid agus sèist gun chiall, mar *fail il è no hì horo* (me *Dh'èirich mi moch madainn Chèitein*, td 20)
- ❖ **dàn haiku** gun ach trì sreathan uile gu lèir (me *Na cnuic*, td 56) Uaireannan leis an aon àireamh de lididhean anns gach sreath (me *gun chadal aig Fèis Shiatail* td 125)
- ❖ **dàn luimneach** le dà shreath fhada, dà shreath ghoirid, agus aon sreath fada aig an deireadh (me *An cunnart do bheatha sna Hearadh*, td 217)
- ❖ **dàn conrait** air a sgrìobhadh mar sheòrsa de dhealbh (me *Tadhal Gàidhealach*,
td 112 no *Dè th'ann an ainm*, td 97)
- ❖ **crois-dhàn** leis a' chiad litir den a h-uile sreath a' litreachadh teachdaireachd iomchaidh (me *Leac nan ainm*, td 189)

A thaobh teòclaid ged-thà, mar a tha fhios agad, cha chuir thu eòlas air na rudan as cudromaiche aig a bheil buaidh air do bheul (am blas) agus air do shròin (am fàileadh)

– gus am fosgail thu am pasgan. Tha an dearbh rud fìor a thaobh bàrdachd, ged nach ann air do bheul no do shròin a bhios a’ bhuidh as motha aice, ach air do chluais (am fuaim) agus air d’ inntinn (an ciall, no a’ bhrìgh). Tòisichidh sinn leis an fhuaim on as e as fhasa a mhìneachadh!

’S e **rannaigheachd** a chanas sinn ris na h-innleachdan a bhios na bàird a’ cleachdadh gus tlachd a thoirt do chluais an luchd-èisteachd: pàtrain ealanta de **ruitheam** is eile, a chòrdas rinn agus/no a chuidicheas sinn gu ciall na bàrdachd a thuigsinn. Faodaidh ruitheam a bhith cho cunbhalach ri ceòl dannsa, no cho saor ri boinnean uisge a’ tuiteam ann am peile. Seo, mar eisimpleir, criomag bàrdachd anns a bheil **ruitheam cunbhalach**. Leugh a-mach i (leat fhèin no ann am buidheann) gus an cluinn thu na pàtrain de bhuillean troma agus aotrom a tha innte. Leugh i mar gun robh thu a’ cluich pìos ciùil: coma leat dè tha na faclan a’ ciallachadh aig an ìre seo:-

*Oidhche Shamhna 's a' ghealach ag èirigh
 Ù hù hù
 Dè bha siud? Chan eil mis' airson èisteachd!
 Ù hù hù
 Seann chailleach-oidhche a' crathadh a lèine
 Ù hù hù
 Ithidh i luchainn is bruidhnidh i Beurla
 Ù hù hù (Oidhche Shamhna td 198)*

Mar a chluinneas tu, tha ceithir buillean troma sa chiad sreath, a dhà san dàrna sreath, is mar sin air adhart:-

*dum-da | dum-da-da | dum-da-da | dum-da, |
 dum dum | dum*

Faodaidh tu ruitheam an dàin a sgrìobhadh ann an dòighean eile. me **V** a chur an àite nam buillean troma, agus – an àite nam buillean aotrom:-

**V – | V – – | V – – | V – |
 V V | V**

’S e **troighean** (no casan) a chanas sinn ri roinnean an ruithim: *dum-da* (**V –**) agus *dum-da-da* (**V – –**) is eile, agus tha ainmean air na diofar throighean a gheibhear ann am bàrdachd. ’S e na seann bhàird Ghreugach a chuir na h-ainmean seo orra, ach thathar fhathast gan cleachdadh san latha an-diugh. Seo an fheadhainn as cumanta:-

- ❖ – **V cam-dhànach** (*iambic*) on a tha fuaim gach troighe mar cheum cam, no cuagach: me *An uair | bha Gàidh- | lig aig | na h-eòin* (*Linn an àigh*, td 127)

- ❖ **V – ruith-dhànach** (*trochaic*) on a tha fuaim oirre mar cheum ruith: Chunnaic | mise | aisling | neònach (*Am bodach-ròcais agus am bodach-sneachda*, td 69)
- ❖ **V V ob-dhànach** (*spondaic*) on a tha gach troigh a’ dèanamh fuaim obann, trom: sgal – slais! (*Am Burraidh a’ Burralaich*, td 25)
- ❖ **V – – meur-dhànach** (*dactylic*) on a tha coltas mar mheur (no corrag) air gach troigh, le aon alt mòr is dà alt bheag: chì mi na | mòrbheanna. (*Chì mi na mòr-bheanna*, td. 98)
- ❖ **– – V ais-dhànach** (*anapaestic*) on a tha i mar troigh mheur-dhànach air a tionndadh air ais, no an comhair a chùil: *Dh’fhalbh Sgalp - | ach a cheann | ach deis’ | ùr* (*An cunnart do bheatha sna Hearadh*, td 217)

Tha rannaigheachd mar seo ann an seann bhàrdachd Ghàidhlig cuideachd. Ach uaireannan bhiodh na seann bhàird a’ dèanamh bàrdachd de sheòrsa eile. An àite ruitheam cunbhalach, le àireamh chunbhalach de bhuillean anns gach sreath, bhiodh iad a’ cunntais àireamh nan lideadh.

’S e **bàrdachd lididheach** a chanas sinn ris an t-seòrsa rannaigheachd seo. Bha i ga cleachdadh le bàird ann an dùthchannan eile (mar Sìona) agus tha i fhathast ga cleachdadh san là an-diugh ann an cuid de dhàin: me **haiku** mar *Gun chadal aig Fèis Shiatail* (td 125).

Fhuair na seann bhàird Ghàidhlig trèanadh ann an sgoiltean sònraichte ann an Alba agus Èirinn, far an robh aca ri tòrr riaghailtean rannaigheachd ionnsachadh – nan laighe san dorchadas le clachan mòra troma air am brùthan! (Agus – nas miosa buileach – cha robh e ceadaichte do bhoireannaich a dhol dha na sgoiltean bàrdachd seo idir!) Ach mean air mhean, thairis air na linntean, thòisich na bàird a’ seachnadh nan seann riaghailtean, agus anns an fhicheadamh linn thòisich cuid mhath dhiubh a’ sgrìobhadh ann an dòigh gu tur ùr: nuadh-bhàrdachd no **bàrdachd shaor**. (’S e sin saor o riaghailtean.) San là an-diugh cha leig thu leas cus riaghailtean ionnsachadh mus tòisich thu a’ sgrìobhadh bàrdachd. (Agus – nas fheàrr buileach – tha a’ chlann-nighean a cheart cho math ri gillean an-diugh air bàrdachd a sgrìobhadh!) Seo criomag de bhàrdachd shaor:

*Mar a labhair Gunbjorn
ann an talla mhòr Olaf –
feòil ga ròstadh
fion ga òl –
bha iad gu lèir mun bhòrd,
na laoich ud
le na h-adhaircean
le na feusagan dearga
garg ag èisteachd ris* (*Gunbjorn* td 144)

Chan eil ruitheam cunbhalach innte, mar a chluinneas tu, ach tha gach sreath làn de ruitheaman inntinneach:-

— | V — | V V
— | V — V | V —

is mar sin air adhart.

Tha innleachdan eile aig na bàird airson an cuid obrach a dhèanamh tarraingeach agus/ no inntinneach dhan chluais: gu h-àraid **comhardadh** (no **co-fhuaim**).

Tha comhardadh ri chluinntinn ann an rannaigheachd den a h-uile seòrsa – riaghailteach, lididheach agus saor. Ann am bàrdachd Ghàidhlig faodaidh comhardadh a bhith aig deireadh shreathan, no an taobh a-staigh dhiubh, no an dà chuid. Leugh a-mach a' chrìomag a leanas, feuch an tog do chluas na diofar àiteachan sa bheil fuaimean a' comhardadh ri chèile:-

*Ann an Caolas Od-odram
far an coidleadh an ròin,
is far nach chuinnte guth duine
ach fuaim tuinne 's glog geòidh*

*mar mhuime 'g altram a pàistean
's i gan tàladh gu ciùin,
gu bheil tulgadh nan cuantan
ga sìor luasgadh nar suain. (Caolas Od-odram, td 102)*

Tha ainmean air na diofar sheòrsachan comhardaidh a chluinneas tu san dàn gu h-àrd:-

- ❖ **comhardadh slàn** eadar na fuaimreagan agus na connragan (me *duine/tuinne*)
- ❖ **comhardadh briste** eadar fuaimreagan, ach chan eil eadar connragan (me *pàistean/tàladh*)
- ❖ **leth-chomhardadh** eadar fuaimean nach eil buileach a' comhardadh ri chèile (me *ciùin/suain*)
- ❖ **comhardadh fireann** eadar na lididhean mu dheireadh de dh'faclan (me *ròin/geòidh*)
- ❖ **comhardadh boireann** eadar na lididhean leth-dheireannach de na faclan (me *cuantan/luasgadh*)
- ❖ **uaithe** (*assonance*) comhardadh eadar faclan chan ann aig deireadh shreathan a-mhàin, ach an àiteachan eile (me *cluinnnte/tuinne/muime*; no *cuantan/luasgadh/suain*)

- ❖ **aicill** *odram/coidleadh; cuantan/luasgadh* comhardadh eadar aon fhacal aig deireadh aon sreatha agus facal eile am broinn an ath sreatha
- ❖ **uaim** *Od-odram; glog geòidh* faclan a' tòiseachadh leis an aon chonrrag no fhuaimreag

Seo a-nis criomag de bhàrdachd shaor: leugh a-mach i:-

Dè an cur-seachad
a th' agad fhèin?

Am falbh thu fallain am measg bheanntan,
làithean fuar a' dol tro ghleanntan
le toileachas nad cheum?

An tog thu seòl ri crann –
am bàta bòidheach a' sgoltadh thonn
's a' falbh ron ghaoith na deann? (Cur-seachad, td 30)

Ged tha i saor, tha comhardadh de gach seòrsa innte:-

- ❖ **comhardadh slàn** *me bheanntan/ghleanntan*
- ❖ **comhardadh briste** *me fhèin/cheum*
- ❖ **comhardadh fireann** *me crann/thonn/deann*
- ❖ **comhardadh boireann** *me bheanntan/ghleanntan*
- ❖ **uaithe** *me seòl ri/bòidheach*
- ❖ **uaim** *me falbh/fallain/fuar*
- ❖ **aicill** *me seachad/agad*

Tha innleachdan eile ann airson bàrdachd a dhèanamh tarraingeach dhan chluais, a bhios air an cleachdadh ann an rannaigheachd de sheòrsa sam bith, saor no riaghailteach. me:-

- ❖ **ath-aithris** ag ràdh rudan barrachd air aon turas a dh'aon ghnòthach airson buaidh a thoirt air fuaim an dàin: *ù hù hù* (*Oidhche Shamhna*, td 198) no *Can gun robh* (*Can gun robh adhaircean oirnn*, td 49)
- ❖ **fuaiméalas** (*onomatopoeia*) far a bheil fuaim agus ciall an fhacail a' tighinn a rèir a chèile: *gusgail, guileag* (*Caolas Od-odram* td 102) no *dearga garg* (*Gunbjorn* td 144)

Ach air a' cheann thall 's e as cudromaiche a' bhuidh a th' aig bàrdachd, chan ann air do shùil, *no* air do chluais, ach air d' **inntinn**: an tuigse agus am mac-meanmna, na ceudfàthan, smaointean agus beachdan agad. Faodaidh dàn beag goirid a bhith cho math ri nobhail airson beachdan agus faireachdainnean a chur an cèill. 'S e as dùbhланаiche a bhith ga dhèanamh anns an àireamh as lugha a ghabhas de dh'fhaclan. 'S e eacarsaich dhan eanchainn a th' ann, cho math ri tòimhseachan-tarsainn no cleasachd sam bith eile as aithne dhòmhsa, a bhith a' sgrìobhadh bàrdachd mar seo, no ga leughadh agus a' feuchainn ri obrachadh a-mach dè bha am bàrd a' ciallachadh!

Tha diofar innleachdan aig na bàird gu rudan a ràdh ann an glè bheag de dh'fhaclan. me:

- ❖ **samhladh** (*simile*) coimeas eadar aon rud agus rudeigin eile: chan e seann abairtean sgìth mar “cho geal ris an t-seachda”, ach beachd-smuaintean ùra, làidir, a tharraingear dealbhan ùra, làidir ann an inntinn an leughadair: me

*cho tiugh ri ceathach samhraidh
cho trom ri còta clèirich
cho teth ri màs a' choire (Blàthachadh na cruinne td 188)*

- ❖ **meatafor** (*metaphor*) an àite coimeas eadar A is B (mar gu h-àrd) a' cur B ann an àite A. me

*leabhraichean nan aodann/a h-uile fear na stòraidh sgrìobht'
(Aodainn, td 50) no*

*ceudan de
bhomaichean donna
nan crochadh
air a' chraoibh...(ann am Pàirce Doire na Caol-Aibhne, td 89)*

- ❖ **pearsanachadh** a' dealbhadh bheathaichean, no rudan nach eil beò, mar gum b' e daoine a bh' annta, le buadhan daonna. me

*feòrag bheag ghaisgeil.../ri lachanaich (ann am Pàirce Doire na
Caol-Aibhne, td 89) no*

*Thuir an radan
ris an t-sionnach
's iad a' rùrachd sna cùl-shràidean...
(Gun luaidh air càraichean, td 190)*

Can gun robh thu air eòlas mionaideach mar seo a chur air dàn àraid (air a chruth, agus air a chiall) tha tòrr rudan eile a dh'fhaodas tu a dhèanamh leis: me

- ❖ **lèirmheas** a sgrìobhadh, a chuireas an cèill dè b' fheàrr a chòrd riut, agus carson
- ❖ **dràma** a dhèanamh à sgeulachd no teachdaireachd an dàin
- ❖ **ealain** a dhèanamh – dealbh no ìomhaigh – à sgeulachd an dàin agus/no na faireachdainnean a thog e annad: a' bhuaidh a bh' aige air do cheudfàthan
- ❖ an dàn a **chlò-bhualadh** – le dealbhan; air a' bhalla; air an eadar-lìon
- ❖ **co-chruinneachadh** de bhàrdachd a dhèanamh mar a tha mi-fhìn a' dèanamh an-dràsta
- ❖ **ceòl** a dhèanamh à ruitheam an dàin: ceòl-bualaidh, *hip-hop*, *beat-box*. Na faclan agus an ruitheam a chur ri chèile mar *rap*; an ceòl a chlàradh; **dannsa** a chur ris
- ❖ na faclan a chumail air **chuimhne**, gus am bi an dàn – agus na beachdan agus briathrachas, faireachdainnean agus feallsanachd a tha ann – air do theanga uair sam bith a thogras tu – air a' bhus; anns an leabaidh; nuair a dh'fhàsas tu aosta.

Can gun robh thu a' dèanamh co-chruinneachadh de bhàrdachd – mar a tha mise a' dèanamh an-dràsta – saoil dè na dàin a chuireadh tu ann agus dè an fheadhainn a dh'fhàgadh tu às? Chan eil e furasta!

Dh'fheuch mi-fhìn ri dàin a lorg (a) bho dhaoine de dhiofar aoisean agus (b) bho iomadach àite air feadh an t-saoghail: bho na h-Eileanan an Iar gu Sìona agus Thailand; bho Obar Dheathain, Inbhir Nis, Earra-Ghàidheal, Glaschu, Dùn Èideann agus na Crìochan, gu Iapan, na Stàitean Aonaichte, Sealainn Nuadh, Iran, Lebanon agus Ceinia... Mo mhìle taing dha na bàird uile a thug cead dhuinn an cuid bàrdachd a chleachdadh – ge b' e càit a bheil iad is dè an aois a tha iad – gu h-àraid iadsan a sgrìobh dàin ùra a dh'aon ghnòthach dhan leabhar seo: **Niall Brownlie, Aonghas Pàdraig Caimbeul, Tormod Caimbeul, Fearghas MacFhionnlaigh agus Aonghas MacNeacail.**

Rinn mi mo dhìcheall, cuideachd, gu bàrdachd air diofar chuspairean a thaghadh – bho bhall-coise gu bainnsean, turas-mara gu taibhsean, cogadh gu cait, bodaich-shneachda gu blàthachadh na cruinne. Ach tha eagal orm gu bheil mi air cuid mhath de na cuspairean as motha as toigh leatsa fhàgail às (no is dòcha gur e na bàird fhèin a th' air na cuspairean seo a dhearmad gu ruige seo). Ma tha, dè mu dheidhinn bàrdachd ùr a sgrìobhadh air na cuspairean inntinneach, tlachdmhor as toigh leat fhèin? Siuthad! Dall ort!

Anna Latharna NicGilliosa, Dùbhlachd 2008

1

son





Fèin-eachdraidh Litreachail

Frank O' Hara (na Stàitean Aonaichte)

air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa

Nuair a bha mi òg bhithinn
a' cluich ann an oisean
san raon-sgoile nam
aonar.

Cha bu toigh leam dèideagan agus
cha bu toigh leam geamannan; bu
neo-chàirdeil na beathaichean 's bhiodh
na h-eòin a' teicheadh orm.

Nam biodh cuideigin gam shireadh bhithinn
a' falach air cùl craoibhe, a' caoineadh:
"Chan eil annam ach dilleachdan
bochd," chanainn.

Agus seall mi a-nis, an teis-meadhan
nan annas; na h-àilleachd! A' sgrìobhadh
na bàrdachd seo!
Smaoinich, a chàirdean!



Beag-fhaclair

dilleachdan: neach gun phàrantan

annas: rud neo-àbhaisteach

àilleachd: bòidhchead



An teaghlach againne

Mairead Hulse

Tha triùir anns an teaghlach againne:
tha Anna is Màiri 's mi fhìn ann;
's i Anna as sine is Màiri as òige,
is mise – Catriona – sa mheadhan.

Tha Màiri cho crosta aig amannan
's gum feuchadh i foighidinn Iòb,
ach feumaidh sibh leisgeul a ghabhail
air sgàth 's g' eil i fhathast cho òg.

Tha Anna cho mòr-chùiseach, pròiseil,
's chan eil càil air a h-air' ach a cruth:
chan ith i a biadh mar as còir dhi
air eagal 's gum fàs i ro thiugh.

Ach Catriona – tha ise cho stòlda,
cho brèagha, cho modhail 's cho math:
's e tha fortanach m' athair 's mo mhàthair
leithid Catriona bhith ac'.

Beag-fhaclair

foighidinn: an comas a bhith a' cur suas ri rudan airson ùine fhada

mòr-chuiseach: pròiseil, uaibhreach, àrdanach, mòr aiste fhèin

air a h-air': air a h-aire; na h-inntinn

tiugh: reamhar

stòlda: seasmhach, suidhichte, ciallach

Iòb: Fear a tha a' nochdadh sa Bhìoball. Ged a chaill e a h-uile càil a bh' aige, cha do ghearain e, agus cha do chaill e a chreideamh ann an Dia.

Can gun robh thu airson eòlas ceart a chur air an dàn gu h-àrd: *Fèin-eachdraidh* litreachail. Saoil dè bh' ann an inntinn Frank O' Hara nuair a sgrìobh e an dàn seo? Dè an sgeulachd a bha Frank airson innse dhuinn? Coimhead air an tiotal an toiseach. *Fèin-eachdraidh* – 's e sin sgeulachd mu dheidhinn a bheatha fhèin – gu h-àraid, làithean òige. *Fèin-eachdraidh litreachail*: feumaidh gun robh litreachas uabhasach cudromach dha – an taca ri cuspair sam bith eile – agus gu sònraichte bàrdachd. Oir a-rèir an dàin, bha Frank a' faireachdainn ìosal, aonaranach agus eadar-dhealaichte gus an do thòisich e a' sgrìobhadh bàrdachd, 's a fhuair e e fhèin ann an saoghal ùr a bha mìorbhaileach, àlainn.

Chan eil Frank a' cleachdadh bhuadhairean mar *ìosal*, *aonaranach* agus *eadar-dhealaichte*, *mìorbhaileach* no *àlainn* ged-thà. Tha e a' nochdadh ciamar a bha e a' faireachdainn tro

- ❖ **eisimpleirean** de na rudan àraid a bhiodh e a' dèanamh: a' cluich na aonar; a' dol am falach air daoine eile; a' caoineadh, is mar sin air adhart, agus
- ❖ **àibheiseachadh** (*hyperbole*) a' cumail a-mach gun robh cùisean mòran na bu mhiosa na bha iad san da-rìribh an toiseach (saoilidh mise), agus mòran na b' fheàrr an-dèidh dha tòiseachadh air bàrdachd a sgrìobhadh ('s dòcha)

Feuch an lorg thu eisimpleirean de na h-innleachdan a leanas cuideachd: meatafor; co-fhuaimneachd; sruth fhacail; ath-aithris; pearsanachadh

Chan eil Frank a' mìneachadh ann an dubh 's an geal carson (a) a bha e a' faireachdainn cho ìosal na òige san sgoil (chanainn gum biodh beachd agad fhèin air seo. Chan eil freagairt cheart no cheàrr air: cleachd an t-eòlas agus am mac-meanmna agad fhèin) no (b) dè an diofar a rinn bàrdachd dha bheatha. Is dòcha gun tug e misneachd dha faighinn a-mach gun robh e cho math air sgrìobhadh. Is dòcha gun do lorg e caraidean ùra: daoine eile a bha measail air bàrdachd. No is dòcha gun d' fhuair e a-mach gum b' urrainn dha saoghal ùr mìorbhaileach a thogail dha fhèin le faclan. 'S ann mar sin a bha mise a' tuigsinn ciall an dàin – gus an do rinn mi **rannsachadh** (rudeigin eile a dh'fhaodas a bhith cuideachail nuair a tha thu a' feuchainn ri eòlas a chur air bàrdachd). Lorg mi fiosrachadh inntinneach air an eadar-lìon mu dheidhinn beatha Frank, a chuir dreach ùr air an dàn – dhòmhsa co-dhiù.

Tha e coltach gun do rugadh Francis Russell O' Hara ann am Massachusetts ann an 1926. Bha e math air ceòl nuair a bha e san sgoil, agus nuair a dh'fhàg e an sgoil, chaidh e dhan Cholaiste-chiùil ann am Boston. Ach thachair seo ann an 1944, àm an Dàrna Cogaidh. Gu mì-fhortanach, cho luath 's a ràinig Frank aois ochd bliadhna deug, chaidh thoirt a-mach às a' Cholaiste agus a-steach dhan Chabhlaich Ameireaganach, far an do chuir iad e air bòrd destroyer sa Chuan Shèimh – an teis-meadhan na còmhstri shearbh eadar na Stàitean Aonaichte agus na Iapanach. Gu fortanach cha deach a mharbhadh, mar a thachair do chuid mhòr de sheòladairean air gach taobh, ach chan eil rian nach fhaca e tòrr rudan cianail. Aig deireadh a' Chogaidh, ged-thà, fhuair e cothrom on

Riaghaltas Ameireaganach a dhol do dh'Oilthigh Harvard, far an tug e a-mach ceum ann an litreachas. Sin far an do thòisich e a' sgrìobhadh bàrdachd... Is dòcha, a-rèist, nach ann mu dheidhinn làithean sgoile a tha an dàn seo idir. Chan eil mi ag ràdh nach robh Frank a' faireachdainn ìosal, is aonaranach, is eadar-dhealaichte nuair a bha e san sgoil, ach gur dòcha gun do chleachd e sin mar shamhla den eòlas a fhuair e aig àm a' Chogaidh. Dè do bheachd-sa? Leugh an dàn a-rithist mus freagair thu a' cheist sin!

Can gun robh thusa a' dol a sgrìobhadh “fèin-eachdraidh” mu dheidhinn rudeigin a tha air tlachd is misneachd a thoirt dhut fhèin; no bròn is uallach a chur ort. Saoil dè an seòrsa fèin-eachdraidh a bhiodh ann? Fèin-eachdraidh spòrsail, is dòcha? Fèin-eachdraidh cheòlmhor, no chàirdeil, no choimpiutaireil? No fèin-eachdraidh dhroch-aimsireil, no obair-dhachaigheil, no dhinner-sgoileil? Carson nach feuch thu air. 'S e an **t-eòlas** agad fhèin an t-àite as fheàrr airson cuspairean sgrìobhaidh a lorg.

Agus sin far a bheil an leabhar seo a' tòiseachadh cuideachd: le **Sgeulachdan ar beatha**. Aig an taigh, anns an sgoil, air na làithean-saora, a' chiad char sa mhadainn, aig deireadh an latha, taobh a-muigh Boots the Chemist, ann am bogsa cairt-bhòrd ann an guitear san

t-sràid... Na rudan as toigh leinn uile: an sgoil – uaireannan; na saor-làithean – fhad 's a tha gu leòr againn ri dhèanamh; ar pàrantan – fhad 's nach iarr iad oirnn ar rumannan-cadail a sgioblachadh; ar caraidean – fhad 's a fhreagras iad ar teachdaireachdan-teacs; sinn-fhìn – gus an can cuideigin gu bheil sinn ro bheag, ro mhòr, ro òg, no ro rudeigin suarach eile. Na rudan a chuireas an t-eagal, no am bròn, no an fhearg oirnn uile: an dorchadas; burraidheachd; droch shlàinte; an aois; am bàs...

Tha fhios gu bheil beatha eadar-dhealaichte aig daoine air feadh an t-saoghail – bho Àirigh an Tuim gu Afraga, Iran gu Innis an Uillt, Tiriodh gu Thailand – ach a rèir nan dàn san earrainn seo chan eil na faireachdainnean againn cho eadar-dhealaichte bho chèile 's a dhùilicheadh tu!

Dh'èirich mi moch madainn Chèitein*Òran luaidh à beul-aithris*

Dh'èirich mi moch madainn Chèitein:

*Faill il è hill u ill o
hiùraibh o 's na hòro èile
faill il è hill u ill o*

mas moch an-diugh bu mhuich' an-dè e!

'S binn a' chòisir rinn mi èisteachd -

smeòraichean air bhàrr nan geugan:

leanaidh slàinte agus èibhneas

riùsan a bhios moch ag èirigh!

**Beag-fhaclair*****èibhneas (aoibhneas)***: sòlas, toileachas

'S e seann **òran obrach** a tha seo, den t-seòrsa a bhiodh boireannaich a' seinn nuair a bha iad a' luadh a' chlà. Tha **seanfhal** ga chleachdadh mar **cho-dhùnadh** an dàin. A bheil thu ga fhaicinn?

Oran na maidne*Nader Naderpur* (Iran)

air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa

Anns na speuran gorma, glaisneulach
chuala mise eun a' gobaireachd:

“Càit a bheil i, ma-tà?
Càit a bheil a' mhadainn?”
“Tha i air bàrr do sgèithe,”
fhreagair mis'.

Le sin dh'fhalbh an t-eun
agus nochd snuadh na grèine
nam shùilean fhèin.

Beag-fhaclair***glaisneulach:*** glas + neul-ach; le sgòthan glas-bhàn***gobaireachd:*** cabadaich***air bàrr:*** air mullach***snuadh:*** coltas, dreach, ìomhaigh

An urrainn dhut **pearsanachadh** agus **meatafor** a lorg san dàn seo?

Àm Èirigh*An t-Urr. Cailean T MacCoinnich*

Tha ghrian air èirigh,
 tha ghrian air èirigh,
 tha eòin nan speuran a' seinn le sunnd;
 an uiseag Chèitein
 le h-òran èibhinn,
 's a' chuthag 's sèist oirr' aig bonn nan stùc.

Tha crodh a' geumnaich,
 tha crodh a' geumnaich,
 's uain òg' a' leumnaich air feur fon driùchd.
 Tha guth gach creutair
 's iad saor o èislean
 mar-aon ag èigheach rinn, "Èirich! Dùisg!"

Tha an t-àm dhuinn gluasad,
 tha an t-àm dhuinn gluasad,
 tha latha nuadh a' toirt cuireadh dhuinn;
 ged 's socair cluasag,
 ged 's milis suain leinn,
 chan fhuirich uair eadhon ris an rìgh.

Beag-fhaclair

sèist: am pàirt de dh'òran a bhios ga ath-sheinn an dèidh gach ceathramh no rann.

stùc: creag, sgeir

geumnaich: beucail, glaodhadh, èigheach

driùchd: boinneagan beaga uisge a nochdas air an fheur tron oidhche

èislean: bròn, mulad

Tha thid' agad bhith 'g èirigh

Mairead Hulse

A bheil thu 'g èisteachd, Ealasaid,
a bheil thu 'g èisteachd idir?
Tha thid' agad bhith 'g èirigh -
chan inns mi dhut a-rithist!
Tha thid' agad bhith 'g èirigh
's do bhracaist air a' bhòrd:
tha mise ri tighinn suas thugad
mur èirich thu san spot!

Tha mi ga do chluinntinn:
cha leig thu leas bhith trod!
Èiridh mi sa mhionaid -
nach fhàg thu mi aig fois!
Tha 'n latha fuar is frasach,
's tha mo leabaidh socrach, blàth:
mionaid bheag is èiridh mi -
chan eil math dhomh a bhith tràth.

A chaileag, 's math tha fios agam
nach eil thu ri toirt feart,
's tha mise ri tighinn suas thugad
mur èirich thu sa bhad!
Is gabhaidh tu an t-aithreachas
gun robh thu riamh cho leisg
mura bi thu air do chasan
mus cunnt mi suas gu deich ...



Tha cheart cho math dhomh èirigh:
ged as leisg mi thig mi sìos,
is gabhaidh mi mo bhracaist -
O rud sam bith son sìth!
Ach b' àill leam fhìn nan innseadh tu
dè 's adhbhar dhan a' chabhaig:
an do dhìochuimhnich thu, mhàthair,
gur e an-diugh Disathairn'?

Beag-fhaclair

feart: aire

aithreachas: a bhith a' faireachdainn duilich



Fadachd

Criosaidh A NicÌomhair

Tha mi nam shuidhe san sgoil
's mo shùil a-mach air an uinneig -
faoileagan a' sgèith san adhar.
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
cho sgìth!

Tha mi nam shuidhe san sgoil
's mi 'g èisteachd fuaim na gaoithe
ag ràdh "Tugainn, tugainn."
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
cho sgìth!

Tha mi nam shuidhe san sgoil
's mi faicinn bheanntan àrda
ag ràdh, "Dìrich mi, dìrich mi."
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
cho sgìth!

Tha mi nam shuidhe san sgoil
ag èisteachd guth an tidseir fad' air falbh
ag ràdh "Èist! Èist!"
Ach tha mise anns a' phrìosan seo
cho sgìth!

Am Burraidh a' Burrallaich

Tormod Caimbeul

Bha eagal orra romham
an fheadhainn bheag ud
air P3 agus P4:
Wee Jamie, Wee Alfie, Wee Rob,
Jason, Calum,
Wee Imran Abdalla,
A h-uile mac màthar dhiubh.

Gheibhinn an t-airgead-pòcaid aca
air a-neo
bhiodh fuil ri sròinean
deòir a' sileadh.

Nuair a chitheadh iad mi ri tighinn
thigeadh crith
is ruitheadh iad mar an dealanach
às mo shealladh.

A h-uile mac màthar
ach Todd beag salach.

Thug mi dha màirlich -
bruthadh is buillean -
ann an seada nam baidhsagal
's tro shruth a chuinnleanan
thuirt e rium - am peasan -
nach fhaighinn às leis
's gun robh esan a' dol a dh'inns' orm.



An innseadh gu dearbha?
 sgal – slais!
 Dh'innseadh ...
 Slais – sgal!
 Dh'innseadh ma-thà, dh'innseadh.

Agus làrna-mhàireach
 's mi gun dùil ris,
 thàinig an tè seo 's i ri bùirich –
 piuthar mhòr Todd, Anna-Màiri,
 ìnean oirre mar ìnean gràpa,
 am baga-sgoil' aice mar roth-gaoith:
 fhuair mi e an taobh a' chinn
 is thuit mi – gomh! – gun anail
 air mo dhruim.

'S an uair a fhuair mi gu mo chasan
 bha i thugam mar an radan
 a h-ìnean biorach a' dol nam fheòil.
 Dh'èigh mi 'Murt!
 Tha siud gu leòr!'

Bha siud! Thug i dhomh a' bhròg
 's le fiacail ghuineach
 mar na sgeinean
 shad i rithist mi chun a' làir.

Bha 'n fheadhainn bheaga ga mo choimhead,
 a h-uile mac màthar:
 Wee Jamie, Wee Alfie, Wee Rob,
 Jason, Calum,
 Wee Imran Abdalla.

O mo mhasladh,
 O mo nàire!

Beag-fhaclair

màirlich: pronnadh

cuinnleanan: an dà fhosgladh san t-sròin

bùirich: glaodhaich

gràpa: innleachd le bioran meatailt airson buntàta is eile a thogail

guineach: nimheil, feargach

Tha an dàn seo làn **fuaimelais**. Feuch an lorg thu a h-uile eisimpleir dheth. Coimhead airson **comhardadh** inntinneach air feadh an dàin cuideachd.

Chan ann tric a chluinneas sinn sgeulachd mar seo o thaobh a' bhurraidh. Saoil an e sin a tha a' fàgail an dàin seo cho làn **abhachdais**, ged is e cuspair cho cudromach a th' ann?



An treas là den chiad seachdain

Anna Latharna NiGilliosa

's mi air chall
ann an trannsaichean
falamh na h-àrd-sgoil

's mi fadalach -
tidsear sgaiteach mhatamataig
a' gabhail fadachd

's mi cus ro dhiùid
gu stiùireadh a lorg
aig dorsan dùint'

agus m' fhallas a' tuiteam
air mo bhaga-sgoile,
m' aigne mum chasan:

O man! droch aisling
gus 'n do thachair
mi riuts', a charaid.

Beag-fhaclair

sgaiteach: buailteach a bhith ag ràdh rudan geur, suarach

Cò **neach-bruidhinn** an dàin seo, saoil?

Chan fhaigh thu a-mach chun an rainn dheireannaich cò ris a tha i/e a' bruidhinn, no carson.

Sgoil dha dùnadh*Mairead Anna NicAoidh, Tolastadh bho Thuath*

Samhradh ri tighinn, sgoil dha dùnadh,
 Làithean-saorsa, àm gu spòrs;
 àm leabhraichean a phasgadh seachad –
 cus leughaidh tha na sgìths dhan fheòil.

Grian is blàths is làithean sìnte –
 tha iad cho ùr an-diugh nam chuimhn',
 ar n-inntinn òg air beinn an dòchais,
 farsaing, fosgailte, gun chuing.

Coimhead nan eathraichean air a' chladach
 tighinn leis an t-suaile dhan a' bhàgh,
 cur geall ach cò an tè bu luaithe
 's dè 'n lìon a rinn an cur a b' fheàrr.

Lorg nan crùbag, buain nam faochag
 'm beul na mara air an t-snàmh;
 grian an t-samhraidh ga ar dubhadh
 air bheag chòmhdach air an tràigh.

Samhradh goirid, chaidh e seachad,
 ri toirt bhuainn ar làithean-saor;
 cur leabhraichean na sgoil' an òrdugh,
 leigeil leòmain bhochd mu sgaoil.

Beag-fhaclair**cuing:** innleachd a bhios a' ceangal bheathachaichean; bacadh**suaile:** tonn**leòmann:** frìde coltach ri dealan-dè, a thig a-mach air an oidhche**mu sgaoil:** air fhuasgladh; air a shaoradh

'S e dàn beag sìmplidh a tha seo gus an ruig sinn an co-dhùnadh. Saoil an e meatafor a th' anns an t-sreath dheireannaich?

Tha mise bored*Mairead Hulse*

Tha mise bored, thuirt Iain bochd,
 bho dhùin an sgoil Dihaoine,
 is mas e seo na làithean-saor'
 b' fheàrr leam bhith às an aonais!

Bho dh'èireas mi sa mhadainn
 chan fhaigh mi fois no saorsa:
 bidh mi fhìn 's mo pheathraichean
 a' trod 's a' sabaid daonnan.

Mo mhàthair 's i cho sàraichte
 le ùpraid agus gleadhraich,
 ag èigheach, "Thalla a-mach a chluich
 's na salaich do chuid aodaich!"

Ma thèid mi steach a dh'iarraidh pìos
 's an t-acras ga mo bhuaireadh,
 bidh èigh ann, "Seall air staid an làir
 's mi 'n-dràst' air sgur ga sguabadh!"

Nuair dh'fhosgla iad an sgoil a-rithist
 bidh mise taingeil, dòigheil,
 is bidh mi fhìn ceart coma
 ged a bhithinn innt' gum pòsainn!

**Beag-fhaclair****ùpraid:** fuaim no aimhreit**gleadhraich:** fuaim**mo bhuaireadh:** a' cur dragh orm

Tha **tòimhseachan** no **dubh-fhacal** (*paradox*) san dàn seo: tha an neach-bruidhinn a' faireachdainn nas saoire san sgoil na air "làithean-saora"! Saoil an robh Mairead a' faireachdainn mar sin na h-òige?

Cur-seachad*Tormod Caimbeul*

Dè an cur-seachad
a th' agad fhèin?

Am falbh thu fallain am measg bheanntan,
làithean fuar a' dol tro ghleanntan
le toileachas nad cheum?

An tog thu seòl ri crann -
am bàta bòidheach a' sgoltadh thonn
's a' falbh ron ghaoith na deann?

No an tèid thu a dh'iasgach leam
gu creag
gu carraig -
anmoch gu loch
agus moch gu abhainn?

'S aithne dhòmhsa slaopaire
tha daonnan am broinn an taighe.
"Clioraig!" canaidh e
"às mo shealladh:
thu fhèin 's do chuid bheanntan
creagan
abhainn."

Chan e leisg a th' ann no pian -
a shùilean claon
's e ri dol aog
air a ghlacadh anns an eadar-lìon.

Beag-fhaclair**sgoltadh:** gearradh rudeigin na phìosan**slaopaire:** leisgeadair**clioraig:** gluais a-mach às an rathad**claon:** cam**aog:** bàs

Gainneamh

Cyril Childs, Sealan Nuadh

Air eadar-theangachadh le Fearghas MacFhionnlaigh

saor-làithean seachad ...
gainneamh
nam phòcaid

'S e **haiku** a tha seo: dàn beag cuimhir le dìreach trì sreathan. Tha dà sheòrsa **haiku ann**: haiku slàn, le seachd 17: 5 + 7 + 5; agus **haiku saor**, le àireamh sam bith de lididhean anns gach sreath. Dè an seòrsa haiku a tha seo?

An uair a bha mo mhàthair òg*Mairead Hulse*

An uair a bha mo mhàthair òg
 bha 'n saoghal eadar-dhealaichte,
 gu deimhinne, mas fìor an sgeul
 bhios aic' gu tric ga h-aithris dhomh.

Nuair bha ise dol dhan sgoil
 cha robh a' chùis cho furasta:
 cha robh cleasachd ann no spòrs
 no ealan mar a th' againne.

Cha robh wireless no TV
 no clàir no aodach fasanta,
 is cha robh airgead ac' am pailteas
 airson càil a cheannach leis.

Cha bhiodh iadsan falbh na sràid
 gu h-anmoch air na feasgaran –
 dh'fheumadh iad bhith 'm broinn an taigh'
 ag ionnsachadh an leasanan.

Nas motha cha robh an cleachdadh ac'
 bhith ruith às dèidh nam balach:
 ach 's e tha cur na h-imcheist orm,
 ciamar a fhuair i grèim air m' athair?

**Beag-fhaclair*****cleasachd:*** cluich***imcheist:*** ceist dhuilich, teagamh

An Rùm agus a' Mhàileid

Criosaidh A NicIomhair

Do rùm cho mì-sgiobalt' 's tu dìreach nad chùis-nàire –
chan eil do shamhail san tìr, ged bu mhath fhuair thu d' àrach.
Do bhrògan, do bhonaid, do bhriogais, do bhòtainn
air an sgapadh nan cnapan feadh gach pàirt dhen an ùrlar.

Briosgaidean milis bha nad bhucas an-dè
nan criomagan stamp't' fo do chasan, gach tè;
gum' air a chagnadh an sàs na do chluasaig,
rùsgan nan ùbhlan 's iad sgapte mun cuairt ort.

Canaichean dathte 's iad letheach de Chola,
pacaidean crisps nan smodal nad phòcaid,
stocainnean salach air an sadadh san t-seòmar
's a' chuid eile dhen aodach ann an oiseanan neònach.

Ach, a mhàthair, nach seall sibh dhuinne ur màileid –
tionndaidhibh mach i, cha bhi sibhse fo nàire!
Seall! Peanaichean, peansailean, prìnichean mòra,
prìnichean beaga – tha tuilleadh 's a' chòir ann.

Tiùrr de liostaichean 's tiogaidean aosta,
snàthad is siosar is snàithleanan caola,
stuth liopan is fùdar is crogain de stuth,
iuchraichean, sporan is glainneachan dubh.

Suiteis is teòclaid, sgian-phòcaid bheag,
trealach eile gun fheum – cha ghabh e a chreids';
is cinnteach ma-tà an dèidh na thuirt mis'
gun cùm sibh ur màileid nas sgiobalt' a-nis!

Beag-fhaclair

màileid: бага

tiùrr: cnap mòr, tòrr

Fiaclan athair Dhòmhnail*Tormod Caimbeul*

Fiaclan mòra fada uaine:
 còig gu h-àrd is dhà gu h-ìosal;
 staigh sa chùl na *molars* chruaidhe
 bhios a' pronnadh a chuid bìdh dha.

'S tha 'n fheadhainn bhiorach air a' bheulaibh -
 iadsan a tha math gu stialladh:
 tha iad làidir agus feumail
 son fosgladh botal *lemonade* dhut.

Ach ged tha iad feumail làidir
 chì mi far na chaill e dhà dhiubh:
 thug e 'n oidhche leis an dèideadh
 troimh-a-chèile 's e na èiginn,
 's nuair a dh'èirich e sa mhadainn
 thug e às iad le na *pliers*.

**Beag-fhaclair*****pronnadh:*** a' dèanamh mhìrean beaga de rud***stialladh:*** bìdeadh rudan nam pìosan caola, sracadh***dèideadh:*** am pian a thig à fiacail ghoirt

A' briseadh bhoghan-froise*Janet Paisley*

air eadar-theangachadh le Niall M Brownlie agus Anna Latharna NicGilliosa

Cha robh ann ach gille beag
a' plubraich ann an glumag
poll bho cheann gu chasan
's e cho sona ris an tunnaig.

Uaireannan na phoidsear
tarraing bhradan às an t-sruthan
uaireannan na pharathrupair
eabar suas gu mhuineal;

a' briseadh bhoghan-froise
a bha deàrrsadh anns an lòn
am faileas is na dathan uile
sgapt' le sàil a bhròig.

Cha robh dad air aire
ach am bruadar aige fhèin
is na chunnaic e sa ghlumaig:
càil a lùigeadh e fon ghrèin.

Is fhad 's bha mis' a' cnuasachadh
air na buadhan òg chaidh bhuan
na deann-ruith nochd a mhàthair
's thug i dèiseag dha mun chluais.

Beag-fhaclair**plubraich:** a' dèanamh fuaim mar bhuilgeanan**glumag:** lòn beag uisge**eabar:** clàbar**faileas:** dealbh de rudeigin a chì thu ann an sgàthan no uisge**cnuasachadh:** beachdachadh, meòrachadh**buadhan:** na rudan a bhios a' dèanamh aon duine eadar-dhealaichte bho dhuine eile**dèiseag:** sgailc

An urrainn dhut **fuaiméalas** a lorg san dàn seo?



Frith-rathad

Stella Ngatho (Ceinia)

air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa

A fhrith-rathaid a ruitheas sìos bhon taigh,
till thugamsa mo mhàthair.

Tha a' ghrian a' dol fodha, tha 'n dorchadas a' teachd,
tha na cearcan a-staigh is na leanaban a' fàs cadalach:
till thugamsa mo mhàthair.

Chan eil fiodh-connaidh air fhàgail 's chan fhaic mi 'n lanntair,
chuir sinn crìoch air a' bhiadh is theirig an t-uisge.

A fhrith-rathaid, tha mi guidhe ort,
till thugamsa mo mhàthair.

A fhrith-rathaid nan cnoc, a fhrith-rathaid nan clachan,
a fhrith-rathaid shleamhainn, a fhrith-rathaid eabaraich,
till thugamsa mo mhàthair.

A fhrith-rathaid a' phapaidhris, a fhrith-rathaid nan aibhnichean,
a fhrith-rathaid nan coilltean, a fhrith-rathaid nan sealastair,
till thugamsa mo mhàthair.

A fhrith-rathaid a' bhearraidh, a fhrith-rathaid a' ghlinne,
a fhrith-rathaid chais, a fhrith-rathaid leargaich,
till thugamsa mo mhàthair.

Tha a' chlann a' tuiteam nan cadal,
tha 'n dorchadas a' teachd, chan eil fiodh connaidh air fhàgail,
's cha do lorg mi 'n lanntair fhathast:
a fhrith-rathaid, tha mi guidhe ort,
till thugamsa mo mhàthair.

Beag-fhaclair

frith-rathad: rathad cumhang air an coisich daoine

papaidhris: lus àrd às am b' àbhaist daoine a bhith a' dèanamh pàipear

sealastair: luibh le blàth buidhe, a bhios a' fàs ann an àite bog

bearradh: creag chas

leargach: cas

Abair **pearsanachadh!** Faodaidh am frith-rathad seo a bhith còir no cunnartach. Saoil cò tha a' bruidhinn ris ged-thà? Agus càit a bheil i/e? Dè an seòrsa àite?

Fraochan*Dòmhnall Dòmhnallach* (Dòmhnall Èirisgeigh)

Tha cuilean beag aig Dùghall
 ris an canar Fraochan –
 robairneach beag tùchanach, gòrach;
 's chan eil air an t-saoghal
 cho dona ris a' bhrùid ud
 gu luideagan is aodach a shròiceadh.

Nuair a dh'èirich Iagan
 sa mhadainn mhoich Diciadain
 chan fhaigheadh e aon sùil air a bhrògan;
 's bha a mhàthair às a ciall
 ag iarraidh a' chnap shiabainn
 's an cuilean beag a' sgiamhail sa chlòsaid.

Nuair shlaod iad às a' chùil e
 bha coltas bochd air Fraochan,
 's e casadaich 's a' brùchdail 's a' sgòrnaich;
 nach e a rinn a bhiadh
 air punnd gu leth de shiabann,
 's cha mhòr gun d' fhàg e iall de na brògan!

**Beag-fhaclair****robairneach:** robair**tùchanach:** le guth ìosal, garbh**luideagan:** pìosan aodaich air an sracadh

Mo chuilean*Criosaidh A NicÌomhair*

Rolanach beag le shùilean làn spòrs,
earball ga chrathadh nuair bhios e air dòigh –
mo chuilean beag laghach cur fàilt orm fhìn,
a' togail mo chridhe 's cur teich air mo sgìths.

Breabaidh e bàla le shròin air an làr,
cuiridh e 'n sgioba aig Rangers gu nàir';
cha mhoth' e na piseag, ach le mheabadaich chruaidh
teichidh gach beathach 's gheibh esan a' bhuidh.

Snàmhaidh e 'n abhainn cho math ris an ròn,
lorgaidh e rabaid a' snòtadh le shròin,
crathaidh e earball is seallaidh e suas
le deàrrsadh na shùilean ag iarraidh dhol cuairt.

Beag-fhaclair***rolanach:*** rud a bhios a' roilgeadh***meabadaich:*** cabadaich***snòtadh:*** a' gabhail fàileadh

A' phiseag*Melina NicIlleathain*

'S ann thòisich a' phiseag bheag
air leumadaich 's tionndadh,
a' ruidhleadh 's a' ruideanachd –
gu deimhninn, bha i sunndach!

a' breabadaich 's a' bocadaich,
's a' cur charan air an ùrlar,
's a' ruith o chùl an dreasair
mar am peilear suas an cùirtear!

Beag-fhaclair**ruideanachd:** a' cur nan car**bocadaich:** a' gearradh leum**peilear:** meall cruaidh a thig à gunna

Dàn airson Snùci

Fearghas MacFhionnlaigh

tha ar cat dubh
marbh

tha fhios
nach eil e iomchaidh

a bhith caoidh
chait

nuair a tha
crith-thalmhainn

an Sìona
tuiltean

sa Bhangla Deis
gort

feadh
leth 'n t-saoghail

ach tha ar cat dubh
marbh

's bha gràdh againn
air

Beag-fhaclair

iomchaidh: freagarrach

crith-thalmhainn: crathadh clisg, làidir den talamh

gort: dìth mòr bìdh

ha glam ort*Anna Latharna NicGilliosa*

madn va
 j d cor n ju?
 vl u gu ma?

j dol?
 j ha u ris?
 ha flch grnda

ha mi zzzzzz!
 ha mi :- (
 gd iondn

cr fon am luasagas
 & / Sgr <
 GRS ORT AMDN!

crt gu lr
 NGD
 coma



An drochaid

Kaissar Afif (Lebanon)

air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa

'S e abhainn a th' ann an aonaranachd
's e drochaid a th' ann am bàrdachd
le bhith sgrìobhadh
thèid sinn thairis
le bhith leughadh
tillidh sinn air ais.

Anns an teine*Iain Mac a' Ghobhainn*

Chì mi anns an teine
sgeulachdan tha èibhinn,
caistealan mòra geala
is crùbagan aig cèilidh,
submarine a' sabaid
ri destroyer anns an Nèibhidh,
is geàrr is cù is rabaid
nan suidh' ri taobh a chèile.

Beag-fhaclair**geàrr:** beathach mar coineanach mòr

Mo long bheag shealastair*Iain A MacLeòid*

Hì horo luing, mo long bheag shealastair
 togail do chùrs' air lochan an lòn,
hì horo luing.

Lochan na buaile 'n cuan mòr farsaing dhut,
 eallach dem smuaintean suainte nad shiùil,
hì horo luing.

Eallach dem smuaintean suainte nad chanabhas,
 eòlas mo shinnsre treòrach do stiùir,
hì horo luing.

B' eòlach mo sheanair air ròpan is canabhas,
 b' eòlaiche m' athair air bàta na smùid,
hì horo luing.

Bhàta mo bhruadair, 's buadhmhòr sealladh ort
 seòladh thar Cuan mo Bheatha bho thùs,
hì horo luing.

Seòladh bhom thùs gu dùthaich mhaireannach –
 Acarsaid Dòchais, Cala gach Dùil,
hì horo luing.

Beag-fhaclair***buaille:*** achadh sam bi crodh air an cumail***suainte:*** air am pasgadh***eallach:*** uallach***treòrach:*** stiùireadh***buadhmhòr:*** soirbheachail***maireannach:*** sìorraidh***acarsaid:*** cala

Mo lèirsinn gheàrr-sheallach*Prem Chaya* (Thailand)

Air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa

Dham shùilean-sa gèarr-sheallach
tha an saoghal a' coimhead nas brèagha
na dhùiligeadh na fradhaircichean
no luchd-saothrachaidh nan speuclan!

Tha an saoghal a cheart cho gorm
's tha na speuran gorm-bhàn:
chì mi ìomhaighean neo-shoilleir,
's iad cho dìomhair, àlainn dhòmhs',
horò de dhathan deàrrsach,
agus cumaidhean fo cheò.

Gur tric a bhios mo shealladh-sa
a' nochdadh bòidhchead ùr,
's a bhios olc is gràndachd falaichte
fo sgàileachan de sgleò.

Mar sin na gabhaibh truas rium:
bidh mo shùilean-sa gèarr-sheallach
a' faicinn saoghal dìomhair
làn mhiorbhailean is annasan!

Beag-fhaclair***lèirsinn:*** ***fradharc:*** comas faicinn***gèarr-sheallach:*** gun chomas rudan a tha fada air falbh fhaicinn***fradhairciche:*** neach a bhios a' coimhead às dèidh shùilean***luchd-saothrachaidh:*** daoine a nì rudan a thèid a chleachdadh

Ruigidh Each Mall Muileann*Maoilios Caimbeul*

stèidhte air tè de na sgeulachdan aig Aesop

Ars an sligeanach ris a' gheàrr,
 “Cuiridh mi geall gur e mise as luaithe.”
 “Thusa, thusa?” rinn e gàir’
 ’s e a’ leum gu mullach na bruaiche.

“A-màireach coinnicheadaid, ma-thà,
 Is cuiridh sinn rèis anns a’ mhonadh.”
 Fhreagair an geàrr ’s e mèaranaich,
 “Ma tha thu air cho beag tonaig.”

Làrna-mhàireach thòisich an rèis,
 ach thuit an geàrr na chadal.
 Dh’fhalbh an sligeanach gu slaodach rèidh,
 ’s nuair dhùisg an geàrr bha e dhachaigh.

**Beag-fhaclair**

sligeanach: beathach le slige air a dhruim, a bhios a’ gluasad gu slaodach
tonaisg (toinigs): comas smaoinichaidh, gliocas

Tuireadh Louie*Tormod Caimbeul*


Tha a h-uile duine le guirean
 air a shròin
 no air a smiogaid
 ach mise, Louie,
 agus mo phal
 air S1,
 Wee Shooley.

'S bhris an guth aig Billy Nimmo:
 b' fheudar a thoirt às a' chòisir
 le chuid cròchail mar fitheach.
 'S tha mise fhathast
 a' seinn mar nighean,
 mi-fhìn 's mo phal
 air S1,
 Wee Shooley.

Agus Robbie Dubh (Cameron? Jonathan? Ciaran?) MacUilleim,
 tha e sèibhigeadh, mo mhionnan,
 's a' fàgail stais air.
 Seallaidh mise dhan a' sgàthan –
 aon ghaisean chan eil a' fàs orm
 shuas no shìos.

Ach dè math dhomh
 a bhith tuireadh
 aig Boots the Chemist
 's mi a' fuireach
 ri mo phal air S1,
 Wee Shooley.

**Beag-fhaclair****tuireadh:** caoidh, cumha**guirean:** at beag cruinn air a' chraiceann, spot**cròchail:** guth garbh,**mo mhionnan:** cuiridh mi geall, tha mi cinnteach às**stais:** feusag-bheòil



Betty Bheag a' crònan

Tormod Caimbeul

Debenham's
an t-seachdain a chaidh
fhuair mo mhàthair dhòmhsa bra

ach tha mi cheart cho flat ri bòrd.
Dè nì mi?
Lordie Lòrd.

Can Gun Robh Adhaircean Oirnn

Fearghas MacFhionnlaigh

Can gun robh adhaircean oirnn –
cròic a chaochlas cruth
a rèir gach smaoin –
dìreach, snìomhte, crùbte.

Can gun robh ar ceann na uisgeadan –
gach smaoin a' tighinn am bàrr
mar chreutair mara –
bradan, partan, gibearnach.

Can gun robh dreach ar craicinn
fo bhuidh ar sunnd –
purpaidh, orains, uaine;
slige, lannan, bian.

Saoil am biodh sinn
sona mar sin?
No am biodh bùth
nan cidhis trang?



Beag-fhaclair

cròic: adharc fèidh, cabar

snìomhte: toinnte

uisgeadan: tanca uisge anns am bi iasg air an cumail

gibearnach: beathach-mara le ochd gàirdeanan, dà ghreimiche, agus seòrsa de shlige air an taobh a-staigh

sunnd: mar a tha thu a' faireachdainn; fonn, no gean

lannan: pleataichean tana air craiceann èisg no nathrach

cidhis: aghaidh-choimheach no riochd meallta

Aodainn

Maoilios Caimbeul

Chan eil leabhraichean ann
mar leabhraichean nan aodann,
a h-uile fear na stòraidh sgrìobht':

cuid dhiubh domhainn, dàna,
cuid dhiubh làn de ghàire,
cuid eile laghach, sàmhach,
cuid a' teannadh thugad,
is cuid a' falbh thar fàire,
is cuid le cràdh ri aithris.

Litrichean nan sùl
a' danns air oir na duilleig,
's an sgeulachd ga sgrìobhadh
's a' bheatha dol seachad;
duilleag eile an-diugh,
tè airson gach latha,

leabhraichean brèagha nan aodann,
leabhraichean àlainn nan daoine –
àrd-sgrìobhaidhean an t-saoghail.

Beag-fhaclair

fàire: far am bi an t-adhar agus an talamh a' coinneachadh

Dol fodha na grèine*Niall MacLeòid*

Tha thus', a ghrian as àillidh snuadh
 a' cromadh sìos air chùl nan stuagh;
 do ghathan blàth air bhàrr nam beann
 mar òr a' deàrrsadh air an ceann.

'S an dèidh do chuairt bhon ear gun iar
 am measg gach doininn, gaoith is sìan,
 tha thu gun smalan air do ghnùis
 dol gu do thàmh gu sàmhach, ciùin.

Gun robh gach sòlas dhut, a ghrian:
 tha feum ort far a bheil thu triall:
 bidh sinne dorch' an seo gun ghean
 gun dùisg thu 'm-màireach anns an ear.

Beag-fhaclair***doineann:*** gèile***sìon:*** stoirm***smalan:*** gruaim***gean:*** sunnd

Anns an dorchadas*Mairead Hulse*

Bha mise leis an eagal
fad na h-oidhch' a-raoir,
mi nam laighe na mo leabaidh
nuair a chuala mi fuaim taibhs'.

Chuir mo mhàthair às an solas
mar a b' àbhaist dhi aig naoi:
thuirt i, "Oidhche mhath, a ghràidh," rium
agus dh'fhalbh i sìos an staidhr'.

Nam shìneadh anns an dorchadas
bha eagal ormsa gluasad,
oir dh'fhairich mi an anail aig'
dol seachad air mo chluais.

Dh'èirich falt mo chinn an-àird
is thàinig crith nam fheòil,
agus chuir mi phlaide mu mo cheann
mus fhidirinn an còrr.

Bha dìosg an siud is dìosg an seo
aig balla agus làr,
is bha mo chridhe bualadh
is mo mhionach cur nan car.



Bha mi an siud air chrith
gus an do thuit mi na mo chadal,
is cha robh sgeul air breunan
nuair a dhùisg mi anns a' mhadainn.

Dh'fhaodadh gu bheil mi gòrach
a bhith creidsinn ann an taibhsean,
ach gu cinnteach cha tèid mis' a-nochd
nam aonar suas an staidhre!

Beag-fhaclair***fidir*** (fhidirinn): mothaich***dìosg***: am fuaim, no sgread, a nì doras rag***breunan***: creutair grod no mosach

Deoch làidir is drugaichean*Tormod Caimbeul*

“Deoch làidir is drugaichean
 chan eil iad math
 's chan eil iad math dhut;
 chan fhiach iad
 cha luach,”
 thuirt an truaghan
 air an robh tuar a' bhàis
 am broinn bucas cardboard
 an guitear na sràid.

Thionndaidh e
 's tharraing e am poca plastaig mu cheann
 son blàths greis mun tàinig an ambaileans
 le ràn
 agus ann an cabhaig,
 greis mus d' fhuair iadsan cothrom air:
 luchd nam putanan buidhe
 luchd nan còtaichean geala.

**Beag-fhaclair****tuar:** dreach, coltas

An aois

Ruaraidh MacThòmais

Chunnaic mi cat a' tighinn air eun
agus faiceall aige sa h-uile ceum
's chunnaic mi fios a' chait san fhàillidheachd chiùin
's nuair a thàinig e gu h-aon 's gu dhà, 's ann
a thàinig e air an eun le leum:
's ann mar sin a thig an aois fhèin.

Beag-fhaclair

faiceall: cùram

fàillidheachd: seòltachd shocair, shàmhach

2

dhà



Na Cnuic

Yuan Mei 1716-1797, (Siona)


air eadar-theangachadh le Fearghas MacFhionnlaigh

a' fosgladh nan uinneagan
leigidh mi a-steach
na cnuic

Can gun robh thu airson dealbh a tharraing den t-saoghal mun cuairt ort: air an dùthaich, no anns a' bhaile mhòr; taobh thall an rathaid no taobh thall na beinne; aig diofar amannan den bhliadhna; air latha grianach agus air latha fiadhaich. 'S e a' chiad rud a dhèanadh tu, tha mi cinnteach, cuairt a ghabhail led leabhar-sgeidse agus do pheansailean, gus clàr a dhèanamh de na rudan a chitheadh tu. Uill, airson bàrdachd a sgrìobhadh, tha e a cheart cho cudromach clàr de dh'ìomhaighean mionaideach, firinneach a dhèanamh agus a chumail: an stòr-data agad fhèin de bhriathran agus beachdan. An saoghal air fhaicinn tro na sùilean agad fhèin. (Gun luaidh air na cluasan agus an t-sròin agad! Uill, tha fhios agad dè tha mi a' ciallachadh!)

Tha e soilleir bhon bhàrdachd àraid, inntinneach aca, gur e sin a rinn na bàird anns an earrainn seo. Na dealbhan agus seallaidhean, fuaimean agus fàilidhean a chuir iad an cèill. Dealbhan den earrach: an dà chuid uisge agus grian a' nochdadh air aon mhadainn (*Sìde Mhàirt*, td 58); uan beag neochiontach mar shamhla de ràith ùr, gun mhilleadh (*Fàilte don cheud uan* td 59). An t-eagal a chuireas an tàirneanach ann am mionach aon ghille (*An taigh 's an tàirneanach* td 65); an nighean a tha a' cumail a-mach nach eil eagal oirre-se ron tàirneanach idir – co-dhiù an taca ris a' chù! (*Feagal an tàirneanaich* td 66) Am bròn a bhios toiseach an t-samhraidh – àm sona leis a' mhòr-chuid – a' fàgail air dithis bhàrd àraid (*Thig an smeòrach as t-earrach* td 61 agus *Sgòthan samhraidh* td 62). Na dealbhan a bhios fuaim na gaoithe a' togail ann an diofar inntinnean: dealbh air leth brèagha, a rèir aon bhàrd (*An Seileach* td 63); dealbh gu math an-fhoiseil a rèir bàrd eile (*A' ghaoth* td 64). Dealbh de na seallaidhean agus na fàilidhean, an dà chuid àlainn agus grod, a thig thugad air an dùthaich – bho *ghrian a' deàlradh gu mìos enamel; fraoch a' losgadh gu sùgh na sitig!* (*Am baile*, td 73 Agus tha Bodach-sneachda ann a cheart cho draoidheil ris a' bhodach ainmeil aig Raymond Briggs. (*Am bodach-ròcais agus am bodach-sneachda*, td 69)

A-rithist, tha na dòighean aca fhèin aig na bàird air dealbhan a tharraing de na beathaichean a tha san t-saoghal mun cuairt orra fhèin: cuid gam **pearsanachadh** (me *Athchuinge luch* td 79 agus *Leòmhann-làir* td 83) agus cuid a' bruidhinn air buadhan nach eil idir daonna, mar “nàdar marbhteach” an damhan-allaidh (*Lìon* td 82) agus nam farspagan (*Tritheannan* td 77). Cuid aca gan dealbhadh mar charaidean dhaoine (*Caraid dìleas* td 86) agus cuid eile mar nàimhdean (*Òran an rodain* td 80) Agus tha beathaichean gu leòr sa bhaile-mhòr cuideachd – ann an gàrraidhean (*Lon-dubh sa Gheamhradh* td 85), air na sràidean (*Trafaig Oidhche* td 88), anns na pàircean (*ann am Pàirc Doire na Caol-Aibhne* td 88) agus ann am mac-meanmna nam bàrd fhèin: me madaidhean-allaidh (*Madadh-allaidh sa phàirc* td 91) agus dìneasairean (*Tilleadh nan Dìneasairean* td 93)! A dh'innse na firinn, 's e crainn mhòra gus taighean is drochaidean a thogail, no tuill is bunaitean a chladhach, a tha sna “dìneasairean”. An e pearsanachadh a tha seo? No **dìneasaireachadh**? Feuch nach fàg thu do mhac-meanmna aig an taigh nuair a thèid thu a-mach air a' chuairt a tha seo!



Miosachan

Màiri Nic an Tàilleir

Leis an Fhaoilleach thig an sneachda,
anns a' Ghearran tuiltean mòr;
gheibh sinn stoirmean anns a' Mhàrt,
ach tùs nam blàth sa Ghiblean chòir.

Anns a' Chèitean uain bidh leumnaich,
bheir an t-Ògmhios mòran fàis;
frasan cinneachaidh san Iuchar –
Lùnastal sin mìos a' bhàrr.

Measan agus sealg san t-Sultain,
cnothan anns an Dàmhair dhuinn;
gailleann 's lomadh chraobh san t-Samhain,
'n Dùbhlachd 's dorch ach 's ionmhainn leinn.

Beag-fhaclair

cinneachadh: fàs

ionmhainn: gràdhach; air a bheil gaol mòr againn

Sìde Mhàirt*Tessa Ransford*

air eadar-theangachadh le Niall M Brownlie

Gaoth an giuthas
 gaoth air uisge
 gaoth an luachair
 gaoth air ite.

Grian an duilleach
 grian air loch
 grian an cuilc
 grian air tunnag.

Uisge an craobhan
 uisge air abhainn
 uisge am mòintich
 uisge air lach-mhòir

Uile air aon mhadainn
 uile còmhla
 ann an aon uair
 sìde Mhàirt.

Beag-fhaclair***giuthas:*** craobh shìor-uaine le duilleagan mar shnàthadan oirre***luachair:*** lus le gasan tana air, a dh'fhàsas ann an àitichean bog***cuilc:*** luachair àrd le ceann maoth agus tiugh***lach-mhòr:*** lach Lochlannach

Fàilte don chiad uan

I A MacSuain, Sgoil Sir E Scott (1963)

Bha mi 'n-dè, tràth sa mhadainn
gabhail cuairt ri taobh a' chuain,
's dè a chunnaic mi air mo thuras
ach caora dhubh, is i le h-uan.

Uan beag, bòidheach, brèagha,
is a chlàimh mar shneachda bàn,
's e na laigh' aig taobh a mhàthar
's i ga chumail seasgair, blàth.

Fàilt' ort, chreutair bhig neo-lochdaich:
thug thu ùrachadh dom chàil:
fàilt' don earrach - 's tus' a shamhla -
fàilt' don t-samhradh th' air a shàil.

**Beag-fhaclair**

seasgair: cofhurtail, blàth agus tioram

neo-lochdach: neochiontach, gun chron

càil: cor: mar a tha thu a' faireachdainn

samhla: rud a riochdaicheas rudeigin eile

air a shàil: goirid na dhèidh

Guth agus sgiathan

Kinoshita Yuji (Iapan)

air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa

Thuir an t-uisge ri na neòil –
's e sgòthan a b' àbhaist a bhith annamsa
le sgiathan mòra
mar na sgiathan agaibh fhèin.


Thuir na neòil ris a' bhùrn –
's e uisge a b' àbhaist a bhith annainne
le guth soilleir
mar an guth agad fhèin.



Thig an smeòrach as t-earrach

À beul-aithris

Thig an smeòrach as t-earrach,
thig a' chuthag sa Chèitean,
's bidh gach eun anns a' choille
cumail coinneamh le chèile:
seinn ciùil air bhàrr chrannaibh
's air bharraibh nan geugan,
agus mise 's mo leannan
dol nas fhaide bho chèile.



Sgòthan samhraidh

Anna Frater

An uair a bha mi beag
bhithinn a' dol sìos don chladach
a dh'iarraidh fhaochagan,
agus an uair a thillinn dhachaigh
bhiodh mo pheile làn
agus m' aodann làn
de ghàire.

Bhithinn nam shuidhe air creig
ag ithe feamainn air choreigin,
agus bha blas math dhith,
's bhiodh mo chasan anns a' mhuir
a' fàs fuar
ach cha robh dragh agams' -
cha robh ann ach samhradh.

Bhithinn a' ruith sìos nam aonar
a' fàgail a h-uile duine eile air dheireadh,
agus bha am feur cruaidh
goirt air mo chasan luramach,
agus bha mi cho toilichte
's nach robh iad a' faireachdainn
idir goirt.

Ach tha an samhradh seachad
agus fairichidh mi fuachd na mara,
agus fairichidh mi goirteas an fheòir,
agus chì mi na sgòthan
a' tighinn bhon ear
airson sabaid
ri sgòthan an iar.

Beag-fhaclair

faochagan: maorach a tha car coltach ri seilcheag

luramach: lom, rùisgte

An Seileach

Sary (Iapan)

(chan eil fhios dè a shloinneadh no cuin a rugadh e)
air eadar-theangachadh le Fearghas MacFhionnlaigh

gun bhruis
peantaidh an seileach
a' ghaoth

Beag-fhaclair

seileach: craobh le meanglain chaola a ghabhas lùbadh gu furasta

A' ghaoth

Iain Mac a' Ghobhainn

Tha a' ghaoth a' sèideadh anns an t-similear.
Cò air a tha i gearan fad na h-oidhch'?
Gu bheil i gun ainm? Nach eil duin' a' bruidhinn oirre
nuair tha i sàmhach anns a' choill'?
A bheil i airson gun toir sinn an aire dhi?
An e sin as coireach gum bris i ar bàtaichean,
gun cuir i às dhar taighean màrbail,
gum bàth i ar seòladairean anns a' chuan?
'S nuair chì i ùmhlachd nar n-aodannan
am fàs i sàmhach a-rithist, an tèid i chadal,
le brù làn, le ceann aotrom ciùin?

Beag-fhaclair

ùmhlachd: irioslachd



An taigh 's an tàirneanach

Stuart M Binnie

Dubh is dorcha
 a' sracadh an adhair
 a' spreadhadh nan sgòthan
 peilear de thàirneanach.
 An dealan a' gearradh
 tro dhorchadas na h-oidhche,
 easgann thana, gheal,
 fhiadhaich, bhàsmhor.

Bhuaile i san aer-ghath,
 shruth i sìos na càballan dealain
 shnàig i tron taigh;
 TBh a' spreadhadh,
 teine a' sgaoileadh gu mullach an taighe.
 Dealan fiadhaich.
 Dealan nam fhuil.
 Dealan nam chridhe.

Beag-fhaclair

easgann: iasg fada coltach ri nathair

snàig: èalaidh; gluais faisg air an talamh

Feagal an tàirneanaich*Criosaidh A NicIomhair*

Chunnaic mi an dealanach,
 chlisg mi fhìn an uair sin;
 chuala mi an tàirneanach
 's abair gun robh fuaim ann.

Ruith an cuilean beag agam
 's dhan leabaidh thug e leum às –
 siud sìos fon phlaide e,
 's cha tigeadh e às ged dh'èigh mi.

A-nis, a chuilein amaidich,
 na cuireadh siud ort gruaimean –
 cuir aon spòg air gach sùil agad
 's na dhà eile na do chluasan!

Beag-fhaclair***clisg:*** dèan gluasad obann air sgàth eagal a ghabhail***gruaimean:*** bròn

Cò air a tha an t-eagal: air a' chuilean no an neach-bruidhinn?

Nuair dh'èirich mi sa mhadainn

Iain Mac a' Ghobhainn

Nuair dh'èirich mi sa mhadainn
bha solas geal air feadh an rùim,
bha e deàlradh air a' bhalla
mar a' ghealach air an oidhch'.

Nuair a dh'fhosgail mi an doras
dè a chunna mi, nad bheachd?
Bha an saoghal geal le solas
's na ròidean falaichte le sneachd.

Sneachd

Kobayashi Issa (1763-1828) (Iapan)

air eadar-theangachadh le Fearghas MacFhionnlaigh

mise an seo
's mu thimcheall orm
an sneachd a' tuiteam



Am bodach-ròcais agus am bodach-sneachda

Dòmhnall Dòmhnallach (Dòmhnall Èirisgeigh)

Chunnaic mise aisling neònach,
 Bodach-sneachda 's bodach-ròcais
 a' spaidsearachd air feadh na mòintich
 's iad ri còmhradh mar a leanas ...

Bodach-sneachda:-

“Dè chuir thusa, bhodaich-ròcais,
 falbh nad amadan sa mhòintich?
 Saoilidh mi nach eil sin dòigheil,
 's tu od òige nad bhòcan fheannag.
 Bha thu 'd ghille-faire aig Dòmhnall
 air a' choirce 's air an eòrna:
 's ann ort fhèin bha 'n coltas pròiseil
 ged a bha do chòmhdach peallach.”

Bodach-ròcais:-

“Tha do shròn, a bhodaich-shneachda,
car beag fada – sin mo bheachd-sa!
'S tha thu fhèin car claon od chleachdadh
no tha mise ceàrr nam bharail.
Nach bu chòir dhut bhith san fhasgadh,
's clann a' bhaile caitheadh chnap ort,
nad sheasamh air an t-sràid gu tapaidh
an àite bhith an seo air d' aineol?”

Bodach-sneachda:-

“Innsidh mise dhut an fhirinn:
dh'fhàs mi iomagaineach mun t-sìde,
's eagal orm gun tigeadh dìle
chnàmhadh mi om bhonn gum chlaigeann.
Is nan tigeadh plathadh grèine,
leaghainn-sa mar choinneal cèire,
thigeadh bàs orm às na speuran,
's chan èirinn às a sin rim mhaireann.

“Thug mi m' aghaidh air a' mhòintich
far 'm bi sneachda 's talamh reòite,
's fuachd gu leòr a chumadh beò mi,
suas co-dhiù gu deireadh earraich.
Ach a-nis nach inns thu fhèin dhomh,
dè chuir thusa falbh nan slèibhtean?
Feumaidh gun robh thu nad èiginn
mus do thrèig thu dreuchd nam feannag.”



Bodach-ròcais:-

“Chuir an sneachda gaoir nam fheòil-sa,
 ’s shrac a’ ghaoth a tuath mo chòta:
 cha b’ urrainn dhomh an dòigh bhith leòmach
 air mo shròiceachd ’s air mo ragadh.
 Bha eagal orm a bhith gun chòmhdach
 nuair a thigeadh cur an eòrna:
 bhithinn ithte aig na ròcais
 ’s air mo sgròbadh aig gach feannaig.



“Smaoinich mi gun dèanainn dìreadh
 gu binneanan àrd nam frithean,
 far am faighinn fois is didean,
 ’s far am biodh mo rìoghachd farsaing.
 ’S nuair a thigeadh grian an t-samhraidh
 bhithinn mireagach ’s ri dannsa,
 ’s bhithinn saor o fhuachd ’s o chranntachd,
 ’s gheibhinn fois o ghràcail fheannag.”

Dh’fhalbh na bodaich ud le chèile
 às mo shealladh thar an t-slèibhe,
 iad a’ glagadaich ’s ag èigheach,
 ’s iad le chèil’ aig àrd am beatha.
 ’S ma leagh fear le teas na grèine,
 ’s ma bha chompanach gun èideadh,
 chan aithne dhòmhs’ an còrr mun deidhinn
 O nach d’ rinn mi tuilleadh cadail!

Beag-fhaclair

spaidsearachd: coiseachd gu h-àrdanach

bòcan: taibhse: rudeigin a chuireas an t-eagal ort

fasgadh: àite far am faigh thu dìon on uisge

air d’aineol: gun a bhith eòlach air àite

iomagaineach: cùramach, draghail

claigeann: an structar de chàmhan a tha nad cheann

plathadh: priobadh

cèir: stuth geal, sleamhainn a bhios ga chleachdadh airson coinnlean a dhèanamh rim mhaireann: airson a’ chòrr dem bheatha

dreuchd: obair

gaoir: fuaim a nì daoine a tha ann am pian, no faireachdainn cràiteach

leòmach: pròiseil

sròiceachd: gearrte ann am pìosan peallagach, luideagach

ragadh: air fàs rag (leis an fhuachd)

binneanan: mullaich

frìth: àite sna beanntan, gu h-àraidh far am faigh thu fèidh

didean: dìon

mireagach: spòrsach

cranntachd: reothadh is fuachd

gràcail: èigheach ghearaineach

glagadaich: a’ dèanamh fuaim mar chlag

èideadh: aodach

Aoibhneas

Iain Guinne Sgoil Lionail (1964)

Tha a' ghrian nis a' deàrrsadh
air na beanntan as àille
's tha eòin bheag a' ghàrraidh
ri ceilear san speur.

Tha na h-ealachan bàna
air na lochan a' snàmh,
is tha mise 's mo chàirdean
làn àbhachd sinn fhèin.

Beag-fhaclair

ceilear: seinn bhinn a nì eòin

àbhachd: spòrs

Am baile*Tormod Caimbeul**Mar a chunnaic na sùilean:-*

Gu dearbha, gun teagamh, madainn àlainn:
 an t-adhar gorm 's a' ghrian a' deàlradh,
 sgòth no dhà a' seòladh seachad
 's tha muir gu ciùin ri tràigh is cladach.

Tha Coinneach Caol aig a' chruach-mhònach,
 ceò gu leòr bho thaigh Mhic Sheòrais;
 tha Alasdair Mòr a' ruith nan caorach,
 's Mòrag Dhubh a' crochadh aodaich.

'S chì mi shuas aig taigh a' Bhreacain
 Anna Ruadh a' biadhadh chearcan:
 tha i muigh air cùl na bàthaich
 's mios enamel aic' fo gàirdean.

'S tha teine mòr aig Donnchadh Reamhar,
 a ghoileas prais nan trì chasan;
 mo chreach 's ann dheth a bhios am fallas
 mus fhaigh e air an taigh a thearradh.

Dè tuilleadh? O, ghràidh ort!
 Aig ceann an rathaid, Uilleam Spàgach,
 le spaid is pic is seann bhara
 dùsgadh chlachan às an talamh.

Mar a dh'fhairich an t-sròn:-

Fraoch a' losgadh, agus fiodh,
 agus fàileadh an tothair;
 an crodh air a' mhachair,
 latha frasach samhraidh.
 Daoine ri dubadh
 caoraich is uain,
 agus fàileadh a' chladaich
 's a' ghaoth aig tuath.

Murt mhòr! Mo chreach-s' a thàinig!
 Septic tanc Uilleim Spàgaich:
 closach caorach, fàileadh bòtainn,
 clobhdan-sgùraidh, sùgh na sitig.



Beag-fhaclair

prais: poit, pana

fallas: uisge a thig tro phòran do chraicinn

tearradh: a' cur bìth (stuth tiugh, glaodhach) air mullach an taighe gus a dhèanamh seasgair

spàgach: a' coiseachd ann an dòigh chearbach

todhar: innear

closach: corp marbh beathaich

clobhd-sgùraidh: pìos aodach tiugh airson rudan a ghlanadh

sùgh: brìgh no lionn am broinn mheasan, ghlasraich is eile

sitig: pìle de dh'inneir beathaich



An Clacharan

Ùna NicLeòid Sgoil Sir E Scott, 1970

Isein bhig, cò dh'ionnsaich dhut
do chùrs gu tighinn a-nall
à dùthchannan nach aithne dhomh
a tha gu fada thall?
'Mayday' riamh cha b' aithne dhut,
cha robh thu fhèin na taing:
's ged rachainn mach gad choinneachadh
gun rachainn fhèin air chall!

Cian mun tig an samhradh
agus àm gach nì bhith fàs
cluinnidh mi thu ceilearadh
air creagan anns gach àit.
Chan eil feum agad air 'calendar':
tha agad nì nas fheàrr,
's tu 'g innse dhomh gu dìcheallach
gun d' thill thu mar bu ghnàth.

Fad mun tig an geamhradh
anns am bi gach meas dol bàs
bidh tus' a' togail d' imrich bhuainn
's tu falbh a null thar sàil
far am bi thu fad a' gheamhraidh
gun teann e suas gu Càisg,
'n sin tillidh tu mar b' àbhaist dhut
a dh'altram do chuid àil.

Beag-fhaclair

clacharan: eun beag car coltach ri brù-dhearg a nì fuaim mar dhà chloich air am bualadh ri chèile.

dìcheallach: math air obair

bu ghnàth: b' àbhaist

imrich: a bhith a' gluasad bho aon àite-fuirich gu àite eile

altram: tog clann, àraich

àil: ainmhidhean òga

Crìonag-bhuidhe

Meg Bateman

Brag ris an uinneig
is togaidh mi às an fheur
dà òirlich de dh'eun
is òirleach eile de dh'earball,
snàthad de ghuib,
brù air dath na sòbhraig,
cridhe ga riasladh rim fhear-sa mall.



Beag-fhaclair

crìonag-bhuidhe: eun beag – am fear as lugha de na h-eòin a bhios a’ seinn

sòbhrag: luibh air am bi blàthan le ceithir bileagan bàn-bhuidhe a’ fàs as t-earrach

riasladh: sabaid an aghaidh

Tritheannan*Sgoil Dhrinsiadair*

Tha trì gobhair
a' criomadh feòir
ri aodann na creige
's an cuan a' beucadh fon sròin.

Chan eil iad an cunnart,
cha tachair call,
's an casan biorach
son siubhal nam beann.

Tha trì farspaich
a' sgiathail gu h-àrd,
an sùil air a' chlosaich
a dh'fhàg an làn.

Closach ròin:
dè chaidh ceàrr,
's e cho sgairteil
air an t-snàmh?

Tha trì uain
a' mire 's a' leum
air cùl gàrraidh
ris a' ghreìn.

Faic an sionnach
a' feitheamh fàth
air an goid e
a-steach don chàrn.

**Beag-fhaclair****tritheann:** trì rudan dhen aon seòrsa**criomadh:** ag ithe le greimeannan beaga**farspach:** eun-mara mòr le druim dubh**sgairteil:** beothail**fàth:** adhbhar, cothrom

An dà fheannaig*À beul-aithris Albannach*

air eadar-theangachadh le Iain MacGillEain

Chuala mi 's mi là air sgrìob
 dà fheannaig bha ri bròn neo-bhinn,
 is tè dhiubh gairm leis an dìth
 “Cà 'n-diugh an tèid sinn shireadh bìdh?”

“Tha thall air cùl a' ghàrraidh fhàil
 Tighearn' air ùr-chur chun a' bhàis,
 's chan fhiosrach aon gu bheil e ann
 ach a chù, 's a sheabhag, 's a chèile dhonn.

Tha chù air falbh a shealg an fhèidh,
 's tha sheabhag an tòir air eòin an t-slèibh,
 tha leannan eil' aig a chèile phòst'
 's nis teannamaid fhìn ri cuirm is ròic.

Suidhidh tu fhèin air cnàimh a chlàibh,
 criomaidh mi fhìn a ghorm-shùil shèimh,
 is càiridh a chùl òr-bhuidh' trom
 ar nead nuair bhios e cinntinn lom.

Is mòr na chaoineas air a sgàth,
 ach cha tig fios a bheò no bhàis,
 is thar a chnàmhan loma, bàn,
 bidh sèideadh gaoithe gu Là Bràth.

**Beag-fhaclair****an dìth:** gainnead, a bhith gann de rud**fàil:** de sgrath**seabhag:** eun-àir le gob goirid crom agus deagh fhradharc**cuirm:** fèill, fèist bhìdh**ròic:** mòran bìdh**cliabh:** broilleach**cinntinn:** fàs**Là Bhràth:** an latha mu dheireadh dhen t-saoghal; Là a' Bhreitheanais



Athchuinge luch

Ceana Chaimbeul

Tha mise cho beag is cho bìodach,
 carson a tha gràin agaibh orm?
 Gam ruith, gam spadadh,
 gam chàineadh, gam chlaoidh;
 cha tabhainn neach grèim dhomh
 bho mhadainn gu oidhch';
 chan iarr mis' ach coirce
 agus càise bhith pailt -
 sin agus dìon bho spògan a' chait
 a chumail mo chridhe 's mo bheò dhomh.

Beag-fhaclair


athchuinge: iarraidh, tagradh

spadadh: marbhadh, spladadh

càineadh: ag ràdh rudan suarach mu dheidhinn, a' cur sìos air

claidh: dèan sgìth; sàraich

coirce: gràn



Òran an radain

Tormod MacLeòid, Scalpaigh

*Ò mo dhiumbadh, hè mo dhiumbadh,
Ò mo dhiumbadh air do chnàmhan,
Ò mo dhiumbadh ort, a rodain,
dh'fhàg thu m' fhodar-sa gun bhàrr air.*

Tha thu odhar, tha thu loireach,
's iomadh mallachd tha ri fàs riut,
chan eil innleachd anns an donas
nach do choilean thu mar-thà dhomh.

Lom-chas spleadhach, com glas-riabhach,
mar lann na fiacnan na do chàirean,
sùilean fiarach, gnùis gun chiatachd,
's dlùth mud ghiall tha feusag chràiceach.

Cha chuir mise chaoidh gu cùirt thu,
tha mi 'n dùil nach dèan e stàth dhomh,
bhon tha cinnt' agam nach leugh thu,
's nach eil Beurl' agad no Gàidhlig.

Ach ma gheibh mi air do ghlacadh
anns an t-srap a th' aig mo nàbaidh
gun toir mise fiach an fhodair
às do chlosach le mo shàilean.

Beag-fhaclair

diumbadh: mì-thoileachas, tàmailt

mallachd: gairm gun tachair cron ri cuideigin

coimhlion: cuir crìoch air rudeigin

spleadhach: spàgach, a' coiseachd mar a bhios tunnagan

riabhach: donn-bhuidhe le spotan no striopan

càirean: an roinn den bheul anns a bheil na fiacnan

fiarach: cam

ciatachd: bòidhchead

giall: peirceall; an roinn as ìsle den aodann


cràiceach: mì-sgiobalta, preasach

stàth: feum

fodar: biadh do bheathaichean air tuathanas

Gearain a' choineanaich*Dòmhnall Mac an t-Saoir*

Gur e sinne th' anns a' ghioraig,
 Càit am faigh sinn tèarmann
 Bhon thug cuid de dhaoine plàigh oirn
 Feuch an smàladh iad air falbh sinn?
 Cur an ìre feadh an àite
 Gun do mhill sinn fàs an arbhair,
 'S nach bi tuathachanas dòigheil
 Mur an tèid ar pòr-ne mharbhadh.



Nuair a chruthaich Dia nan gràs sinn
 Fhuair sinn àit' air fearann Alba,
 Thug e dhuinn ar n-ionad fhèin
 Am measg nan creutairean a dhealbh e;
 Chuir e fhèin am feur gu fàs dhuinn,
 Fhuair sinn càirean math is carbad,
 'S chuir e 'n t-uisg' aig bruaich na h-aibhne
 'S gum biodh againn grèim is balgam.

Thug e dhòmhsa paidhir chluasan
 Los nan cluinninn fuaim gum falbhainn,
 Comas laighe sìos is liùgadh
 Far an seachnainn sùil an t-sealgair;
 Fhuair mi casan agus ìnean
 Leis an sgrìobainn feadh na gainmhche,
 'S dhèanainn toll an taobh a' bhruthaich
 Far am fuirichinn gu falchaidh.

Beag-fhaclair**giorag:** eagal**teàrmann:** àite sàbhailte**smàil (smàladh):** cuir às**cur an ìre:** a' toirt air daoine a bhith a' creidsinn**pòr:** sìol, clann**carbad:** peirceall; an roinn as isle den aodann**balgam:** làn do bheòil**los:** gus, oir**liùg (liùgadh):** gluais ann an dòigh nach glac aire dhaoine**seachain (seachnainn):** cùm air falbh bho**gu falchaidh:** air chleith, falaichte



Lìon

Ruaraidh MacThòmais

Fìnealta foinnidh,
 le snàithleanan mìne
 's dealbhadh cuimir,
 dlùth-thoinnte sa mheadhan
 's a' sgaoileadh uidh air n-uidh
 gu ruig nan oirean,
 bannan geomeatraigeach
 ga cheangal ri na prìomh thaodan,
 's gach snàithlean, bann is taod
 a' glacadh faileas na grèine,
 na gathan a' ruith 's a' stad
 mar a ghluaiseas na h-acraichean duilleach,
 gach nì ullamh
 mu choinneamh nan cuileag,
 obair ghrinn mharbhteach Nàdair,
 uaigh is caladh,
 foill is tàladh
 lìon an damhain-allaidh.

Beag-fhaclair

finealta: grinn, maoth

foinnidh: eireachdail, brèagha

cuimir: sgiobalta, grinn

toinntè: air a snìomhadh

uidh air n-uidh: mean air mhean

taod: ròpa, teadhair

acraichean: na rudan a bhios a' cumail rudeigin bho gluasad

marbhteach: bàsmhor

uaigh: an t-àite sa bheil corp air a thiodhlacadh, gu sònraichte toll air a chladhach san ùir

caladh: an t-àite teàrainnte sam faigh bàtaichean fasnadh

foill: mealladh, breugan

tàladh: faireachdainn a tharraingear tu gu rud

Leòmhann-làir*Sinead NicAonghais* Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig

Sa chiad dol a-mach
 chan fhaic thu càil;
 ach coimhead gu mionaideach
 is chì thu sna duilleagan
 actar nam beathaichean

deise air
 air a bheil a h-uile dath air thalamh
 is sùilean biorach
 a chì a h-uile càil air an stèids:
 teanga luath, làidir.

Leòmhann-làir – actar
 sìor atharrachadh a chraicinn:
 aon latha na ghaisgeach
 cho soilleir is cho sona,
 an ath latha na lochdach
 cho dorcha 's cho donn.

Saoil
 cò am pàirt
 a chluicheas e an-diugh?

Beag-fhaclair***leòmhann-làir:*** seòrsa de nathair chasach a dh'atharraicheas a choltas***lochdach:*** neach a nì cron a dh'aon-ghnothach

Lon-dubh*Fearghas MacFhionnlaigh*

laighe na grèine -
lon-dubh a' craoladh
bhon iadhaire-tbh

Beag-fhaclair***craoladh:*** a'cur fiosrachadh gu iomadh àite no duine***iadhaire:*** structar a ghabhas a-steach no a chuireas a-mach teachdaireachdan tbh.



Lon-dubh sa Gheamhradh

Fearghas MacFhionnlaigh

lon-dubh
a' ghuib bhuidhe
na do shuidhe
air gèig shneachdaidh

thig mise
chun na h-uinneig
agus gud inntinn
thig càise

Caraid dìleas*Anthony Dilworth*

A Bhrù-dheirg dhìlis, dhil,
 an-còmhnaidh na mo chuideachd
 's mi cladhach 's a' ruamhar 's a' ràcadh
 anns a' ghàrradh, mis' air ceann mo spaide,
 's tu gun eagal ri faobhar an iarainn -
 a' piocadh 's a' leum 's a' gearradh roid
 air frìdean beaga neo-aireach
 a thig am bàrr san ùir
 mar a bhristeas mi i.

Cà bheil do chòmhnaidh,
 a Bhrù-dheirg dhìlis, dhil?
 b' ann am-bliadhna fhèin
 a bhris thu mach às an ugh
 chun an t-saoghail chorraich seo;
 's furast' sin aithneachadh
 cho beag 's a tha thu,
 's mar a dh'aomas tu do cheann
 's a dh'fhosglas tu do luath ghob
 biorach, bìdeach
 gus meanbh bhiastan a shlugadh
 gun chagnadh.

Cà 'n cuir thu seachad làithean na Dùbhlachd
 's an Fhaoillich?
 Bheil a chruadal annad
 a sheasas ri cur 's cathadh 's reothadh
 a' gheamhraidh?

Agus an tig thu rithist air iteig
gam fhàilteachadh
's mi ri obair an earraich?
No an tig caraid dileas eile
's do chlosach bheag bhòidheach
gu bràth air chall dhomh
fo dhuilleach buidhe nan craobh?

Bidh cuimhn' agam ort
co-dhiù.

Beag-fhaclair

ruamhar: cladhach

faobhar: oir sgeine no inneil eile

roid: ruith luath

corrach: neo-rèidh; cugallach

aom: lùb; crom sìos

cur: sneachd a' tuiteam

cathadh: sneachd air a shèideadh leis a' ghaoith

Trafaig Oidhche

Peadar Morgan

Faoileag an solas na sràide
sguabadh na soillse roimhpe
carbad adhair a' saor-ghluasad
le bruthach ciùin na gaoithe
sgoth na h-oidhche seòladh
air stuagh an t-saoghail
chun an dorchadais.

Beag-fhaclair

carbad adhair: inneal a ghiùlaineas daoine os cionn na talmhainn

Ann am Pàirc Doire na Caol-Aibhne (Kelvingrove Park)

Feorghas MacFhionnlaigh

Faileasan:

sgòthan
seòlta
bùrn
craobhach

faoileagan
fon uisge
ri snàmh-
droma

sgoil
ghealbhonn
(cùrsa
bogaidh?)

tunnagan
gun cheann
a' craobh-
sgaoileadh

duilleagan
an fhoghair
a' tighinn
am bàrr



Feòrag:

ceudan de
bhomaichean donna

nan crochadh
air a' chraoibh

mu chuairt gach fir
tha spreadhadh uaine

feòrag bheag ghaisgeil
is bratach mholach aic'

ri lachanaich
nam measg

**Air a' bheinge**

botal
falamh
briste

bodach
falamh
briste

Beag-fhaclair

seòlta: carach

snàmh-droma: gluais tron uisge air do dhruim

gealbhonn: eun beag le mionach bàn air

craobh-sgaoileadh: a' cur fiosrachadh gu iomadh àite no duine

molach: le mòran fuilt air

Madadh-allaidh sa phàirc*Richard Edwards*

air eadar-theangachadh le Niall M Brownlie

A bheil madadh-allaidh,
 madadh-allaidh sa phàirc,
 madadh-allaidh a dhùisgeas aig ciaradh na h-oidhch?
 A bheil madadh-allaidh sa phàirc?

A bheil madadh-allaidh,
 madaidh-allaidh a shnàigeas
 às a shaobhaidh fhalaicht' nuair tha 'm baile na thàmh,
 a bheil madadh-allaidh sa phàirc?

A bheil madadh-allaidh,
 le lorgan oidhcheil
 a chuartaicheas feansa na pàirc 's a dh'fhiaras air ais,
 a bheil madadh-allaidh sa phàirc?

A bheil madadh-allaidh,
 madaidh-allaidh a liùgas an rathad
 eadar bùird a' chafaidh dhùinte,
 a bheil madadh-allaidh sa phàirc'?

A bheil madadh-allaidh ann,
 madaidh-allaidh a dh'fhàg le ghrèim
 na h-itean ud ri taobh an lòn a-raoir,
 a bheil madadh-allaidh sa phàirc?

A bheil madadh-allaidh ann?
 Cò aig' tha fios.
 Ach chuala mise donnal ri soills' na gealaich shlàin ...
 A bheil madadh-allaidh sa phàirc?

Beag-fhaclair

saobhaidh: an dachaigh aig beathach fiadhaich mar sionnach,
 leòmhan no eile

lorg: làrach a dh'fhàg duine no nì

donnal: fuaim fada àrd a nì ainmhidh a bhios ann am pian

Fride

Fearghas MacFhionnlaigh

frìde
laighe air uinneig
a' phuirt-adhair

Beag-fhaclair

frìde: creutair beag gun chnàmh-droma

Tilleadh nan Dìneasairean
Fearghas MacFhionnlaigh

1. Teireadactail
 air iteig a' lorg
 a cuid iseanan
 os cionn bearraidhean
 àrda Nuadh-Iorc.

Muinntir na trafaig-adhair
 coma, ge-tà, oir tha fàinne
 air a spuir, 's siud an
 creutair mòr a' priobadh
 air an sgàilean rèidear.

2. Dusan traisèaratops
 a' màrsail nan sreath
 air Balla Mòr Shìona
 mar bhlaigearan bòstail
 oidhche Shathairne.

Bodaich is caillich
 a' leum a-mach à
 rathad nan adhaircean
 croma biorach, 's a' gairm
 air a' phoileas.

3. Steagasòras
 a' cur bacadh
 air a' phoball air staidhre a' Mhétro ann am Paris.

'S ann air tòir chriomagan
 bìdh tha e. Fad-às
 cluinnear mac-talla
 a chuid burralaich
 sna tunailean dorcha.

4. Grunn mòr
iochtasoran ri spòrs
mar leumadairean
aighearach air druim
a' Chuain a Tuath.

Air na croinn-ola,
luchd-obrach nan tàmh
gus sùil a thoirt orra.
Dealbhan gan togail
le camara no fòn-làimhe.

5. Brontasòras
a' gabhail norra
air Drochaid Bhail' an Rìgh
ann an Glaschu.
Abair bobhstair aige!

Tha am poileas air cònaichean
a chur timcheall air,
's siud an trafaig
sìos gu aon sreath.

6. Tioranosòras Regs
ag argamaid ri JCB
ann an Gearraidh a' Bhàird
's tha an là a' fàs
dorch is mosach.

Bodach an diogair
a' seasamh na fòide,
's a' trod àrd a chlaiginn.
Nach ann air
a tha bhathais!

Beag-fhaclair

bearradh: creag chas

spuir: ìne eòin

priobadh: a' dùnadh agus a' fosgladh do shùilean gu luath

sgàilean rèidear: sgrion a sheallas dè tha gluasad anns an adhar

màrsail: a' coiseachd mar shaighdearan, le ceumannan riaghailteach

molach: le mòran fuilte air

bacadh: a' cur rudeigin ann an rathad cuideigin

croinn-ola: structaran mòra sa mhuir far am bi daoine a' driligeadh airson ola

norra: cadal aithghearr

bobhstair: cluasag fhada

mosach: mì-chàilear

bathais: am pàirt ded aghaidh os cionn do mhailghean

3

tri



Alba*Calum Dòmhnallach*

Air sgiath a' seòladh nan neòil
'S an domhain liath
Mar dhealbh a' tighinn beò tro na sgòthan
'S mi a' tilleadh gu tìr

Alba nam beanntan àrd
Nan acraichean lom
Thairis air na lochan mòintich
Nan coilltean 's nan gleann.

Alba, Alba

Can gun robh robh thu a’ feuchainn ri dealbh a dhèanamh de dh’Alba. Cò ris am biodh e coltach? Tìr nam beanntan àrda, no tìr nan lochan domhainn? Tìr nan eilean (tha faisg air 800 dhiubh againn!) no tìr nam bailtean mòra (tha barrachd air 20% de dh’Albannaich a’ fuireach ann am baile-mòr Ghlaschu no mu thimcheall air)?

An e dealbh den Ghàidhealtachd a bhiodh ann no dealbh den Ghalltachd? (Saoil dè an diofar co-dhiù sna làithean-sa, le òigridh ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig ann an àiteachan mar Obar Dheathain, Dùn Èideann, Comar nan Allt, Cille Brìghde an Ear agus Cill Mheàrnaig.) An e dealbh de dh’Alba mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte a bhiodh ann, no mar phàirt den Roinn Eòrpa, no mar phàirt den t-saoghal? An e dealbh der luchd-ciùil a bhiodh ann, no ar luchd-ealain, no ar luchd-spòrs: ar sgiobaidhean ball-coise is rugbaidh is iomain?

Tha na dàin anns an earrainn seo a’ dearbhadh cho ioma-dhathach ’s a tha Alba. ’S e earrann ràsanach a bhiodh ann gun chàil ach dealbhan-tìre: càil ach buadhairean mar *bòidheach* is *àlainn*; seallaidhean mar *bheanntan àrda* is *gleanntan* is *fraoch*.

Tha muir is tìr, beanntan is gleanntan rim faicinn innte, ceart gu leòr. Ach coimhead airson dealbhan ùra, pearsanta: mar coimeas inntinneach eadar beatha sa bhaile-mhòr agus air an dùthaich ann an *Chì mi na mòr-bheanna* (td 98). Mar dealbhan inntinneach de mhuir a tha brèagha aon mhionaid (*Gaoth an Iar*, td 101) agus borb an ath mhionaid (*me An Cuan Siar*, td 100); làn bheathaichean (*me Na ròin* td 103 agus *Giomach* td 104); torrach – a’ toirt biadh dhuinn uile (*me Guidhe an Iasgair*, td 106) agus carach – a’ briseadh bhàtaichean agus a’ bàthadh iasgairean (*me ’S daor a cheannaich mi ’n t-iasgach*, td 107 agus *Tubaist mara*, td 108)

Coimhead airson dealbh de dhaoine inntinneach, ioma-chulturail. ’S e dàn conchraic eibhinn a th’ ann an *Dè th’ ann an ainm* (td 97). Ach tha e stèidhte air an fhìrinn, gu ìre mhòr co-dhiù. ’S ann bhon t-seann threubh air an robh an t-ainm *Scotti* a thàinig an t-ainm *Scotland*. Ach ’s ann à Èirinn a thàinig na *Scotti*, agus thug iad leotha an cànan (’s e sin a’ Ghàidhlig) agus an creideamh (’s e sin Crìosdaidheachd). Cò às a thàinig an t-ainm *Alba*, ma-thà? Canaidh cuid de dh’eachdraichean gu bheil e stèidhte air seann ainm *Laideann* (*alba*) no *Greugach* (*albion*), a tha a’ ciallachadh ‘geal’. Canaidh iad gun deach an t-ainm seo a thoirt air na h-Eileanan Breatannach air fad le na seann chruinn-eòlaichean *Greugach* is *Ròmanach*, a bha air creagan geala cailceach Dòbhair fhaicinn. Hmm. Cò nar measg a tha a’ dol a dh’innse dha na Sasannaich gur e Albannaich a th’ air a bhith annta fad dà mhìle bliadhna? Eh?

Dè th' ann an ainm?*Anna Latharna NicGilliosa*

A

LB

A

A Alba chreagach
 L nam bearradh
 B nam bailtean
 A nan cuan torrach; cladach
 briste – iarainn, mòine
 gual, ola. Lùdag
 bheag airgid na
 È Roinn-Eòrpa. Na
 I h-Albannaich fhèin
 R cridheachan iomadh-fhillte
 I treun: Cruithnich, Gàidheil
 N Breatannaich, Sasannaich
 N Lochlannaich, Èireannaich
 Cuimrich, Iùdhaich, Pòlainnich
 Eadailtich, Afraganaich agus
 Àisianaich – saoranaich na h-Albann.
 Fada fada ro Bhreatainn, ro Shasainn
 ro tharraing na Crìche, ro aonadh nan
 rìoghachdan, nan crùn 's nan riaghaltas, bha
 aon ainm sgrìobht' an litrichean Greugach
 air dealbh na tìre bho bhearraidhean Dòbhair
 gu tràighean geal nan Eilean Siar: ainm geal, leugach –
 ALBA!

Beag-fhaclair***bearradh:*** creag chas***torrach:*** tha talamh a tha torrach math airson bàrr fhàs***lùdag:*** a' chorrach bheag***iomadh-fhillte:*** air a dhèanamh à mòran nithean***treun:*** aig a bheil mòran neirt***saoranach:*** cuideigin aig a bheil còraichean is dleastanasan air sgàth 's gu bheil e a' fuireach ann an àite***crìoch:*** an earrann mu dheireadh de rudeigin***aonadh:*** tighinn còmhla mar bhuidheann***leugach:*** deàlrach

'S e dàn “concrat” a tha seo.

Chì mi na mòr-bheanna*Iain Camshron*

O chì, chì mi na mòr-bheanna,
 O chì, chì mi na còrr-bheanna,
 O chì, chì mi na coireachan,
 chì mi na sgoran fo cheò.

Chì mi gun dàil an t-àite san d' rugadh mi,
 cuirear orm fàilte sa chànan a thuigeas mi,
 gheibh mi ann aoigh agus gràdh nuair ruigeam
 nach reicinn air tunnachan òir.

Chì mi na coilltean, chì mi na doireachan,
 chì mi na màghan bàna as torraiche,
 chì mi na fèidh air làr nan coireachan
 falaicht' an trusgan de cheò.

Fàgaidh mi ùpraid, sùrd agus glagarsaich
 dh'fhaicinn an fhuinn anns an cluinnteadh a' chagarsaich,
 fàgaidh mi cùirtean dùint' agus salach
 a dh'amharc air gleannaibh nam bò.

Beag-fhaclair**còrr-bheanna:** beanntan casa**aoidh:** aoigheachd, cothrom tadhal air daoine is biadh a ghabhail còmhla**doire:** bad de chraobhan**màgh:** achadh**coire:** glac no gleann cruinn am measg bheann**trusgan:** aodach; còmhdach**ùpraid:** fuaim no aimhreit mhòr**sùrd:** saothair, obair thrang**glagarsaich:** gleadhraich**cagarsaich:** fuaim no guth ìosal, air a dhèanamh le bhith a' cagar**cùirtean:** cùrtair, pìos aodaich air a chrochadh air doras

Coire fhionn lochan*Thomas A. Clark*

air eadar-theangachadh le Niall M Brownlie

sruthail nan tonnan beaga
 bristeadh nan tonnan beaga
 sgapadh nan tonnan beaga
 tàmhachadh nan tonnan beaga.

luasgadh nan tonnan beaga
 socrachadh nan tonnan beaga
 coinneachadh nan tonnan beaga
 bòcadh nan tonnan beaga.

criothnachadh nan tonnan beaga
 dannsadh nan tonnan beaga
 stad nan tonnan beaga
 fiaradh nan tonnan beaga.

luaisgeadh nan tonnan beaga
 sgròbail nan tonnan beaga
 seinn nan tonnan beaga
 deàlradh nan tonnan beaga.

leumnaich nan tonnan beaga
 siabadh nan tonnan beaga
 ruith nan tonnan beaga
 stealladh nan tonnan beaga.

**Beag-fhaclair*****tàmhachadh:*** gabhail fois***socrachadh:*** dèanamh socair***bòcadh:*** a bhith a' lionadh le uisge***criothnachadh:*** crathadh***fiaradh:*** lùbadh, claonadh***luasgadh:*** crathadh, tulgadh***sgròbail:*** sgrìobadh***siabadh:*** sguabadh thairis air rud gu luath***stealladh:*** spùtadh

An cuan siar*Niall M. Brownlie*

Tha e gorm, tha e borb,
tha e ciùin, tha e maiseach;
tha e carach, tha e fiar,
tha e brèagha ri fhaicinn.

Tha e domhainn, tha e iargalt',
tha e mar phàiste na chadal;
tha e beucaich mar tharbh
nuair tha cholg air a mhala.

Tha e àlainn san fhèath,
tha e fiadhaich is bagrach;
tha e pògadh na tràghad,
tha e bàthadh nan sgeirean.

Tha e am beatha a' Ghàidheil
fad làithean a bheatha;
tha e daonnan na smuain
fìù 's nuair thèid e dhan leabaidh.

'S iomadh leanabh a dh'fhàg e
gun chùl-taic is gun athair;
's iomadh giùmanach làidir
a dh'fhàg e san aigeann.

Tha e 'm chuislean 's nam chridhe,
air m' inntinn 's air m' aigne;
tha e cuartach' na tìre
far 'n do chinn mi nam bhalach.

Beag-fhaclair**iargalta:** gruamach agus crosta**colg:** fearg**mala:** loidhne de dh'fhalt a dh'fhàsas os cionn na sùla**fèath:** sìde shèimh gun oiteag gaoithe**cùl-taic:** tacsas**giùmanach:** sealgair**aigeann:** grunn na mara**cuisle:** aon de na pìoban sa chorp tron ruith an fhuil**aigne:** do spiorad, mar a tha thu a' faireachdainn**cinn:** fàs

Gaoth an Iar*Dòmhnall Mac an t-Saoir*

Gaoth an iar, gaoth an iar,
 Gaoth an iar thar na mara;
 Gaoth an iar thar a' bhàigh
 Steach gu tràigh fionnar, fallain.

Gaoth an iar a' sguabadh fraoich
 Suas ri aodann nam beannaibh.
 'S binn a ceilearadh ri tràigh,
 Rogha tàladh nan leanabh.

Anail chùbhraidh chùl nan stuagh,
 'S fallain fuar-ghlan a deathach;
 Sèideadh sèimh air tìr an fhraoich,
 'S grad a sgaoileas i ceathach.

Nuair nach b' àirde mi na ghlùn
 B' i mo dhùsgadh 's mo chadal,
 'S i nì tuiream aig mo chill
 Nuair thig m' oidhche bhios gun mhadainn.

Beag-fhaclair***fionnar:*** caran fuar***fallain:*** slàn; làidir***cùbhraidh:*** air a bheil fàileadh milis no taitneach***deathach (deatach):*** gas no smùid***ceathach:*** ceò***tuiream:*** caoidh airson neach a bhàsaich



Caolas Od Odram

Lachlann MacFhionghain

Ann an Caolas Od Odram
far an coidleadh an ròn,
is far nach cluinnte guth duine
ach fuaim tuinne 's glog geòidh

mar mhuime 'g altram a pàistean
's i gan tàladh gu ciùin,
gu bheil tulgadh nan cuantan
ga sìor luasgadh nar suain.

Tha 'n ròn rìoghail a' gusgail,
's an eala guileag ri thaobh,
a' mhaighdeann-mhara 's i bruadar
anns an uaigneas air laoch.

Beag-fhaclair

coidleadh (caidleadh): (far an) dèanadh iad cadal

glog: fuaim goirid cruaidh

muime: màthair cuideigin eile a dh'altraim thu

tulgadh: gluasad bho thaobh gu taobh

gusgail: glaodh no èigh mar a nì beathach

guileag: fuaim a nì eala

uaigneas: staid aonaranach

laoch: gaisgeach

Na ròin*Dòmhnall Dòmhnallach* (Dòmhnall Èirisgeigh)

Ròin dhubh is ghlasa mach 's a-staigh mun tràigh,
 mu na sgeirean beaga a' plubadaich 's a' snàmh;
 greiseag bheag ag iasgach is greiseag bheag am bàrr,
Hi hò hudaileam, tudaileam ta-rà.

Faic am fear beag ciar ud thall an oir an làin,
 nach e tha math air iasgach – chiall, nach e thà!
 seall e ruith nan sìolagan aig ceann shìos a' bhàigh,
Hi hò hudaileam, tudaileam ta-rà.

Plub, plub, gluganan chì mi fhìn a dhà:
 Ist! tha còrr is ceud ann nan tigeadh iad am bàrr;
 seall am fear mòr liath ud, nach eil e math air snàmh:
beiridh mi air fheusaig, tudaileam ta-rà.

Ach càit an tèid na biastan ud aig ciaradh an là?
 Falbhaidh iad gu Feuraigh 's gu Grianamul a thàmh.
 'S e mo rùn 's mo mhiann-sa gum faigh iad leabaidh bhlàth,
Hi hò hudaileam, tudaileam ta-rà.

Beag-fhaclair**ciar:** dath dorcha, dubh-ghlas**làn:** muir-làn, an èirigh agus an tuiteam a nì ìre na mara gach latha**sìolag:** iasg beag fada caol a gheibhear sa ghainmhich

Giomach

Gun urra Leabhran Sgoil MhicNeacail 1978

Na aonar
a' spàgail
anns an dorchadas
dhomhainn

a' sealg gu
mionaideach
airson an ath
bhiadh

sgiobalt' agus
pròiseil, tha

e ri dèanamh
a shlighe
am measg

nan claisean
's nan
cnapan.
na sùilean

beaga
biorach aige
ri gabhail ùidh

anns a h-uile
gluasad
's e na aonar
a' spàgail

anns an
dorchadas.



Beag-fhaclair

spàgail: coiseachd air dhòigh a tha mì-sgiobalta no cearbach

clais: dìg

Iasgair*Dòmhnall R Moireasdan* Sgalpaigh na Hearadh

Bha salann na bheul,
 salann na fhuil;
 chaidh aodann a bhualadh
 le siantan gu deirge;
 a làmhan cnapach
 mar mhaide carach;
 e aosmhor a' fàs;
 gun inns e sgeulachd
 mu chruas na mara,
 mar a bha e sealbhach
 's mì-shealbhach thaobh fortain,
 's mar a bha e uair ann an càs
 air uchd gàbhaidh,
 a' seòladh os cionn sligean
 agus maorach ùrlar cuain,
 a' dèanamh a bheòshlaint',
 mar a bhiodh iad a' cur nan lìon
 's gun iad a' faotainn,
 's mar a gheibheadh iad,
 's mar a fhuair 's nach d' fhuair iad dad idir,
 's mar sin air adhart gun do sguir e.

Beag-fhaclair***sealbhach:*** fortanach***càs:*** duilgheadas***gàbhadh:*** cunnart



Guidhe an Iasgair

Deòrsa Mac Iain Deòrsa

Fèath is fàbhar agus fortan,
Pailteas coltais anns gach bàgh,
Reòtach air clàr 's air cliathaich
'S margadh fial air teachd an là.

Beag-fhaclair

pailteas: mòran de rudeigin

reòtach: nuair a tha an teòthachd fo neoni C

clàr: rud mar bòrd no pìos fiodha a tha rèidh

cliathach: taobh rudeigin

margadh: àite san tèid nithean a reic agus a cheannach

fial: còir: deònach rudan a thoirt do dhaoine eile

'S daor a cheannaich mi 'n t-iasgach*À beul-aithris*

Tha do bhreacan ùr uasal
ann an ùrlar an aigeil,
tha do lèine chaol, bhòidheach
aig na rònaibh ga sracadh;

tha do ghartanan rìomhach
's iad air ìnean nam partan,
tha ruith nan tonn uaine
mu bhruachaibh do leapa;

tha do thaigh mòr gun tughadh
agus 's dubhach leam d' aitreabh,
tha do phiuthar gun bhràthair,
tha do mhàthair gun mhac dheth;

tha do bhean òg gun chèile,
's tha mi fhèin dheth gun dalta:
's daor a cheannaich mi 'n t-iasgach –
seo a' bhliadhn' a chuir às dhomh.

Beag-fhaclair**breacan:** ball-aodaich tartain a bha na aon phios**aigeal:** grund na mara**bruach:** an talamh ri taobh aibhne**tughadh:** connlach no cuilcean a chleachdar gus mullach taighe a dhèanamh**aitreabh:** togalach sam bi daoine a' fuireach

Chaidh an t-òran brònach seo a dhèanamh le muime an fhir a chaidh a bhàthadh. Anns na seann làithean bha dàimh sònraichte dlùth eadar dalta (mar as trice mac duin'-uasail) agus a mhuime.

Tubaist mara*Ailean MacAoidh*

Bha 'n oidhche dhorch a' teannadh dlùth
gun solas reul san speur;
bha 'm bàta smùid a' dèanamh cùrs
air solas mòr Rubh' Rèidh.

Chan fhacas sgeir, cha chualas fuaim,
bha fèath air muir 's air tìr;
bha eòin na mara air an t-snàmh
's iad fhèin 's an àl aig sìth.

Nuair bhuail am bàt' cha chluinntè nì
ach èigheach agus ràn
aig sean is òg, aig beag 's aig mòr,
's an aghaidh air a' bhàs.

Nuair bhris an là chan fhacte nì
ach lannir ghrèin air creig,
is tonnan uain' a' chuain an iar
a' cleasachd ris an sgeir.

Beag-fhaclair***sgeir:*** creag anns a' mhuir***sìth:*** fois***ràn:*** glaodh***lannir:*** deàlradh



Taigh-solais

Ceana Chaimbeul

Is mise taigh-solais
 air carraig sa chuan,
 nam sheasamh air faire
 nuair bhios tusa nad shuain.
 Èiridh an fhairge,
 sèididh gaoth tuath,
 seallaidh na bàtaichean
 's cumaidh iad bhuam.

Beag-fhaclair

carraig: clach mhòr no carragh, gu h-àraidh tè ris a' mhuir

faire: a' coimhead agus ag èisteachd gus nach tachair rud

fairge: muir; cuan

An taigh-solais*Niall MacLeòid*

Air carraig aosta, dhaingeann, chruaidh,
ri aghaidh beucaich, borb a' chuain,
tha Lòchran deàlrach, maiseach ciùin
na sheasamh ann, 's a' dèanamh iùil;
toirt rabhaidh do gach ànrach truagh
tha cath ri doineann gharbh nan stuagh,
's a' seòladh dhaibh le ghathan tlàth
far a bheil dìon is àite-tàimh.

Beag-fhaclair***daingeann:*** làidir***borb:*** fiadhaich***lòchran:*** lampa***deàlrach:*** a dheàlras no a dheàrrsas***iùil:*** stiùireadh***rabhadh:*** fios mu dheidhinn cunnart no tuiteamas ri tighinn***ànrach:*** siùbhlaiche***doineann:*** gaoth glè làidir le mòran uisge

Saoilidh mise gur e meatafor a tha seo: coimhead air a' chiad litir den fhacal Lòchran

ri spòrs*Anna Latharna NicGilliosa***1. Arm a' Bhreacain**

saor
 triùir thidsear
 dithis nurs, neach-lagha
 bancair, plumair, oileanach
 aonaicht' fo bhratach na croise
 sporain, brochan de bhreacain
 gruagan orains, bòtannan
 gun chùram, gun chadal
 is gun airgead
 saor

Beag-fhaclair

saor (a): gun tèid agad air an rud as miann leat a dhèanamh (b):
 gun a bhith fo bhuidh rudeigin

aonaichte: air an dèanamh nan aon rud; ceangailte còmhla

bratach na croise: bratach nàiseanta na h-Alba

gruag: falt a' chinn

2. Flùr na h-Alba

ban-
 phrionnsa uaibhreach
 na suidhe – Ach' nam Moireach
 being chruaidh, latha fuar – gabhail òrain
 gar brosnachadh a' bhròg a thoirt a-rithist do
 Thuagh nan Albannach, Eideard an Rìgh
 an sinn-sinn-sinn-sinn-sinn-sinn-sinn-
 sinn-sinn-seanair aice
 fhèin

Beag-fhaclair

uaibhreach: pròiseil

Ach' nam Moireach: pàirce rugbaidh nàiseanta

being: suidheachan fada

tuagh: inneal airson fiodh a ghearradh no a sgoltadh

3. Tadhal Gàidhealach

ball
cho
cas
cho
bras
cho
dian
chan
fhaic
Gall
e fiù 's
a' tighinn

Beag-fhaclair

cas: a bhios ag èirigh gu luath

bras: luath

dian: le neart, le cabhaig

Fenella*Tormod Caimbeul*

Nam faiceadh tu Fenella
 a' falbh mar a' ghaoth
 am bàla aig a casan,
 cò chuireadh stad oirr'?
 Cha tàinig e 'n taobh-s'.

'S chan fhaigh duine seachad oirre;
 an fheadhainn as fheàrr
 chuir i tric air seacharan:
 Jason is Skivver is Barney
 Ìomhar MacÌomhair
 fiù 's Dougie am Bruiser,
 le na breacan-siànain,
 luath 's gu bheil e
 cha dèanadh e bhiadh dheth.

Bhiodh i romhpa
 anns a h-uile tionndadh.
 Trom,
 trom air inntinn
 a bhith call ri Fenella
 's ga faicinn a' falbh
 ealanta, cinnteach
 a-null 's a-nall
 deas agus cli
 gun saothair gun strì
 a' lorg an lin.



Smaoinich a-nise,
ro ghèam mòr na bliadhna,
an aghaidh Sgoil na Pàirc
airson Cupa MhicDhiarmaid –
nuair thaghadh an sgioba
eadar P6 is 7,
an creideadh tu idir:
cha deach togail Fenella!

Le iolach is gearain
ghreas sinn oirnn chun a' Cheannaird
Mgr J D Dallas McVie
na dheise P.E.
Ars esan
'A bhalachaibh,
biodh sin mar a bhitheas,
ach aig a' cheann thall
chan eil innte ach
NIGHEAN.'



Beag-fhaclair

air seacharan: a' dol an taobh ceàrr

breacan-siànain: comharran beaga donna air a' chraiceann

ealanta: sgileil

saothair: obair chruaidh

strì: a' toirt oidhirp mhòr air rudeigin

iolach: èigh mhòr



Ball-coise

Malcolm Mitchell Àrd-sgoil Hillpark, Glaschu

ball-coise
ann an Glaschu
aon sgìre
dà sgioba

aon
ann an uaine
aon
ann an gorm

dhan fhear Celtic
Rangers
Huns

dhan fhear Rangers
Celtic
Fenians

dhòmhsa
an dithis aca
gun
eanchainn

Beag-fhaclair

eanchainn: inntinn

4
ceithir





Sguaban Arbhair

Calum Dòmhnallach

Bha mi raoir a' siubhal drathair
 'S thàinig dealbh do mo làimh:
 Dealbh mo sheanmhar is mo sheanar
 'S balach òg na shuidh rin taobh

*Uair eile gu bhith dhachaigh,
 Uair eile gu bhith beò,
 Ruith mun cuairt nan sguaban arbhair –
 Uair eile gu bhith òg.*

'S iad ag obair aig na sguaban arbhair:
 Shuidh mi gan coimhead fad na h-oidhch'.
 Thàinig cianalas nam chridhe
 'S thàinig cuideam na mo làimh.

Dh'fhalbh mo sheanmhair 's mo sheanair,
 Thuit na sguaban arbhair sìos:
 Dh'fhalbh mi gu saoghal eile
 'S dh'fhalbh a' Ghàidhlig bho mo bheul.

Beag-fhaclair

drathair: àite ann am ball-àirneisairson rudan a chumail a ghabhas tarraing a-mach agus a-steach

sguab arbhair: ultach coirce

cianalas: ionndrain

Can gun robh thu a’ feuchainn ri mìneachadh dè th’ ann an “dualchas”. Dè chanadh tu? Na rudan a bhios a’ dèanamh aon choimhearsnachd eadar-dhealaichte bho choimhearsnachd eile, is dòcha. Chan e ar gleanntan is ar beanntan, mar a bha anns an earrainn mu dheireadh, ach na rudan uile a tha luachmhor dhuinn – ar cleachdaidhean, ar prionnsapail is ar creideamhan (me *An coigreach*, td 129). Chan e a-mhàin ar cànan agus ar ceòl, ach na rudan eile a bha a-riamh luachmhor dha na Gàidheil: fàilte agus furan (me *Òran mòr Sgorabreac* td 130) coibhneas agus companas (me *Oidheche air chèilidh* td 134). Chan eil sinn ag ràdh gu bheil ar dualchas nas fheàrr na th’ aig muinntir sam bith eile, ach gur e as luachmhoire dhuinn fhìn (me *’S e tìr mo rùin-s’ a’ Ghàidhealtachd*, td 131)

Tha “coimhearsnachd” nan Gàidheal sgapte air feadh an t-saoghail, ged-thà. Chan eil e furasta ar dualchas a chumail rinn – mar a tha Calum Dòmhnallach ag ràdh san òran aige (gu h-àrd) – ged tha na Gàidheil air oidhirp a dhèanamh co-dhiù on 19mh linn, nuair a mhol am Ball Pàrlamaid Teàrlach Friseal Mac an Tòisich gum bu chòir do Ghàidheil òga a bhith air an teagasg tron chànan aca fhèin (*Dh’èirich mi moch madainn Chèitein* td 120). Ach bha mòran dhaoine fhathast den bheachd nach robh feum sa Ghàidhlig, agus chaidh iomadach bliadhna seachad mus deach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh gu foirmeil ann an sgoiltean ann an àiteachan mar Ghlaschu (*Gàidheil Ghlaschu* td 122), Inbhir Nis, agus Brèascleit (*Deich is a’ fàs* td 121). San là an-diugh tha Gàidheil Ameireaganach a’ teagasg ann an sgoiltean ann an Alba, agus Gàidheil Albannach mar mi-fhìn a’ teagasg Gàidhlig ann an àiteachan cho fada air falbh ri Seattle (*Gun chadal aig Fèis Shiatail(Seattle)* td 125)!

Mo roghainn a' Ghàidhlig*Calum MacPhàrlain*

'S i chànan as binne
air uachdar na cruinne,
gu òran a ghabhail,
gu òraid a labhairt.

'S i cànan na cèille,
's i cànan na fèile,
's i chànan as blàithe
air bilean na màthar.

Thèid an uiseag 's an smeòrach
gu gogail 's gu ròcail,
mun caill mi mo chàil do
na h-òrain bhinn Ghàidhlig.

Gun oilean, gun nàire,
luchd-dearmaid na Gàidhlig;
fior uasal na sàir ud
tha dìleas dhan Ghàidhlig.

Beag-fhaclair**cruinne:** an Talamh**òraid:** bruidhinn air a dèanamh air beulaibh còmhlan dhaoine**labhair:** abair**cèille (ciall):** tuigse, reusan**fèile:** fèileadh, ball-aodaich traidiseanta Albannach coltach ri sgiort**bile:** oir do bheòil, lip**oilean:** foghlam, ionnsachadh**dearmad:** cion cùraim, cion diù

Dh'èirich mi moch madainn Chèitein*Màiri Nic a' Phearsain* Màiri Mhòr nan Òran

Dh'èirich mi moch madainn Chèitein

*Faill il e hill u ill o
hiùraibh o 's na hòro èile
faill il e hill u ill o*

Chuala mise sgeul bha èibhinn –

gun robh gaisgich dheas air èirigh

a chur beatha 'n cainnt na Fèinne:

thuirt iad gun robh chànan feumail

anns an sgoil cho math ri Beurla!

Siud an duine a rinn feum dhuinn

Friseal Mac an Tòisich gleusta:

Togaibh luinneag agus sèist dha,

àrdaichear e gus na speuran

leis na Gàidheil 's gach àite 'n tèid e.

Beag-fhaclair**luinneag agus sèist:** duanag; na facail air an ath-aithris an dèidh gach roinne de dh'òran no dàn**àrdaich:** dèan no fàs nas àirde

Deich is a' fàs*Criosaidh A NicIomhair*

Tha mi 'n-diugh deich bliadhna 's a' fàs:
 togaibh suas leam ar bratach gu h-àrd -
 's mi cànan ur màthar
 anns an d' fhuair sibh ur n-àrach
 's rinneadh saothair is strì air mo sgàth.

B' e Brèascleit mo chreathail bho thùs
 far 'n do dh'fhosgail mi 'n toiseach mo shùil -
 chaidh m' altram cho caomh
 's mi lag agus maoth,
 's beag air bheag fhuair mi spionnadh is lùths.

Air gach cànan san t-saogh'l bheir mi bàrr,
 ann an sùgradh is gaol 's mi as fheàrr,
 ann an ùrnaigh ri Dia
 tha mi fileant' is fial
 's mhol an rosg is an rann mi na bàird.

Tha mi 'n-diugh deich bliadhna 's a' fàs,
 anns gach cuspair is cùrs tha mi 'n sàs,
 air adhart gun tèid sinn,
 a chèile cha trèig sinn,
 chum ar dileab gu bràth nach fhaigh bàs.

Beag-fhaclair**àrach:** togail chloinne no bheathaichean òga**air mo sgàth:** às mo leth, air mo shon**creathail:** leabaidh bheag do naoidhean**bho thùs:** bhon toiseach**caomh:** còir**maoth:** gun a bhith cruaidh, bog**spionnadh:** neart**lùths:** neart gus rud a dhèanamh**thoir bàrr:** dèan rudeigin a tha nas fheàrr na rud a chaidh a dhèanamh roimhe**sùgradh:** a' dèanamh mire, suirghe**dileab:** na dh'fhàgas aon ghinealach aig an ath ghinealach


Gàidheil Ghlaschu*Criosaidh Nic Ille na Brataich*

Is sinne Gàidheil Ghlaschu,
 's anns a' bhaile rugadh sinn,
 's anns a' bhaile thogadh sinn
 is cumaidh sinn a' Ghàidhlig.
 Seo am baile as docha leinn,
 seo am baile as fheàrr leinn,
 gheibh sinn ann am brosnachadh
 a chumas rinn a' Ghàidhlig.

Nuair bha sinn òg is toilichte
 gun robh sinn san sgoil-àraich;
 fhuair sinn juice is briosgaid ann
 is cleasachd anns a' Ghàidhlig;
 Thàinig Fionnlagh Feusagach
 is thòisich e ri càineadh,
 “Feumaidh sibh bhith dicheallach
 no caillidh sibh a' Ghàidhlig.”

Tha Rangers agus Celtic ann,
 b' iad sin na buidhinn àraid,
 's a chionn 's nach eil sinn àilgheasach
 's ann leanas sinn na dhà dhiubh!
 Tha Partick Thistle cuideachd ann -
 chan eil iad mar a b' àbhaist:
 ach 's cinnteach gun tig piseach orr'
 ma chluicheas iad sa Ghàidhlig.

Tha sgoil ùr a-nis sa bhaile seo
 's cha d' fhuair sinn i gun tàire,
 sgoil-àraich suas gu àrd-sgòil innt'
 gar teagasg ann ar cànan.
 Tha daoine còir gar cuideachadh,
 a' cumail taic is làimh rinn:
 luchd-teagaisg, dorsair, còcaire,
 a chumas rinn a' Ghàidhlig.



Beag-fhaclair

as docha: as fheàrr le cuideigin

brosnachadh: a' toirt air cuideigin a bhith a' faireachdainn làidir

càineadh: trod, cur sìos air daoine

dìcheallach: a bhith dèanamh an oidhirp as fheàrr as urrainn

àilgheasach: doirbh a thoileachadh

piseach: adhartas

tàire: duilgheadas no trioblaid

dorsair: neach a tha ag obair ann an sgoil no eile a' coimhead às dèidh an togalaich

“Fionnlagh Feusagach”: Fionnlagh MacLeòid, neach-stiùiridh a chleachd a bhith os cionn Comhairle nan Sgoiltean Àraich.

Ar cànan a' bruidhinn ris an dùthaich aice fhèin*Cailean Masterton Àrd-sgoil a' Phluic*

Seo mi. An robh sibh
gam ionndrainn?
Tha mi rir taobh.
'S dòcha nach aithnich sibh
mo chumadh fo sgàil
bhur n-aineolais. Tha mo bhlàths
air ur teanga ged tha
sibhse gun sgoinn
gun chlaisneachd.
Ged nach tuig sibh mi
tha eòlas fhathast agamsa
oirbh-s'.
Fhathast tha cuimhn'm
air an nàimhdeas
a sheall sibh dhòmhsa
ged nach eil agamsa
ach maitheanas dhuibh-s'.
Èistibh,
coimheadaibh:
ged tha mi
fann tha 'm faileas agam
fhathast san sgàthan.
Cha lorg sibh na tha sibh
a' sireadh gun lèirsinn
's gun chuimhne air bhur
slighe. Tha mise
air do bheulaibh.
Seo mi.

Beag-fhaclair***aineolas:*** dìth eòlais***claisneachd:*** comas cluinntinn***lèirsinn:*** comas faicinn, tuigse

Gun chadal aig Fèis Shiatail (Seattle)*Anna Latharna NicGilliosa*

dà uair sa mhadainn
oileanaich a' luadh a' chlà -
tidsear claidhte, Gàidhlig beò

Gearraidh na Mònadh à Smeircleit

Aonghas Pàdraig Caimbeul

Taigh Fhionnlaigh,
Taigh a' Bhaoghlaich,
Taigh Aonghais a' Cheanadaich,
Taigh Aonghais 'ac Dhòmhnail,
Taigh Alasdair Ruaidh,
Taigh Dhomhachan,
Taigh an Ruaidh,
Taigh Dhòmhnail Eachainn,
Taigh Sheumais Shlàdair,
Taigh Sheòrais,
Taigh a' Chlachair,
Taigh Sheonaidh Mhòir,
Taigh Alasdair Dhuibh,
Taigh Phàdraig Eòghainn,
Taigh Dhòmhnail Penny,
Taigh Iagain Dhòmhnail.

Mar a bha,
's mar a tha,
's mar a bhitheas,

fad saoghal nan saoghal.

Amen.

Linn an àigh*J MacCuaraig*

An uair bha Gàidhlig aig na h-eòin
 Bha 'm bainne air an lòn mar dhriùchd
 A' mhil a' fàs air bàrr an fhraoich,
 A h-uile nì cho saor 's am bùrn.

Cha robh daoine a' pàigheadh màil;
 Orra cha robh càin no cìs;
 Iasgach, sealgach agus coill'
 Gun fhaighneachd aca is gun phrìs.

Cha robh cogadh, cha robh còmhstri;
 Cha robh connsachadh no streup ann;
 H-uile h-aon a' gabhail còmhnaidh
 Anns an t-seòl bu deòin leis fhèin e.

Cha robh guth air crìch no tòir;
 Bha gach dùil tighinn beò an sìth;
 Feum sam bith cha robh air mòd,
 Is lagh na còrach air a' chridh'.

Dh'òr no dh'airgead cha robh miagh;
 Sògh is fialachd air gach làimh;
 Cha d' fhiosraich bochdainn duine riamh,
 Nì 's mò a dh'iarr neach riamh cuid chàich.

Bha caoimhneas, comann, iochd is gràdh
 Anns gach àite am measg an t-sluaigh,
 Eadar far an d' èirich grian
 Is far an laigh i 'n iar sa chuan.

Beag-fhaclair**màil:** an t-airgead a phàighear gu riaghailteach airson rudeigin**càin:** cìs**cìs:** airgead a dh'fheumas daoine pàigheadh don riaghaltas no ùghdarras eile**connsachadh:** argamaid**streup:** còmhstri**a' gabhail còmhnaidh:** a' fuireach**seòl:** dòigh**dùil:** creutair**mòd:** cùirt**miagh:** spèis, iarraidh**sògh:** pailteas**iochd:** truas

Òran snìomh

À beul-aithris

Fuirich an-diugh gus a-màireach
gus an snìomh mi lèine an t-snàth dhut –
fuirich an-diugh gus a-màireach.

Gus an snìomh mi lèine an t-snàth dhut:
chuireadh an lion 's cha do dh'fhàs e –
fuirich an-diugh gus a-màireach.

Chuireadh an lion 's cha do dh'fhàs e;
tha 'n dealg spàil aig Rìgh na Frainge –
fuirich an-diugh gus a-màireach.

Tha 'n dealg spàil aig Rìgh na Frainge,
tha a' bheairt-fhighe ann an coille Phàdraig –
fuirich an-diugh gus a-màireach.



Beag-fhaclair

lion: seòrsa luibhe às an dèan thu anart agus ola

dealg spàil: pàirt de dh'uidheam beairt

An coigreach*À beul-aithris*

air ath-aithris le Anna Latharna NicGilliosa

Choinnich rium coigreach
air an rathad an-dè

Thug mi dha aran ri ithe
uisge ri òl
agus ceòl ri èisteachd

Agus an ainm naomh na Trianaid
bheannaich e mi fhèin 's mo thaigh
mo sprèidh agus mo chàirdean
mo chlann agus mo chèile chaomh

Agus chuala mi guth na h-uiseig
a' gabhail a h-òrain milis
'Gur minig, minig, minig
a thig Crìosd an riochd a' choigrich.'

Beag-fhaclair***Trianaid:*** an t-Athair, am Mac 's an Spiorad Naomh***minig:*** tric***riochd:*** cumadh

Òran mòr Sgorrabreac

Iorram à beul-aithris

Ceud soraidh bhuam fhìn gum eòlas
gu Sgorrabreac am bi chòisir,

gu talla farsaing clann Dhòmhnail:
gu taigh mòr an ùrlair chòmhnaird,

an taigh mòr farsaing, 's ùrlar sguabte:
ruidhleadh ubhal sìos is suas air;

far am faighte fion ri òl ann -
cupan airgid 's cuachan feòdair:

gheibhte siud an taigh mo leannain
's coinnleir òir air bhòrdaibh geala.

Beag-fhaclair

feòdar: seòrsa de cho-thàthadh anns a bheil tòrr staoin

coinnleir: innleachd a chumas coinneal no coinnlean

Dealbh de thaigh mòr aig deireadh an t-17mh linn. Tha e coltach gur e Mairead NicLeòid, piuthar Iain Ghairbh Ratharsair, a bha a' bruidhinn mu dheidhinn taigh a leannain, Dòmhnall MacNeacail, mac Fear Sgorrabreac.

'S e tìr mo rùin-s' a' Ghàidhealtachd*Dòmhnall Dòmhnallach* Dòmhnall Dhòmhnail Dheirg, mu 1900

*Air fal il èile hòro hì,
's e tìr mo rùin-s' a' Ghàidhealtachd,
air fal il èile hòro hì*

Far am bi an crodh 's na laoigh
air feadh nan gleann air àirighean.

Bidh a' bhanarach dol fòpa,
's peile mòr 's gach làimh aice.

Bidh na boireannaich a' snìomh,
chlann-nighean is ceud a' càrdadh ac'.

Fear a' cur is fear a' buain,
is fear air chuan 's a bhàt' aige.

Bidh na caileagan a' luadhadh,
's bu taitneach fuaim an gàire leam.

Beag-fhaclair

àirigh: bothan air a' mhòintich sam biodh daoine a' fuireach greis as t-samhradh

banarach: tè a bhios a' bleoghan

snìomh: dèan snàth à pìosan clòimhe

càrdadh: cìreadh snàithleach clòimh, canach

buain: geàrr no spìon arbhar, mòine, measan 's msaa

luadhadh: a' bualadh agus a' sìneadh clò fliuch air ùr fhighhe air bòrd

taitneach: tlachdmhor, càilear

Hòro 'ille bhig

Niall Dòmhnallach

*Hòro 'ille bhig, 'ille bhig, bhòidhich,
hòro 'ille bhig!*

Thèid sinn chun na bainnse
bidh cainntireachd is ceòl ann.

Thèid sinn chun na laimrig,
bidh bàtaichean a' seòladh.

Thèid sinn chun na buaile,
bidh crodh agus laoigh òg' ann.

Thèid sinn chun an aonaich,
bidh cearcan-fraoich sna frògan.

Thèid sinn chun na ceàrdaich,
bidh 'n gobha leis an òrd ann.

Thèid sinn gu taigh Màireid,
bidh iad ri luadh a' chlà ann.

Thèid sinn chun na cèilidh,
bidh fonn ac' air na h-òrain.

Thèid sinn chun na tràghad,
is ruithidh sinn gun bhrògan.

Beag-fhaclair

cainntireachd: òraidean

laimrig: cidhe

buaile: achadh san cumar beathaichean, gu h-àraidh crodh

aonach: talamh-mòintich àrd

fròg: cùil, toll

ceàrdach: an t-àite sam bi gobha ag obair

Togsaid-uisge*Aonghas Pàdraig Caimbeul*

Bha togsaid
 aig ceann an taighe
 a bhiodh a' slugadh an uisge
 on phìob-tharsainn.

Bha an togsaid sin
 nas reaimhre na duine sam bith sa bhaile,
 a h-oirean a' cur thairis
 le dìle shìorraidh nan speuran,
 a brù ceangailte ri bannan-iarainn
 cleas na cuiseid-chnàmhan
 a bha cumail Seònaid Anna Sheumais ri chèile.

Ach fhuair sinn tap dhan taigh
 agus chaidh an togsaid a dholaidh:
 tholl am fiodh, sgàin na bannan,
 agus gu clis dh'eug Seònaid Anna.

**Beag-fhaclair****tocsaid:** baraille mòr**pìob-tharsainn:** guitear a ruitheas air fad mullach an taighe**bann:** stiall chruinn de rudeigin**cuisead:** ball-aodaich a bheir taic don stamaig 's don druim, teanndachan**a dholaidh:** air a mhilleadh; chaidh am biadh a dholaidh**eug:** bàsaich, caochail

Oidhche air chèilidh

Caitriona NicDhòmhnaill

An oidhche roimhe bha sinn air chèilidh
ann an taigh-cèilidh a' bhaile:
coimhead suas a dhruim an taighe
far robh cabar-sùith is sparran;

a-nuas bho thè aca bha slabhraidh
a chrochadh prais bhuntàta 's sgadan;
bha gealbhan craosach meadhan an ùrlair
cho math 's a lasadh mòine Fhladaidh;

grìosach mhòr dhonn timcheall air
a bhruicheadh feusgain a' chladaich;
truinnsear bhàirneach air mo bheulaibh
feitheamh an cur ri fàd 's e gabhail;

cù breac chaorach fon an t-sèise,
srann aige is e na chadal,
an cat mòr glas, is cha bu chaol e,
's e ga aonagraich ris an tallan;

Murchadh 's rann aige de dh'òran,
's chuireadh fear tòimhseachan air caileig;
siud mar chaitheamaid oidhche gheamhraidh
ann an coibhneas blàth nam beannachd.

Beag-fhaclair

cabar: pòla ann am mullach taighe

sùidh: stuth mìn dubh a leanas ri similear

sparran: crainn-tharsainn ann am mullach togalaich

slabhraidh: sreath de dh'fhàinneachan meatailt air an ceangal ri chèile

prais: poit

gealbhan: teine

craosach: a dh'itheas cus

grìosach: innleachd gus rudeigin a chòcaireachd os cionn no fo lasair no teas

feusgan: maorach mòr dorch a ghabhas ithe

fàd: ceap mònach

seis: àite-suidhe fiodha fada

aonagraich: roilig air a dhruim

tallan: balla tana eadar dà sheòmar

tòimhseachan: ceist dhuilich

A' mhaighdeann-mhara*À beul-aithris*

Is mis' a chunnaic an-diugh an t-iongnadh
 sa mhadainn mhoich 's mi 'g iarraidh chaorach:
 chunnacas gruagach, chuailein chraobhaich
 's i na suidh air sgeir na h-aonar,
 cìreadh a cinn bhòidhich dhualaich
 bha ga sguabadh 'n oir na mara -
 e air fiamh an duiligs shamhraidh,
 loinnreach camlubach is barraicht'.
 A coltas riamh chan fhaca daoine
 air an t-saoghal, fad no farsaing.
 Bha a h-ìomhaigh mar gath grèine
 no mar deàrrsadh reult na maidne,
 trusgan gorm oirre mar chòmhdach -
 gruagach bhòidheach nan rosg meallach.

Ghluais i 'n sin gu sgeir-thràghad
 a bhiadhadh ròn air làraich fhalamh:
 chruinnich iad gu dlùth mun cuairt oirr'
 's iad ri gusgal luaidh dhan ainnir.
 Faiceallach 's ged rinn mi gluasad
 anns an luachair 's mi gam fhalach,
 gun d' fhuair mi sealladh, làn mo shùla,
 den mhaighdinn mhùirnich a ghoid m' aire.
 Ach cha b' fhad' bha siud gun chaochladh:
 thog i ceann is rinn i sraonadh:
 sheall i ormsa thar a gualainn
 is, och mo thruaighe mar a thachair,
 chaidh i 'n riochd na bèiste maoile
 shnàmhas an tonn mar an fhaoileag.

Chuir i cùlaibh rium-s' le mì-chiat,
 's thrèig i Tìr Mhic Gille Chalum:
 tro Linne Shlèibhtich nan cuairteag
 dh'fhalbh i suaimhneach is gun airtneul;
 seachad Mòrar agus Mùideart
 is Cnòideart ùrail a' bharraich;
 tro Chaol Mhuile, tro Chaol Ìle,
 tro Chaol Othasaidh Mhic a' Phìdhe:
 chaidh i an sin air a fiaradh
 gu eilean rìomhach na gainimh',
 gu tìr farsaing nam fear fialaidh
 's an sgeir mhòr nach gluais a' ghailleann ...

Beag-fhaclair

cuailean craobhach: falt fada tiugh a sgaoileas a-mach

dualach: le falt sa bheil dualan: bachlach

duileasg: seòrsa de dh'fheamainn dhearg a ghabhas ithe

barrichte: sònraichte, fìor mhath

trusgan: ball-aodaich; culaidh

rosg: gaisean fuilte a dh'fhàsas air sgàile na sùla

meallach: tarraingeach

làrach: àite san robh rud air a thogail no sam bi e air a thogail

gusgal: glaodh no èigh mar a nì beathach

ainnir: maighdeann

luachair: luibh le gasan tana air, a dh'fhàsas ann an àitichean bog no fliuch

mùirneach: làn bàidh

sraonadh: gluasad no tuiteam gu aon taobh

biast mhaol: beathach gun fionnadh, mar an ròn

mì-chiat: mì-mhodh

trèig: fàg

cuairteag: cuairtlinn bheag

airtneul: mulad, sgèths

barrach: geugan

fiaradh: a' dol barrachd gu aon taobh

rìomhach: bòidheach

An ròn*Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill*

“Mise nighean Rìgh-fo-Thuinn
 Fuil nan rìghrean na mo chrè –
 Ged a chì sibh mi nam ròn
 Tha mi mòrail nam thìr fhèin.

“Tìr-fo-Thuinn mo dhachaigh dhùint’
 Innis dhùthchasach nan ròn;
 Caidlidh mi air leacan sàil’
 Mi fhìn ’s mo bhàn-chuilean òg.”

*A Bhana-phrionns’ a’ chuain shiar,
 A bheil sgeul agad ri luaidh?
 Nach inns thu dhuinn mar a bha
 Mun do ghabh sibh tàmh sa chuan?*

“Chaidh na geasan a chur oirnn
 Rè ar beò-bhith le luchd-fuath,
 ’S ged a tha sinn snàmh nan caol
 ’S e nàdar daonnd’ tha dhuinn dual.

“Aig tràth-marbh air oidhche fèill
 Tilgidh sinn ar bèin air tràigh,
 ’S cluichidh sinn nar n-òighean suairc’
 A’ crathadh ar cuaillean bàn.

“Ach a-nochd tha mi nam ròn
 Air an lic an còrs’ a’ chuain:
 ’S e mo nàdar bhith toirt gaol,
 ’S do chlann-daoine thug mi luaidh.”

Beag-fhaclair**crè:** bodhaig**mòrail:** òirdheirc, cudromach**dùthchasach:** a th’ air tighinn gu neach a-nuas tro na ginealaichean, dom buin duine**leac:** clach rèidh**sàil:** (sàil’) uisge sailte; am muir**luaidh** (a):thoir iomradh air, inns**tàmh:** còmhnaidh, fuireach**geas:** seun, abairt le cumhachd draoidheil**luchd-fuath:** daoine aig a bheil gràin do dhaoine eile**daonnda:** a’ buntainn do mhac an duine**dual:** rudeigin a gheibh thu bhod shinnsirean**tràth-marbh:** eadar-shruth, nuair nach eil an làn a’ tighinn a-steach no a’ dol a-mach**òighean suairce:** boireannaich òga laghach**cuaillean (cuailean):** falt**an còrs’:** an cois, faisg air**luaidh (b): moladh**

5

coig



Tha eachdraidh seachad*Anna Latharna NicGilliosa*

tha eachdraidh seachad
thuirt thu aig deireadh an leabhair -
'n uair sin dè thachair?

Can gun robh thu a' dol a sgrìobhadh eachdraidh an teaghlaich agad fhèin, no na coimhearsnachd sa bheil thu a' fuireach. Dè cho fada air ais 's a b' urrainn dhut a dhol? Gu òige do mhàthar, 's dòcha, no òige do sheanar? Dh'fhaodadh tu rannsachadh a dhèanamh, le cead, anns na seann dealbhan is pàipearan a th' aig do sheanmhair – ann an leabhraichean is bogsaichean shuas san lobhta, no fon leabaidh. Dh'fhaodadh tu ceistean a chur air daoine aig a bheil cuimhne air na làithean a dh'fhalbh: do phàrantan, am pàrantan-san, agus na seann daoine eile as aithne dhut. ('S e rannsachadh cudromach a tha seo, nach gabh dèanamh le duine sam bith eile: gabhaidh tu aithreachas mura dèan thu e fhad 's a tha an cothrom agad.) Agus dè mu dheidhinn leabhraichean eachdraidh? Uill, tha a' chuid as motha dhiubh làn thachartasan mòra – blàir is cogaidhean is iomairtean – a chaidh adhbhrachadh le daoine mòra cumhachdach: rìghrean agus seanalairean agus cinn-chinnidh. Tha e tòrr nas duilghe fiosrachadh fhaighinn air daoine mar mi-fhìn 's tu-fhèin, no air a' bhuidheann a bh' aig na tachartasan mòra cudromach seo air am beatha-san.

Tha fiosrachadh agus tuigse rim faighinn sa bhàrdachd a chaidh a dhèanamh aig an àm, ged-thà. Dàin san earrainn seo, mar eisimpleir: *Là Inbhir Lòchaidh* (td 152) agus *Cumha mhic Dhonnchaidh Chaimbeil* (td 153) – dà thaobh den aon bhlàr: arm a' chiad Rìgh Theàrlaich an aghaidh arm nan Cùmhnantach; no, chanadh cuid, na Dòmhnallaich an aghaidh nan Caimbeulach: dè an diofar co-dhiù, ma chaidh an duine agad a mharbhadh sa bhlàr? Tha an dearbh rud fìor a thaobh Blàr Chùil Lodair (me *Theàrlaich òig a mhic Rìgh Sheumais* td 158) agus tha e a' togail ceann a-rithist ann am bàrdachd an fhicheadaimh linn: a' Chiad agus an Dara Cogadh (*Òran a' chogaidh td 166 is Deireadh Leave* td 167); Bosnia (*Dubh*, td 171) agus na Falklands (*Nam aonar le mo smuaintean*, td 169). Agus tha na seanalairean fhathast a' cur shaighdearan dhan bhlàr; tha clann fhathast a' call an athraichean, am bràithrean agus, san là an-diugh, màthraichean is peathraichean.

San aon dòigh, tha a' bhàrdachd aig bàird mar Ailean Morbhairneach (td 163) is Iain mac Mhurchaidh (td 162) gu sònraichte inntinneach, on a tha e soilleir gun robh eòlas pearsanta aca air an-shocair is cràdh nam Fuadaichean. Ach tha tuigse ri faighinn cuideachd ann am bàrdachd le daoine fiosrach, mac-meanmnaid mar Donnchadh MacIain, Ruaraidh MacThòmais, Tormod Caimbeul agus Fearghas MacFhionnlaigh, a tha a' sgrìobhadh mu rudan a thachair iomadach linn mus do rugadh iad: na Lochlannaich (td 141 gu td 144) is Uilleam Ualas (td 146); Raibeart Brus (td 147) is Màiri Banrigh na h-Alba (td 148).

Carson a bhiomaid airson leughadh mu dheidhinn seann daoine marbh, ged-thà? Tha eachdraidh seachad nach eil? Uill, chan eil, a rèir an dàin gu h-àrd. Cha tig eachdraidh gu crìoch air duilleag mu dheireadh an leabhair eachdraidh; tha “mar a bha an-dè” agus “mar a tha an-diugh” ag atharrachadh bho là gu là. Agus tha tuigse mu na daoine a bh' ann roimhe deatamach ma tha sinn airson leasachadh a dhèanamh air “mar a bhios a-màireach”.

Birlinn Goraidh Chròbhain*Donnchadh MacIain*

Fichead sonn air cùl nan ràmh,
 fichead buille lùghmhor;
 siùbhlaidh i mar eun a' snàmh
 is siaban thonn ga sgiùrsadh.

*Hòbhan na hòbhan hò,
 hì ho rò na hùbhan,
 hòbhan na hòbhan hò
 air birlinn Ghoraidh Chròbhain.*

Suas i, sheòid, air bàrr nan tonn!
 sìos gu ìochdar sùigh i!
 Suas an ceòl is togaibh fonn –
 tha Mac an Rìgh ga stiùireadh!

A' Bhirlinn Rìoghail, 's i a th' ann,
 siubhal-sìth na gluasad;
 sròl is sìoda àrd ri crann
 's i Bratach Olaibh Ruaidhe.

Dh'fhàg sinn Manainn mòr nan tòrr,
 Èirinn a' tighinn dlùth dhuinn;
 air Ìle 'n fheòir tha sinn an tòir
 ged dh'èireas tonnan dubh-ghorm.

**Beag-fhaclair*****lùghmhor:*** làidir***birlinn:*** seann seòrsa bàta air a h-iomain le ràmh***siubhal-sìth:*** gluasad sèimh***sròl is sìoda:*** aodach mìn prìseil



Fir-tàileisg Ùig

Gun urra

Air feasgar earraich air an tràigh
's mi siubhal mall air chuairt,
gum faca mi sa ghainmhich bhàin
ficheadan de thàchrain truagh.

Cha robh fuil annt' 's cha robh feòil,
nan seasamh anns an àmhainn fhuair;
briathran cha robh ac' nam beòil,
claisneachd cha robh ac' nan cluais.

Tàcharain nam bliadhn' a shiubhail,
reòit fad linntean air an tràigh;
fàilte cha d' chuir iad orm no furan
mar shaighdearan fo òrdugh bàis.

Leam gun d' thog mi iad gum dhachaigh
nochd sa chuan mus biodh iad bàitht',
oir cha robh miann agam gun caillist
ìomhaighean air beul muir-làin.

Cha robh briathran ac' a dh'innseadh
eachdraidh shìmplidh an cuid dhaoin',
no cò a chruthaich iad san ìbhri,
no ciod an rìoghachd às na thaom.

Iomraiteach gu dearbh gum bi iad
an cùirtean lionmhor mòr na dùthch',
is cha bhi cuimhn' air fear a libhrig
an sgeulachd mu fhir-tàileisg Ùig.



Beag-fhaclair

fear-tàileisg: fear de na pìosan leis an cluich thu an geama tàileasg

tàchran (tàcharan): creutair beag draoidheil, bòcan

àmhainn: pàirt de stòbh, le doras, san gabh biadh a bhruich no a theasachadh

furan: fàilte

taom: dòirt

iomraiteach: ainmeil

libhrig: thoir seachad òraid, seirbheis no eile

Na Lochlannaich a' tighinn air tìr an Nis*Ruaraidh MacThòmais*

Nuair thàinig a' bhirlinn gu tìr
 nuair a tharraing iad i
 air gainmheach a' Phuirt,
 ged a bha am muir gorm,
 's a' ghainmheach geal,
 ged a bha na sìtheanan a' fàs
 air dà thaobh an uillt,
 is feur gorm anns na claisean,
 ged a bha ghrian a' deàrrsadh
 air bucaill nan sgiath,
 air na clogadan,
 is àile liath-ghorm an eòrna air na h-iomairean,
 ged a bha sin mar sin
 is sian nan tonn air an cùlaibh,
 an t-sùlaire a' tuiteam à fànas,
 is cop air bainne blàth na mara,
 Bha eagal orra.

Ach chaidh iad a-steach dhan an tìr,
 is fhuair iad taighean
 is boireannaich,
 is teaghlaichean,
 is bhuain iad an t-eòrna,
 fhuair iad eun às a' phalla,
 is iasg à fairge,
 thug iad ainmean air creagan 's air clann,
 is lion iad na saibhlean,
 agus dh'fhalbh an cianalas.

Beag-fhaclair**sìthean:** flùr**clais:** dig**bucaill:** pìosan meatailt, a nì rud làidir agus brèagha**sgiaith:** pìos mòr meatailt no plastaig làidir le làmh a chleachdas saighdear gus a dhìon**clogaid:** rud coltach ri ad mheatailt a dhìonas ceann saighdeir**àile:** èadhar**eòrna:** gràn às am bi daoine a' dèanamh biadh agus leann**iomair:** pìos fearainn air a threabhadh**sùlaire:** eun-mara mòr**fànas:** an t-àite sa bheil a' ghrian, a' ghealach agus na reultan**cop:** meal geal de bhuilgeanan geala air no ann an lionn**palla:** seòrsa de sgeilp air creig**sabhal (saibhlean):** togalach air tuathanas no croit sam bi daoine a' cumail arbhar, msaa

Gunbjorn*Tormod Caimbeul*

Mar a labhair Gunbjorn
ann an talla mhòr Olaf –
feòil ga ròstadh
fion ga òl –
bha iad gu lèir mun bhòrd,
na laoich ud
le na h-adhaircean
le na feusagan dearga
garg ag èisteachd ris:

Cha tèid mi an taobh ud tuilleadh:
tha mi ro aost',
ro sgìth a-nise
airson murt agus marbhadh agus milleadh.

Dh'fhàg mi Torkill, mo bhràthair,
san eilean fhuar,
agus Olvir, a lean Hàkon,
fuar air cladach eile.

Na cladaichean a bh' ann,
na daoine,
's an t-eagal geal nan sùilean
a' teiche.

Fhuair mi mo shàth dheth:
Soraidh slàn leis.

A-màireach, a chàirdean,
an àite dhol an Iar – thar chuan –
bidh mo chùrsa-sa gu Tuath,
miltean air mhiltean

fada Tuath.
 Lorgaidh mi daoine
 bha bàidheil rium uair:
 Mihkku, Sreidna, Eva;
 's gach latha
 thèid sinn le chèile
 a shealg an fhèidh
 a shealg a' mhathain
 is mas fheudar, a' mhadaidh-allaidh.

'S nuair thig an oidhche
 ann an solas an teine
 seinnidh Màgreda
 seinnidh Anok
 's bidh fois is sìth mu dheireadh thall
 air mo chorp
 's thig tost air m' anam.

Beag-fhaclair

garg: feargach, fiadhaich

sàth: na lìonas tu no na tha thu ag iarraidh

bàigheil: coibhneil

tosd: sàmhchair

Fear a chì thu ann an Sruighlea (1297)*Tormod Caimbeul*

Chan iarrainn idir
 anns an tritheamh linn deug
 dhol ceàrr air an fhear ud
 às Elderslie.

Smaoinich ort fhèin
 nad Shasannach beus
 ga fhaicinn a' tighinn
 is corraich na cheum.

B' fheàrr an uair sin,
 mo thruaighe,
 am fiadh ruadh thighinn gu geata
 a' chearc fhraoich gu uinneag chaol
 a' Chaisteil àird.

Ach bidh seo nam chuimhne
 is bidh gu bràth:
 mar a gheàrr iad sìos an gaisgeach
 an dèidh a chur gu bàs.

Beag-fhaclair***beus:*** feart àraidh no am modh a tha aig duine***corrach:*** gun a bhith rèidh***corraich:*** fearg***cearc fhraoich:*** eun meadhanach mòr a bhithear a' sealg air Ghàidhealtachd

Rugadh an sàr-ghaisgeach Uilleam Ualas ann an Elderslie, faisg air Pàislig. Chaidh Blàr Drochaid Shruighlea a chur ann an 1297. Fhuair arm Ualais buaidh air an arm Shasannach.

An Tuagh (1314)*Fearghas MacFhionnlaigh*

thàinig e oirbh mar shròn-adharcach na dheann
 is sibh a' feitheamh
 mar Shùlu le sleagh

thàinig e oirbh mar tharbh
 is sibh a' feitheamh
 mar mhatador le claidheamh

thàinig e oirbh mar thanca
 is sibh a' feitheamh
 mar shaighdear le greinèid ...

bhoillsg stàilinn
 ur tuaigh sa ghrèin
 is thuit briosgbhuille
 a' sgoltadh clogaid
 is claignn

Beag-fhaclair

sròn-adharcach: beathach mòr fiadhaich le adhairc no dà adhairc air a shròn

boillsg: deàrrs

briosgbhuille: buille luath, obann

sgolt: geàrr no bris rudeigin na roinnean

claigean: an structur de chnàmhan ann an ceann duine

Allt a' Bhonnaich, 1314: Raibeart Brus, Rìgh nan Albannach, gun armachd sam bith air, gun bhall-airm sam bith ach tuagh-làimhe... Sir Henry de Bohun, ridire garg Sasannach, a' tighinn ga ionnsaigh na dheann-ruith, air muin each-cogaidh cumhachdach – sleagh mhòr, gheur, mharbhteach na làimh-san...

Màiri*Tormod Caimbeul*

Cà 'il i nise
 an tè ruadh
 an tè Fhrangach ud?
 Càil ach òl is ceòl is dannsa
 's a' spliutraich
 ris a h-uile seòrsa troca:
 Darnley, Rizzio,
 Bothwell.

'S dheigheadh i a-nochd fhèin
 nam b' fheudar
 air ceann airm -
 dheigheadh -
 gu Tuath, no thar nan Crìochan:
 cha chuireadh sin suas no sìos i.

Ach bheir mise dhut mo ghealladh -
 Ealasaid a' durghail shìos an Sasainn -
 gun tig an latha
 's cha bhi e fada
 gus am bi a ceann ruadh bòidheach
 na chlod
 mu a casan.

Beag-fhaclair**spliutraich:** brosgaldheigheadh; rachadh**durghail:** crònan**clod:** cnap talmhainn

Clann Ulaidh*À beul-aithris*

Bidh Clann Ulaidh, bidh Clann Ulaidh,
 bidh Clann Ulaidh air do bhanais,
 bidh Clann Ulaidh, luaidh 's a lurain,
 dèanamh an danns air do bhanais.

*Bidh clann a' Rìgh, bidh clann a' Rìgh,
 bidh clann a' Rìgh air do bhanais,
 bidh clann a' Rìgh seinn air a' phìob,
 'g òl air a' fion air do bhanais.*

Bidh Clann Amhlaigh, bidh Clann Amhlaigh,
 bidh Clann Amhlaigh air do bhanais,
 bidh Clann Amhlaigh, nam feachd greannmhor,
 dèanamh an danns air do bhanais.

Bidh Clann Choinnich, bidh Clann Choinnich,
 bidh Clann Choinnich air do bhanais,
 bidh Clann Choinnich nam feachd soilleir,
 dèanamh an danns air do bhanais.

Bidh Clann Dòmhnail, bidh Clann Dòmhnail,
 bidh Clann Dòmhnail air do bhanais,
 bidh Clann Dòmhnail nam feachd òirdhearc,
 dèanamh an danns air do bhanais.

Beag-fhaclair**greannmhor:** èibhinn, spòrsail**òirdhearc:** àlainn

MacGriogair à Ruadhshruth (mu 1604)*Le mhuime*

Tha mulad, tha mulad,
tha mulad gam lìonadh:

mu MhacGriogair à Ruadhshruth
dam bu dual bhith 'n Gleann Liobhann:

ort a bheirinn-sa comhairle,
nan gabhadh tu dhìom e:

dèan am foghar den gheamhradh
is dèan an samhradh den fhaoilteach;

dèan do leabaidh sna cragan
is na dèan cadal ach aotrom.

Ge h-ainneamh an fheòrag
gheibhear seòl air a faotainn;

ge h-uasal an seabhag
's tric a ghabhar le foill e.

Beag-fhaclair**bu dual:** bha e na chleachdadh, àbhaisteach**faoilteach:** a' chiad mhios den bhliadhna; Am Faoilleach**cragan:** sgàinidhean ann an creagan**faotainn:** faighinn**foill:** mealladh; cealg

Cumha Ruairidh Mhòir MhicLeòid (c. 1626)*Pàdraig Mòr MacCruimein*

Tog orm mo phìob is thèid mi dhachaigh:
 is truagh leam fhìn, mo lèir, mar thachair;
 tog orm mo phìob, 's mi air mo chràdh
 mu Ruairidh Mòr, mu Ruairidh Mòr.

Tog orm mo phìob, tha mi sgìth,
 's mur faigh mi i, thèid mi dhachaigh;
 tog orm mo phìob, tha mi sgìth,
 's mi air mo chràdh mu Ruairidh Mòr.

Tog orm mo phìob is thèid mi dhachaigh:
 is truagh leam fhìn, mo lèir, mar thachair;
 clàrsach no pìob cha tog mo chrìdh' –
 cha bheò fear mo ghràidh-sa, Ruairidh Mòr.

Beag-fhaclair***mo lèir:*** abairt a' cur an cèill cràdh no pian

Là Inbhir Lòchaidh (1645)*Iain Lom MacDhòmhnail*

Dhìrich mi moch madainn Dòmhnach
 gu bràigh Caisteal Inbhir Lòchaidh;
 chunnaic mi 'n t-arm a' dol an òrdugh,
 's bha buaidh a' bhlàir le Clann Dòmhnail.

*Hì rim horo hò ro leatha,
 hì rim horo hò ro leatha,
 hì rim horo hò ro leatha,
 chaidh an latha le Clann Dòmhnail!*

Alasdair MhicColla ghasta,
 làmh dheas ri sgoltadh nan caisteal,
 chuir thu 'n ruaig air Gallaibh glasa -
 's ma dh'òl iad càil gun d' chuir thu ast' e!

Air do làimh-sa, Thighearna Labhair,
 ge mòr do bhòst às do chladheamh,
 's iomadh òglach a chinneadh d' athar
 tha 'n Inbhir Lòchaidh na laighe.

Beag-fhaclair**ruaig: teicheadh:** chuir iad an ruaig orra**òglach:** gaisgeach, searbhant

...agus air an taobh eile...

Cumha mhic Dhonnchaidh Chaimbeil (1645)*le mhnaoi*

O gur mise th' air mo leònadh
bho latha Blàr Inbhir Lòchaidh:

mharbh iad m' athair is m' fhear-pòsta,
's mo cheathrar mhacanan òga;

mo cheathrar bhràithrean gan sròiceadh,
's mo naoinear cho-dhaltan bòidheach;

mharbh iad mo chrodh mòr gu feòlach,
's mo chaoraich gheala gan ròsladh;

loisg iad mo chuid choirc' is eòrna:
O gur mise th' air mo leònadh.

O gur mise th' air mo chlaoidheadh
Mu mhac Dhonnchaidh à Gleanna Faochain:

Tha gach fear san tìr gad chaoineadh
Thall 's a bhos mu Inbhir Aora.

Beag-fhaclair**stròic:** srac, tarraing às a chèile**co-dhalta:** neach a chaidh a thogail còmhla riut, ach cha b' ann led phàrantan**coirce:** gràn às an dèanar biadh do dhaoine agus do bheathaichean**claoidh:** dèan sgìth

Birlinn Chlann Nill*Òran luaidh à beul aithris*

Là dhomh 's mi 'm Beinn a' Cheathaich,

*air far al a leò ro ho bhi ò
hoireann is ò ho rò bhi o ho
hi rì ho ro ho bha ò hug ò (ro)*

a' ruagadh nan caorach 's gam faighinn,

's ann agam fhìn a bha 'n sealladh:

gun deach bàta Chloinn Nill seachad,

a' bhirlinn dhubh 's i seòladh gu h-aighearach

mach bho dhùthaich MhicGillEathain,

steach gu Cìosamal an aighir,

far am faight' a' chuir ri gabhail,

'g òl an fhìon bho oidhche gu latha,

piobaireachd nam feadan àrd' laghach,

's clàrsach bhinn ga pìobadh mar ris,

sìoda donn ga chur air na mnathan.

Beag-fhaclair

ruaig (ruagadh): ruith an dèidh cuideigin no rudeigin; fuadaich

aighearach: aoibhneach

cuirm: fèill, fèis



Birlinn Chlann Raghnaill

Alasdair MacDhòmhnaill

Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, mu 1695-1770

Gum beannaich Dia long Chlann Raghnaill
a' chiad latha do chaidh air sàl,
beannaich ar caol-bhàrc 's ar gaisgich,
cùm i fhèin 's a gasraidh slàn.

A mhic, beannaich fhèin ar n-acair,
ar siùil, ar beairtean 's ar stiùir,
's gach droinip tha crochte rir crannaibh,
's thoir gu caladh sinn led iùl.

Beag-fhaclair

sàl: am muir

caol-bhàrc: bàta fada caol

gasraidh: criutha

acair: nì trom air a cheangal ri bàta le slabhraidh no ròpa agus air a leigeil gu grunn na mara gus nach gluais am bàta

droinip: uidheam air bàta

caladh: àite san urrainn do bhàtaichean fasgadh fhaighinn, no san cuir iad an luchd gu tìr

An fhìdeag airgid (1745)

À beul-aithris

Mac mo rìgh 's e tighinn do dh'Albainn,
air long mhòr nan trì chrann airgid

air long rìomhach nam ball cainbe.
Teàrlach òg nan gorm-shùil meallach

fàilte, fàilte, mùirn is cliù dhut
fìdhlearachd is rogha ciùil dhut:

cò sheinneas an fhìdeag airgid?
cò chanadh nach seinninn fhìn i?

Beag-fhaclair

cainb: clò tiugh làidir; canabhas

meallach: a bheir a char à duine

mùirn: gràdh

cliù: moladh

Òran eile air Latha Chùl Lodair (1746)*Iain Ruadh Stiùbhairt*

O gur mis' th' air mo chràdh -
 Thuit mo chridhe gu làr,
 'S tric snighe gum shàil om lèirsinn,

Mu Theàrlach mo rùin -
 Oighre airidh a' chrùin -
 'S e gun fhios ciod an taobh gun tèid e.

Ach thig cuibhl' an fhortain mun cuairt,
 Car o dheas no o thuath,
 's gheibh ar n-eascaraid duais na h-eucoir,

'S gum bi Uilleam Mac Dheòrs'
 Mar chraobh gun duilleach fo leòn -
 Gun mheur, gun mheangan, gun mheòirean gèige.

Beag-fhaclair**snigh:** tuit na bhoinnean**oighre:** cuideigin aig a bheil còir air rud nuair a gheibh an neach aig a bheil e bàs**airidh:** a bhith iomchaidh gum faigh neach rud**ciod:** dè**eascaraid:** nàmhaid**duilleach:** duilleagan**meangan:** tè de na roinnean mòra a sheasas a-mach à bun-craoibhe*Iain Ruadh Stiùbhart:* bàrd, pìobaire, Còirneal ann an arm a' Phrionnsa*Uilleam mac Dheòrs:* Diùc Chumberland, no am Bùidsear, am far-ainm a bh' aig na Seumasaich air

Theàrlaich òig, a mhic Rìgh Sheumais

Alasdair MacLeòid

Theàrlaich òig, a mhic Rìgh Sheumais,
chunna mi maoir is tòir an dèidh ort,
iadsan gu subhach 's mise gu deurach,
uisge mo chinn tighinn dlùth om lèirsinn.

Mharbh iad m' athair 's mo dhà bhràthair,
mhill iad mo chinneadh is chreach iad mo chàirdean,
sgrios iad mo dhùthaich is rùisg iad mo mhàthair,
's bu lugha mo mhulad nan cinneadh le Teàrlach.

Beag-fhaclair

maor: manaidsear oighreachd, gu sònraichte neach a chruinnicheas màl;
oifigear

deurach: a' caoineadh

cinneadh: còmhlan theaghlaichean aig a bheil, mar as trice, an aon
shinnsearachd

An dèidh cuairt gu Cùl Lodair (1959)*Annabelle NicCoinnich* Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

Thig a-nall is seall gu cas
 a-mach os cionn na bruaiche
 far am faic 's an cluinn thu 'n cath
 ga bhras chur air a' chluain ud.

Chì thu feachd ri aodann feachd,
 's gun fhios cò neart as buaine:
 tha arm nan Gàidheal air a' bhlàr
 's gun chinnt an dèan iad buannachd.

Am fèile geàrr as fheàrr san t-strì
 gu rìoghail sìos gach sliasaid,
 ach tha mun coinneamh obair bhorb
 's an stàilinn ghorm a' riasladh.

Sin bheuc na canain len cuid fras
 is shèid na steallan luaidhe,
 le garbh chlach-mheallain tighinn gu bras
 bho mhullach stacan fuara.

Na leòinte proinnt' fo chorp nan each,
 gun seòl air neach am fuasgladh;
 cuirp nam marbh nan laighe rag
 mar choirce sgapt' air cluaintean.

Tha 'n t-arm dearg le fearg nan crìdh'
 sìor spòladh dh'aindeoin cruaidh-chàs:
 's e miann an fheachd ud nach bi sìth
 gun strìochd gach nì fom buaidh-san.

Beag-fhaclair**cath:** sabaid eadar dà arm no dà bhuidhinn**cluain:** pàirc làn feòir**feachd:** arm, buidheann shaighdearan**sliasaid:** am pàirt ded bhodhaig eadar do chruachan agus do ghlùn**stàilinn:** meatailt làidir air a dèanamh à iarann agus carbon**steallan luaithe:** sruthan de phiosan meatailte**clach-mheallain:** boinneagan uisge reòhte a thig às na speuran**spòladh:** toirt às a chèile**cruaidh-chàs:** fìor dhroch shuidheachadh**strìochd:** leig le cuideigin an toil fhaighinn, gu sònraichte le bhith a' sgur a shabaid riutha



An Suaithneas Bàn (1788)

Uilleam Ros

Soraidh bhuan don t-Suaithneas Bàn,
Gu là luain cha ghluais on bhàs;
Ghlac an uaigh an Suaithneas Bàn
Is leacan fuaraidh tuaim a thàmh.

Tha gach beinn, gach cnoc, 's gach sliabh
Air am faca sinn thu triall,
Nis air call an dreach 's am fiamh
O nach tig thu chaidh nan cian.

Beag-fhaclair

suaithneas: suaicheantas, ìomhaigh

là luain: latha nach tig a-chaidh

tuaim: uaigh

Soraidh leis a' bhreacan ùr*À beul aithris*

Soraidh leis a' bhreacan ùr,
oir 's ann air a tha mo rùn –
b' ait leam e os cionn mo ghlùin,
air a phleatadh dlùth mun cuairt.

Mallachd nan Gàidheal gu lèir
air a' Bhùidsear 's air a threud:
chuir iad briogais ghlas an cèill
son an t-èideadh seo thoirt bhuainn.

Chuir mi bhriogais ghlas mum cheann
'n àite 'n fhèilidh bhig a bh' ann
son bhith coltach ris a' Ghall
bha 'n taobh thall de dh'Uisge Chluaidh.

Nuair a thèid mi fhìn dhan Arm
gheibh mi fèileadh, sporan garbh,
ada bhiorach, mholach, ghorm,
slat de ribein, stoirm mum chluais.

Beag-fhaclair***mum cheann:*** timcheall air mo cheann***fèileadh beag:*** fèileadh aotrom a bhiodh fireannach a' caitheamh sna seann làithean

Às dèidh Chùl Lodair chaidh Achd Phàrlamaid a chur an gnìomh ag ràdh nach fhaodadh duine sam bith breacan a chur umpa, no piob-mhòr a sheinn, no bhiodh iad air an cur dhan phrìosan airson sia mìosan!
'S e an aon àite far an robh breacan agus piobaireachd ceadaichte, ann an arm Rìgh Deòrsa!

Dèan cadalan sàmhach*Iain MacRath* Iain mac Mhurchaidh

Dèan cadalan sàmhach, a chuilein mo rùin,
 dèan fuireach mar tha thu 's tu 'n-dràst' an àit' ùr;
 bidh òigearan againn làn beairt agus cliù,
 's ma bhios tu nad airidh 's leat feareigin dhiubh.

Gur h-ann an Ameireagaidh tha sinn an-dràst'
 fo dhubhar na coille nach teirig gu bràth;
 nuair dh'fhalbhas an dùbhlachd 's a thionndas am blàths
 bidh cnothan is ùbhlán is siùcar a' fàs.

Tha sinne nar n-Innseanaich cinnteach gu leòr,
 fo dhubhar nan craobh cha bhi aon againn beò;
 madaidh-allaidh is bèistean ag èigheach 's gach fròg,
 gu bheil sinne nar n-èiginn bho thrèig sinn Rìgh Deòrs.

Mo shoraidh le fàilte Chinn Tàile nam bò
 far an d' fhuair mi greis m' àrach 's mi 'm phàiste beag òg;
 bhiodh fleasgaichean donn' air am bonnaibh ri ceòl,
 is nìonagan dualach 's an gruaidh mar an ròs.

An toiseach an fhoghair bu chridheil ar sunnd:
 gheibhte fiadh às an fhireach, is bradan à grunn;
 bhiodh luingeas an sgadain a' tighinn fo shiùil,
 len iasgairean tapaidh nach faicte fo mhùig.

Beag-fhaclair**beart:** fiosrachadh**teirig:** ruith a-mach; bi air a chaitheamh**frog:** cùil**nar n-èiginn:** ann an duilgheadas mòr**luingeas:** grunn bhàtaichean còmhla**mùig:** gruaim

O mo dhùthaich*Ailean Morbhairneach*

O mo dhùthaich 's tu th' air m' aire,
 Uibhist chùbhraidh, ùr nan gallan
 far am faighte na daoine-uaisle
 far 'm bu dual do Mhac 'ic Ailein.

Thig iad thugainn carach, seòlta,
 gus ar mealladh far ar n-eòlais:
 molaidh iad dhuinn Manitòba –
 dùthaich fhuar, gun ghual, gun mhòine.

Cha ruig mi leas a bhith ga innse:
 nuair a ruigear 's ann a chithear
 samhradh goirid, foghar sìtheil,
 geamhradh fada na droch shìde.

Nam biodh agam fhìn de stòras
 deise aodaich, paidhir bhrògan,
 agus m' fharadh bhith nam phòca
 's ann air Uibhist dhèanainn seòladh.

Beag-fhaclair**cùbhraidh:** air a bheil fàileadh milis no taitneach**Mac 'ic Ailein:** Ceann-feadhna Dòmhnallaich Chloinn Raghnaill**carach:** math air daoine a mhealladh**seòlta:** carach**faradh:** an t-airgead a phàigheas tu airson siubhal air bàta, bus, trèana, msaa

Mo mhallachd aig na caoraich mhòr'*À beul-aithris*

Mo mhallachd aig na caoraich mhòr'!
 Càit bheil clann nan daoine còir'
 dhealaich rium nuair bha mi òg,
 mus robh Dùthaich 'c Aoidh na fàsach?

Tha trì fichead bliadhn' 's a trì
 o dh'fhàg mi Dùthaich MhicAoidh.
 Càit bheil gillean òg' mo chrìdh
 's na nìonagan cho bòidheach?

Shellar, tha thu nis nad uaigh –
 gaoir nam bantrach na do chluais;
 am milleadh rinn thu air an t-sluagh
 ron uiridh, 'n d' fhuair thu d' 1eòr dheth?

Chiad Dhiùc Chataibh, led chuid foill,
 's led chuid càirdeis do na Goill,
 gum b' ann an Iutharn' bha do thoill –
 gum b' fheàrr Iùdas làmh rium.

Bhan-diùc Chataibh, bheil thu 'd dhìth?
 Càit a bheil do ghùnan sìod?
 An do chùm iad thu bhon oillt 's bhon t-strì
 tha an-diugh am measg nan clàraibh?

Beag-fhaclair**Dùthaich 'ic Aoidh:** Ceann an Iar-thuath Chataibh**fèileadh beag:** fèileadh aotrom a bhiodh firannach a' caitheamh sna seann làithean**iutharna:** ifrinn**toill:** bi airidh air rudeigin**clàr (clàraibh):** liosta de dh'ainmean; cunntas air tachartas

Pàdraig Sellar: am bàillidh aig Diùc is Bana-dhiùc Chataibh, a chuir mìltean de theaghlaichean Chataibh a-mach às an dachaighean agus sìos chun a' chladaich gus rùm a dhèanamh do chaoraich air an fhearann a-staigh

Iùdas Iscariot: fear den dà dheisciobal deug – am fear a bhrath Iosa

Òran Arras (1914)*Dòmhnall Dòmhnallach* Dòmhnall Ruadh Chorùna

Ghillean, march at ease!
 Rìgh na sìth bhith mar rinn
 a' dol chun na strì
 's chun nan cill aig Arras.
Ghillean, march at ease!

Tillidh cuid dhinn slàn,
 cuid fo chràdh lann fala,
 's mar a tha e 'n dàn
 roinn le bàs a dh'fhanas.
Ghillean, march at ease!

Gus ar tìr a dhìon
 eadar liath is leanabh
 mar dhaoin' às an rian
 nì sinn sgian a tharraing.
Ghillean, march at ease!

'S lionmhor fear is tè
 Tha 'n tìr nan geug nan caithris,
 Feitheamh ris an sgeul
 Bhios aig a' chlàir ri aithris.
Ghillean, march at ease!

Gura lionmhor sùil
 shileas dlùth 's nach caidil
 nuair thig fios on Chrùn
 nach bi dùil rim balaich.
Ghillean, march at ease!

Beag-fhaclair**liath:** neach aosta le falt geal no glas

Rinn Dòmhnall Ruadh an dàn seo anns na trainnseachan faisg air Arras anns an Fhraing, sa Ghiblean, 1917.

Oran a' chogaidh (Gallipoli: 1915)*Pàdraig Ghilleasbuig Phàdraig* Peadar Moireasdan

Fhearaibh th' aig baile, ri cèilidh nan taighean,
 ri èisteachd gach naidheachd mar thig às an Fhraing,
 gur garadh gu dòigheil mu theine math mònadh –
 gur mise bhiodh deònach bhith còmh' ribh san àm.

Chan ionann is mise 's an còrr de na gillean
 tha seasamh fo shileadh de dh'uisgeachan trom,
 fo luaidhe nan Turcach, is sligeannan murtaidh
 tha dòrtadh mar thuiltean gun sgur mu ar ceann.

Beag-fhaclair**garadh:** a' dèanamh blàth**tuil (thuiltean):** tòrr uisge a' tighinn aig an aon àm do dh'àite a tha mar as trice tioram

Bha Pàdraig na bhall de Rèisimeid Lòbhait. Thachair an iomairt chruaidh seo ann an Rubha Ghallipoli san Tuirc: mhair i naoi mìosan, bhon Ghiblean 1915 gu às dèidh na Bliadhn' Ùire.

Deireadh Leave (1940)*Calum MacIllEathain* Calum Beag Chalum Iain Aonghais

O, Leòdhais mo ghràidh, dèan innse dhomh 'n-dràst',
 an àm dhomh bhith fàgail do ghlinn:
 'n tèid mi thairis air sàl 'n dùil tilleadh gu bràth,
 no slàn le mo Thàbost a-chaoidh?

Cha b' fhada bha 'n t-seachdain dol seachad an Leòdhas
 an comann nan eòlach 's luchd-gaoil;
 chan fhaod mise fuireachd ged 's duilich an-dràst'
 dhomh fàgail Eilean an Fhraoich.

Nuair thàinig 'n ath-dhoras dhuinn naidheachd a' bhàis
 mo chràidh-sa chan urrainn dhomh inns' -
 's mo charaid na shuain an doimhneachd a' chuain:
 tha an smuain gu briseadh mo chrìdh'.

'S gun saoil leam gur 'n-dè bha mise 's e fhèin
 toirt ceum nan cladaichean àrd',
 's le gòraich' na h-òig' cur ruaig air na h-eòin
 bhiodh beò sna creagan len àl.

Ged bhios mise thall an dùthaich nan Gall
 is tric mi sna gleanntan nam smaoin,
 a' cromadh don chladach moch madainn gu tràth,
 's mo charaid mar bha ri mo thaobh.

Beag-fhaclair***doimhneachd:*** doimhne, cho domhainn is a tha rudeigin

Tha mi fo chùram air cùlaibh Èirinn

Ruaraidh MacLeòid

*Tha mi fo chùram air cùlaibh Èirinn,
tha mi fo chùram air bòrd na h-iùbhraich,
is i gar giùlan a-null don Èipheit:
tha mi fo chùram air cùlaibh Èirinn.*

Gach inneal marbhaidh a bh' aig a' Ghearmailt
bha siubhal na fairge 's a' falbh nan speuran.

Bha glaodh a' bhàis air gach taobh den bhàta,
's mo chridh' gu sgàineadh le cràdh gan èisteachd;

Gillean Leòdhais bha daonnan còmh' rium,
bha Tormod Eòghainn is Dòmhnall Sheumais.

tha mi fo chùram air cùlaibh Èirinn.

Beag-fhaclair

iùbhrach: bàta

fairge: muir

Nam aonar le mo smaointean*An t-Urr. Iain MacLeòid*

Ma chlaoidh sinne nàmhaid
 An-dràst' faic prìs buaidh:
 Cridhe màthar cràite
 'S na gillean san uaigh;
 Cha dèan cliù no onair
 Treabhadh dhuinn no buain,
 Cianail falamh sìth a' bhàis -
 Cha till na fir chaidh uainn.

Aig uaigh fhuar Mhic a' Phearsain
 San sneachda air Peighinn Phùir,
 Chluich a' phìob port thuiridh
 Am peilear bhrag cruaidh;
 An cogadh faoin nam Falklands
 Thuit Gòrdan ro òg,
 'N-uiridh, balach san sgoil àird,
 An-diugh, a bhàs ar leòn.

Beag-fhaclair***claidh:*** dèan sgùth***cianail:*** uabhasach, brònach***tuireadh:*** òran a tha a' caoidh neach a bhàsaich

Peighinn Phùir: cladh faisg air an Òban, far an robh Iain MacLeòid na mhinistear

Uilebheist Ulaidh

Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill

Uilebheist Ulaidh na crostachd,
A craos fosgailte gu feòil;
Tart oirre gus gluasad iorghail
'S i 'g imlich timcheall a beòil.

Cuin a chiosnaichear a h-acras –
No idir a tart gu fuil;
Am buannaich thar eucoir ceartas
A chuireas bacadh san tuil?

Beag-fhaclair

uilebheist: creutair mòr eagalach

craos: beul mòr

tart: pathadh

iorghail: fuaim mòr; othail; ùpraid

ciosnaich: thoir buaidh air

Dubh (air tuiteam Shrebrenica, 11mh Iuchar, 1995)*Nuala Ní Dhomhnaill*

air eadar-theangachadh à Gàidhlig na h-Èireann le Anna Latharna NicGilliosa

'S e latha dubh tha seo.
 Tha na speuran dubh.
 Tha an fhairge dubh.
 Tha na gàrraidhean dubh.

Tha na craobhan dubh.
 Tha na cnuic dubh.
 Tha na busaichean dubh.
 Tha na càraichean tha toirt nam pàistean dhan sgoil sa mhadainn dubh.

Tha na bùthan dubh.
 Tha na h-uinneagan dubh.
 Tha na sràidean dubh ('s chan ann le daoine).

Tha na pàipearan-naidheachd a th' air an reic leis a' chaileig
 air a bheil am falt làidir dubh dubh -
 dubh, dubh, dubh.

Tha na Caitligich dubh.
 Tha na Pròstanaich dubh.
 Tha na Searbaich dubh.
 Tha na Cròataich dubh.
 Tha gach uile chinneadh a shiùbhlas air aghaidh na cruinne
 sa mhadainn dhuibh shamhraidh seo dubh.

Bha mu 8,000 duine à Bosnia (fireannaich agus gillean òga) air am murt ann an Srebrenica, Bosnia, le na Seirbich.

6

sia



Cearcall an t-saoghail*À beul-aithris Mozambique*

air eadar-theangachadh le Anna Latharna NicGilliosa

Nam b' urrainn do chlann an t-saoghail gu lèir
làmhnan a chèile a chumail
dhèanadh iad cearcall iomlan
timcheall a' chruinne-cè.

Nam b' urrainn do chlann an t-saoghail gu tur
bhith cluich còmhla ri chèile
dhèanadh iad drochaid mhaireannach
tarsainn nan cuantan cèin.



Can gun robh thusa a’ riaghladh an t-saoghail. Dè dhèanadh tu? Am biodh tu airson stad a chur air a’ chogadh air feadh an t-saoghail? Cò nach bitheadh? Shàbhaileadh tu tòrr airgid, gun luaidh air beathannan. Dè dhèanadh tu leis an airgead? Am biodh tu airson stad a chur air acras air feadh an t-saoghail? Cuid dhen airgead a chosg air leigheasan a lorg air tinneasan marbhteach; stad a chur air an-ìochd – an aghaidh na cloinne agus nam beathaichean; leasachadh a dhèanamh air caitheamh is milleadh is blàthachadh na cruinne? Cò nach bitheadh?

’S e “can gun robh” mòr, mòr a tha seo ged-thà, nach e? Ro mhòr, dh’fhaodadh tu ràdh. “Can gun robh” gun fheum, nach tig gu bhith gu sìorraidh bràth.

Ciamar a dh’fhaodadh òigridh an t-saoghail làmhan a chèile a chumail? Drochaidean a thogail? Chan eil san òigridh ach daoine gun chumhachd, gun ghuth. Ceart?

Uill, ceart gu ìre. Is dòcha nach tèid agad air an saoghal a riaghladh san da-rìribh, ach nuair a leughas tu an earrann seo, gheibh thu a-mach gu math soilleir nach tu an aon duine air thalamh a tha a’ faireachdainn troimh-a-chèile mu dheidhinn nan còmhstri a tha a’ marbhadh dhaoine is a’ milleadh an dòigh-beatha air feadh an t-saoghail (td 175 - 181); nach tu an aon duine air thalamh a tha a’ faireachdainn feargach mu dheidhinn nan dòighean eile sa bheil daoine gun chiall a’ milleadh na h-àrainneachd ’s a h-uile àite air thalamh (td 182 - 190).

San dearbh dhòigh faodaidh tu fhèin bàrdachd a sgrìobhadh a nochdas gu soilleir, dha na daoine a *tha* a’ riaghladh an t-saoghail, cho gòrach, cho maslach agus cho cunnartach ’s a tha cuid mhath de na rudan a nì iad: airgead a chaitheamh air sabaid an aghaidh a chèile an àite gort is tinneas; a bhith a’ cur às dhinn fhìn an àite an-ìochd no blàthachadh na cruinne. Nad bheachd-sa, mar shaoranach na Gàidhealtachd, na h-Alba, na cruinne!

Thuirt cuideigin glic, “Tha am peann nas cumhachdaiche na an claidheamh.”

Cò chanas, a-rèist, nach fhaod bàrdachd cogaisean a phiobrachadh; ana-ceartas a thaisbeanadh; còraichean dhaoine lag air feadh an t-saoghail a sheasamh? Agus ma dh’èigheas sinn uile leis an aon ghuth, cò chanas nach toir iad an aire dhuinn? Ma chumas sinn làmhan a chèile, chan eil càil nach fhaod clann an t-saoghail a dhèanamh.

Deise mheallta*Flòraidh NicPhàil*

Thàinig saighdear spaideil don sgoil an-dè
le dheise, 's le phutain, 's le bhonaid –
gille gasta.

Tharraing e dealbh dhomh
air tursan do thirean cèin,
ciùirtean air mo chorraig
's dòigh-beatha eireachdail –
dealbh cho soilleir ris a' ghrèin.

Ach cha tug e diog fhathast air marbhadh,
air peilearan chuireadh às
do ghillean eile cheart cho snasail.
Cha tug e dealbh dhomh
air deiseachan nan stròicean ragach
ruadh le fuil –
dòigh-bàis cho grànda
dubh, dorcha 's a th' againn.

Beag-fhaclair***meallta:*** neo-fhìor***ciùirtean:*** badan goirte***eireachdail:*** bòidheach***snasail:*** grinn***stròicean ragach:*** pìosan air an reubadh às a chèile

Na Rocaidean*Dòmhnall Mac an t-Saoir*

'S e rocaidean, 's e rocaidean,
'S e rocaidean an dòlais
A thàinig à Ameireaga
Gus deireadh a chur oirne,
'S ma bhios iad an suidheachadh
An Uibhist bheag an eòrna
Chan fhad' bhios duine beò ann
Ma thòisicheas blàr.

Beag-fhaclair***dòlas:*** nach eil math; ceart-aghaidh sòlas

Fèath nan Eun*Dòmhnall MacPhilip*

Fèath nan eun air muir an taibh,
 Agus murt an fheasgair trom air saoghal Eileanach:
 Laigh an t-sìth cho suaimhneach
 Air mo dhìomhaireachd 's gun do shaoil mi
 Gun do thàlaidh gràdh air falbh gu tur
 An-ìochdmhorachd,
 Gus an do rinn brag na h-urchrach
 Dearg-tholl murtach
 Ann an cridhe mo smuaintean.

Beag-fhaclair***fèath:*** sìde sèimh gun ghaoth idir***tabh:*** cuan***dìomhaireachd:*** smuaintean air nach eil fios aig daoine eile***tàlaidh:*** faothaich, ciùinich; tarraing air falbh

an-ìochdmhorachd: neo-thruacantas, a bhith gun truas

urchair: am fuaim a nì gunna

Chan eil Dòmhnall ag innse dhuinn cò an gunna a rinn am brag: cuideigin a' sealg, is dòcha, no brag samhlaichail air choreigin: naidheachdan, is dòcha, o na Falklands no Èireann a Tuath no Bosnia no Iraq.

Leag iad am bom a-raoir*Murchadh MacPhàrlain*

Bà ba mo leanabh, ba bà, ba bà,
 's na dùisg gu madainn 's am bris an là,
 's gun dìrich mi mach às an uamh-s' gun àigh
 is chì is seallaidh mi mach air fàir'.

Na leagadh am bom a-raoir, a ghràidh,
 na sgriosadh am beò 's am buar 's am bàrr,
 na leag iad am bom a-raoir?

Mo chaomhain caidil! O chaomhain ghràidh!
 Caidil o caidil, 's na dùisg gu bràth,
 oir sheall mi mach às an uaimh an-dràst',
 O sheall, 's an sealladh mo chrìdh-sa chràidh.

Bà ba mo leanabh, ba bà, ba bà,
 's na dùisg, mo leanabh, gu bràth, gu bràth,
 leag iad am bom a-raoir!

Bà ba mo leanabh, ba bà, ba bà,
 's na dùisg sa mhadainn no 'm briseadh là,
 oir sheall mi mach às an uaimh-s' air fàir',
 's tha 'n sgrios nas miosa na dìle na h-Àirc.

Chualas an uiseag ri seinn gu h-àrd
 nuair thiormaich an domhain 'n-dèidh dìle na h-Àirc,
 cha chluinnear i tuilleadh gu bràth, gu bràth,
 aig mac an duine, tha 'n cruinne na smàl.

Bà ba mo leanabh, 's na dùisg gu bràth:
 leag iad am bom a-raoir.

Beag-fhaclair***caomhan:*** leanabh beag ciùin***dìle na h-Àirc:*** an tuil mhòr san do bhàthadh a h-uile duine san t-saoghal ach Nòah agus a theaghlach***an domhain:*** an saoghal***na smàl:*** na theine; air briseadh na mhìrean



Cuin?

Aonghas Mac-a-phì

Cuin

a thig an latha
a bhreitheas an t-Arab air làimh an Iùdhaich
's iad le chèile dèanamh crann-treabhaidh
dhen chloidheamh?

Cuin

a chuireas na Ruiseanaich 's na h-Ameireaganaich
sgioba speuradairean còmhla
gu bhith seòladh fànas-long
dhan fharsaingeachd?

Cuin

a chì sinn duine dubh
na shuidhe sa chathair mhòr
san Taigh Gheal, an Ameireaga?

Cuin

a stadas an cinne-daonna
a mharbhadh bheathaichean an t-saoghail
is iasg nan cuantan
le amaideas is dimeas
's gan sgrios?

Cuin

a bhios sìth is fois
aig gach anam san t-saoghal
ge b' e 'n t-àite 'm bi e
gach fear a' slaodadh air an aon ràmh?

Cuin

a bhios daoine cho fallain
's nach bi obair ann
do lighichean 's do bhan-altraim?

Cuin

a shuidheas Crìosdaidhean an t-saoghail
cruinn còmhla
san aon eaglais?

'S cuin

a tha mise dol a dhùsgadh
às mo bhruadar?

Beag-fhaclair

fànas-long: soitheach a thèid suas dha na speuran



Thoir dhomh do làmh

An t-Urr. Iain MacLeòid

Thoir dhomh do làmh, thoir dhomh do làmh,
 's ged tha an saoghal fada ceàrr,
 's e tha dhìth air tuilleadh gràidh -
 thoir dhomh do làmh, thoir dhomh do làmh.

Mo sheanair fhìn 's do sheanair fhèin,
 cha b' ann tric a bha iad rèidh,
 le peilearan a' murt a chèil' -
 ach thoir thusa dhòmhs' do làmh.

Is thuit iad fuar an cogadh faoin,
 is rinn am fuil lòn dearg mar-aon,
 an cuirp san uaigh tha taobh ri taobh -
 nis thoir thusa dhòmhs' do làmh.

Is ged tha mise leis a' Phàp,
 is canaidh tu gu bheil mi ceàrr,
 chan eil nì nach ceartaich gràdh -
 seo mo làmh, thoir dhomh do làmh.

Beag-fhaclair

rèidh: aig sìth, gun a bhith sabaid

faoin: gòrach, gun fheum

leis a' Phàp: nam bhall den eaglais Chaitligich

Sabrina

Clare Frances NicNèill agus Shaun MacIlliosa Sgoil Bhàgh a' Chaisteil

Dia an uisge, nach bi thu còir,
thoir dhuinn uisge fuar gu leòr;

uisg' a nigheas làmh is cas,
uisge fais a' tighinn na fhras;

uisg' san abhainn, uisg' san loch –
saoghal gun uisge, fàsach bochd.



Beag-fhaclair

fàsach: ùr thioram, fhiadhaich, nach gabh àiteachadh



Craobhan

Màiri NicDhòmhnaill

Nach eil e iongantach
gur anns na craobhan
a-nis tha bheatha:
craobhan
air an dlùth-chur
's air fàs suas
a' mùchadh a' ghlinne
's a' dubhadh na grèine.

Chuir iad às
dha na caoraich.
's tha an ciobair
air fhògradh
tobhta a shinnsrean
fuar falamh
's an gleann fo na
craobhan.

Beag-fhaclair

mùch: bàth, smàl

tobhta: làrach taighe

sinnsear (shinnsrean): duine san teaghlach a rugadh romhad

Beàrnaraigh

Ana Maia NicIlinnein Bun-sgoil Phabail

Nam bithinn-sa na mo ghealaich,
shìninn-sa mo theanga mach,
dh'imlichinn gach nì am Beàrnaraigh
airson gum biodh e soillseach glan.

Nam bithinn-sa na mo ghrèin
dheàlrainn air Beàrnaraigh,
chuirinn-sa mo ghathan blàth
anns gach oisean agus taigh.

Nam bithinn-sa na mo ghaoith
le neart agus cumhachd na mo bheul,
dhèanainn cinnteach nach sèidinn
uair sam bith air Beàrnaraigh.

Nam bithinn-sa na mo rionnaig,
chuirinn fios air feadh nan reul
iad uile a ruith tarsainn nan speuran
mar na lasraichean a' spreadhadh.

Beag-fhaclair

imlich: suath led theanga

soillseach: deàlrach

gath: loidhne de sholas

Is mise sùilean na coille ...

*Alicia Dawes-Salazar, Robert Hind, Cairistiona NicFhionghain,
Kerri-Jane NicFhionghain, Denise NicNeill, Beth NicPhàil, Dougie Calder
Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig*

... is chì mi gu soilleir
coilltearan ciontach cabhagach
a' marbhadh nan craobh
pàipear pròiseil
air an leugh an ath ghinealach
mu na coilltean-uisge
a bhàsaich
airson gliocas a thoirt dhuinn.

**Beag-fhaclair**

coilltear: cuideigin a bhios ag obair ann an coille, me a' gearradh chraobhan

ciontach: air rudeigin olc a dhèanamh

'S e eisimpleir de dh'**ioranas** (*irony*) a tha seo.

Ro gheamhradh eile*Tormod Caimbeul*

Mar as trice air Oidhche Shathairne
bidh an fheadhainn aosta nan suidhe anns an rùm:
còtaichean is adan orra,
ag òl leann
's a' bruidhinn air mar a tha 'n saoghal
air a dhol bun-os-cionn.

A-raoir bha iad a-mach
air gual agus gas
agus cumhachd an dealain
agus tobraichean ola
a-nis a' dol falamh.

Na bha ann dhi, canaidh iad:
na gheall i
aon uair
anns a' Chuan a Tuath.

Iongantach cho luath 's a thràigh i,
's mar a thionndaidh am blàths
gu fuachd;
agus a' bhuidhinn a thug sin air prìsean
cha ghabh innse.

Thuirte Mrs Cochrane, "Dìreach cianail,"
's thuirte Mrs Doull,
"A' bhochdainn romhainn a-rithist am-bliadhna."

Sin fhreagair esan, Mgr MacIlleBhàin,
 “Tha cumhachdan eil’ ann
 nach teirig gu bràth:
 cumhachd na grèine,
 cuan agus coilltean –
 cuimhnich cuideachd air neart na gaoithe.”

’S chuir sin gu lèir iad às an rian:
 Dè ghrian?
 Cò ghrian?
 Cà robh grian a-riamh an-seo?

’S e ’n aona ghaoth
 tha tighinn an taobh-sa,
 sin a’ ghaoth tha falbh ort’s’.

Cò dhiù, ged thigeadh a’ chumhachd ùr sin
 aon nì fìor –
 cha b’ ann bu shaoir’ i ..!

Beag-fhaclair

tràigh: tiormaich

teirig: fàillig, ruith a-mach

blàthachadh na cruinne*Aonghas MacNeacail*

eil thu blàth, m' eudail –
 cuimhn' agad nuair a bhiodh seanmhair
 a' fighe gheansaidhean
 cho tiugh ri ceathach samhraidh
 cho trom ri còta clèirich
 cho teth ri màs a' choire

(seall cho gorm 's a tha an speur)

eil thu blàth, m' eudail –
 cuimhn' agad nuair a bhiodh seanmhair
 a' fighe gheansaidhean
 cho clòimhteach ri bian mathain –
 cho sona 's a bha sinn nam pasgadh

(seall cho àrd 's a tha an làn)

eil thu blàth, m' eudail –
 cuimhn' agad nuair a bhiodh seanmhair
 a' fighe gheansaidhean
 cho tana ri bruadar
 mu chitheachan sneachda

(seall cho mòr 's a tha a' ghrian)

eil thu blàth, m' eudail –
 cuimhn' agad nuair a bhiodh seanmhair
 a' fighe ghaothrain
 cho aotrom ri smuaint
 mu na làithean tlàtha

(seall cho dubh 's a tha am feur)

eil thu ro bhlàth, m' eudail
 eil thu ro bhlàth

**Beag-fhaclair****ceathach:** ceò**màs:** tòn, bonn**clòimhteach:** air a dhèanamh à cloimh, no olann**citheachan:** càirn shneachda air an siabadh leis a' ghaoith**gaothran:** rud a ghluaiseas an èadhar airson do chumail fuar no fionnar

Leac nan Ainm*Dòmhnall MacPhilip*

Air lic os cionn a' bhàigh, le tarraig is bloigh sgeine,
 Chladhaich sinn ciad litrichean ar n-ainm,
 Is gheàrr sinn iad aig ainm nan gillean eile –
 Dh'fhàg cuid dhiubh òg, 's cha do thill iad riamh nan sealbh.

Ràinig mi an leac le ceum is ciabhag aosta,
 Ach bha ainm nan gillean loisgte, tur air chall –
 Innleachdan nì feum do chlann an t-saoghail,
 Nì iad cron nach saoil sinn aig an àm.

Beag-fhaclair***bloigh:*** pìos no bìdeag***nan sealbh:*** na bha an dàn dhaibh***ciabhag:*** pìos fuilte aig taobh an aodainn

Tha an leac seo – far an do sgrìobh am bàrd agus a charaidean ciad litrichean an ainm nuair a bha iad òg – faisg air a' chladach ann am Beàrnaraigh. An-diugh tha cuid dhe na litrichean air an sgrìobhadh le uisge searbh.

Gun luaidh air càraichean

Tormod Caimbeul

Thuirt an radan
ris an t-sionnach
's iad a' rùrachd sna cùl-shràidean

'Mo mhìle beannachd
aig mac an duine
is an sgudal a bhios e ri fàgail.'



Beag-fhaclair

rùrachd: sireadh, sporghail

7

seachd



Gach Là an Là as Fheàrr

Wu Men Hui Kai (Siona, 1183-1260)

air eadar-theangachadh le Fearghas MacFhionnlaigh

As t-earrach, ceud blàth.
Iomadh gealach as t-fhoghar.
As t-samhradh, gaothan tlàtha.
Sneachd sa gheamhradh.

Mura tig sgleò air d' inntinn
le smaointean gun stàth,
bidh gach uile là
an là as fheàrr dhed bheatha.

Beag-fhaclair

tlàth: socair

sgleò: ceò

stà: feum

Can gun robh a h-uile là den bliadhna sònraichte. Uill, ann an dòigh, tha 'S e co-là breith cuideigin a th' ann a h-uile latha den t-seachdain. Agus tha fèilltean aig daoine air feadh an t-saoghail, air feadh na bliadhna – fèilltean aosta, mar Hanukkah, Diwali, Nollaig, Vesak, Baisakhi, Eid (*faic Eid-ul-fitr*, td 199) agus feadhainn ùra – bho **Kwanzaa** (fèill bhrosnachail Afraganach a thòisich ann an 1966) gu La **Tomatina** (fèill ghòrach Spàinnteach far am bi daoine a' sabaida a chèile le tomàtohan).

Bha prìomh làithean-fèille nan seann Cheilteach a' comharrachadh toiseach ràithean na bliadhna:-

- ❖ **Samhain** (1mh Samhain) toiseach a' gheamhraidh, nuair a bhiodh na droch spioradan a' crathadh an lèintean: bhiodh iad a' cur an eagail orra le teintean is riochdan neònach
- ❖ **Imbolc** (1mh Gearran) toiseach an earraich, nuair a bhiodh am fearann a' fàs torrach, daoine a' cur an t-sìl agus caoraich a' breith nan uan
- ❖ **Bealltainn** (1mh Cèitean) toiseach an t-samhraidh, nuair a bhiodh iad a' glanadh nan droch spioradan às a' chrodh le bhith gan iomain eadar teintean mòra
- ❖ **Lughnasa** (1mh Lùnastal) toiseach an fhoghair, nuair a bha toradh an fhearainn air a thoirt a-steach airson biadh a chumail air a' bhòrd tron gheamhradh

Chithear co-cheangal làidir eadar fèilltean aosta pàganach mar seo agus làithean-fèille Crìosdail mar **Fèill Mhàrtainn** (1mh Samhain) is **Brìghde** (2mh Gearran), **Caingis** (15mh Cèitean) agus **Lùnastal; Nollaig** is **Oidhche Challainn** (no Nollaig Mhòr, mar a bh' aca oirre). Bha na gillean a' dol timcheall nan dachaighean air Oidhche Challainn – mar a bha iad air Oidhche Shamhna – ag iarraidh biadh is deoch bho gach bean-an-taighe; a' cur orra craicinn chaorach agus a' seinn dhuan àraid (me *Duan Challainn*, td 195) gus iad fhèin a dhìon o na droch spioradan. Bhiodh daoine air tìr-mòr a' cur cuileann timcheall an dorais airson an aon adhbhair. Agus nuair a chuireas sinn suas craobh Nollaig, mar a lasas na daoine Iùdhach, Hindach is Siogach solais Hanukkah agus Diwali (*Craobh nan Creideamh*, td 200) tha sinn uile a' comharrachadh làithean-fèille cudromach nan creideamhan againn fhìn air an aon làimh; ach dh'fhaodadh tu a ràdh, air an làimh eile, gu bheil sinn a' leantainn seann chleachdadh pàganach gus sinn fhìn a shàbhaladh o dhroch spioradan a' gheamhraidh!



Duan Nollaig

À beul-aithris

Ho rì, ho rì
Beannaicht' an taigh 's na bheil ann
ho rì, ho rì
eadar chlachan agus chrann
ho rì, ho rì
gun bhiadh a bhith gann
ho rì, ho rì
slàinte dhaoine gun robh ann
ho rì, ho rì
ho rì, ho rì.

Àm na Nollaig

Iain Mac a' Ghobhainn

Àm na Nollaig.
Tha Crìosd beò a-rithist
ann a' Woolworths.



Duan Callainn*À beul-aithris*

Nise thàinig mi dhan dùthaich
 a dh'ùrachadh dhuibh na Callainn:
 chan e tionnsgal ùr a th' innte:
 bha i ann ri linn mo sheanar:
fosgail an doras is leig a-staigh mi!

Diridh mi ri tobht an taighe,
 's nì mi teàrnadh aig an doras,
 mo dhan air a sheinn gu modhail
 mar a b' eòl dhomh aig a' Challainn:
fosgail an doras is leig a-staigh mi!

Craiceann Challainn na mo phòcaid:
 's mòr an ceò thig às an fhear ud!
 Chan eil ann a gheibh de fhàileadh
 nach bi e gu bràth dheth fallain:
fosgail an doras is leig a-staigh mi!

Gheibh fear an taighe na dhòrn e:
 cuiridh e shròn anns an teallach;
 thèid e deiseal air na pàistean
 is seachd àraid bean an taighe:
fosgail an doras is leig a-staigh mi!

Gheibh a' bhean e - 's i as d' fhiach e -
 làmh a riarraicheas a' Challainn:
 làmh a bheireas càise 's ìm dhuinn,
 làmh gun spìocaireachd, gun ghainnead:
fosgail an doras is leig a-staigh mi!



Àm na càisge ...*Anna Latharna NicGilliosa*

... deagh àm airson
bonaid àlainn iteagach
a chur mud cheann

... deagh àm airson
cairt iseanach rabaideach a dhèanamh
le dealbhan is rann

... deagh àm airson
uighean bruich a sgeadachadh
le rùsgan uinnein agus peann


... deagh àm airson
teòclaid, bonnaich, lusan a' chrom-chinn,
uain, minn, clann

... deagh àm airson
uighean bruich a roiligidh
gu neochiontach sìos an gleann

... deagh àm airson
taigh a' gheamhraidh a sgùradh
dhen luathre a bha ann

... deagh àm airson
buntàta, sìol, meacain
a chur san talamh lom

... deagh àm airson
cnapan-starra a roiligidh
air falbh bho shùilean dall



Beannachd Bealltainn

À beul-aithris

Gum beannaicheadh tu, a Mhàthair chaoin,
ar clann, ar caoraich 's ar crodh-laoigh.
Cùm do shùil rèidh, Diluain 's Dimàirt,
air sluagh is sprèidh air raon is àirigh.

Diciadan is Diardaoin bi leotha,
do làmhan socair chaoidh nan còir.
Dihaoin' bi leothasan nan ceann
dhan treòrachadh à aodann bheann.

Disathairne bi leotha mar chàch,
gan cumail sàbhailte len àl.
'S gum biodh do bheannachd Bealltainn oirnn
air feadh na ràith', a Mhàthair chòir.



Oidhche Shamhna

Ceana NicUalraig

Oidhche Shamhna 's a' ghealach ag èirigh

ù hù hù!

Dè bha siud? Chan eil mis' airson èisteachd!

ù hù hù!

Seann chailleach-oidhche a' crathadh a lèine

ù hù hù!

Ithidh i luchainn is bruidhnidh i Beurla

ù hù hù!

Innsidh i rudan a chunnaic i fhèin dhuinn,

ù hù hù!

Bòcain is buidsichean siubhal sna speuran

ù hù hù!

Càit às an tàinig iad 's càit an tèid iad?

ù hù hù!

Chan eil fhios agam fhèin mura tàinig à Èirinn

ù hù hù!

Eid-ul Fitr*Anna Latharna NicGilliosa*

Taing mhòr, a Mham! Deireadh Ramadan:
 biadh mòr dha na Muslamaich, dhòmhsa
 truinnsear lom, seann bhogsa Weetabix.
 Dhìochuimhnich thu Eid a-rithist: càil
 ri ithe, fiù 's aon ugh, 's na bùithean uile
 dùinte fad an latha an-diugh!

Seall a-mach air an uinneig, a Mham!
 Eid-ul-Fitr - toiseach Shaw'waal:
 measan, milseachan, sìoda, sròl
 air chùl chòmhlachan. Càil a' gluasad,
 Albert Drive gu Darnley Street,
 ach dithis phoileas a' cabadaich.



Mo bheul a' sruthadh: fàileadh math
 a' chaineil 's a' chumin, a' chreamha 's an dinnseir
 a' drùdhadh suas on làr gu h-iseal.
 Rajeed aig an taigh le suiteis is cèiseagan
 mi fhèin aig a' choimpiutair gun chompanach-cluiche:
 cha chreid mi nach tèid mi air ais dhan leabaidh.

Ach dad ort, a Mham! Seo Mgr Abdullah
 's na h-athraichean uile a' dòrtadh a-mach:
 ultaichean stuth aca, plastaig is fiodh,
 stàilichean uaine 's geal, dearg agus dubh
 gan cur suas air an t-sràid, is air beulaibh
 a' chròileagain *bouncy castle!*

'S cò tha seo aig an doras - cò ach
 Tariq 's Rajeed, le Aisha 's am màthair
 ann an sàiridhean àlainn - is seall! Nan làmhan
 truinnsear *pakorras*, *samosas* is *bhajis*:
 Eid shona, a charaidean, trobhadaibh a-steach!
 Eid Mubarak dhuibh, Iain is Mrs MacTaggart!

Craobh nan Creideamh¹*Anna Latharna NicGilliosa**Freumhan na Craoibhe?*

Miann dhaoine air feadh an t-saoghail
 chan ann air diathan, ach
 air sìorraidheachd,
 air rian
 ann an saoghal mì-rianail,
 sgeulachdan gun chrìoch
 ann am beatha iargalta,
 firinn neo-ghluasadach
 fon ghaineimh shìor-ghluasadaich.
 Miorbhailean.

Stoc na Craoibhe?

Spàirn dhaoine
 air feadh an t-saoghail
 chan ann gu maoin
 a chosnadh no naomhachd, ach
 gu buaidh fhaighinn air lochd,
 air gort, air bochdainn –
 furtachd a thoirt dhaibhsan
 tha fo sprochd, sgìth,
 aonaranach. Dòchas
 na sìorrachd.



Na Geugan?

Oidhirp dhaoin' air feadh an t-saoghail
 gu riaghailtean a ruighinn,
 rùintean dìomhair a chur an cèill,
 firinnean a mhìneachadh:
 Budachd, Crìosdaidheachd, Hindùthachd,
 Iùdhachd, Moslamachd, Siogachd,
 Comannachas, Daonnachas is a' chòrr –
 air-leth a' fàs air an aon stoc,
 socraicht' air na h-aon
 fhreumhan.

*Agus na Duilleagan a bhios a' fàs orra? Na Blàthan 's na Measan?
 Na Cnothan agus na Sùbhan?*

Tèarmann do dh'euinlaith an t-saoghail,
 blàths don àl ùr;
 grinneas nan àros is nan ìomhaighean,
 binneas a' chiùil.
 Solais is dathan Hanukkah, Diwali,
 na Nollaig, Vesak,
 Baisakhi, Eid –
 aran dhan acrach, bùrn dhan phàiteach,
 càirdean sgapt' tighinn dlùth ri chèile, gràdh
 nach crìon.

¹ Sgrìobh mi an dàn seo mar chuimhneachan air Catrìona Dhòmhnallach, à Uibhist a Deas, neach-teagaisg ionmhainn a chaill a beatha ann an tubaist rathaid ann an 2008. 'S ann san rùm-teagaisg aice-se, air taobh a deas Abhainn Chluaidh, a dh'fhàs Craobh nan Creideamh air na ballachan airson a' chiad uair – nuair a bha Miss MacDonald trang ag ullachadh an dàrna cuid de Chlas 6/7 airson a' Chiad Chomanachaidh, agus Miss Gillies ag obair leis a' chòrr den chlas.

Cogaidhean na Croise

Anna Latharna NicGilliosa

Arm an-ìochdmhor an là an-dè
air ìomairt chràbhach ann an ceàrnan cèin:
fear sàmhach na shuidhe air a' bhus an-diugh
an sàs am fèin-mhurt ann an ainm Dhè.

Tha mi dol a dhèanamh banais

À beul-aithris

Tha mi dol a dhèanamh banais, tha mi dol a shuirghe ...
hè hì hò gù – mura tèid mi iomrall.

'S a hoigh iodail-i odail iodail odail iodail aoiri
hoigh iodail-i odail iodail odail iodail aoiri
hoigh iodail-i odail iodail odail iodail aoiri
dhiò am 's a dhiodail am 's a dhiodail iodail aoiri

Tha mi dol a dhèanamh banais, tha mi dol a rèiteach ...
hè hì hò gù – nuair a thig mo chiad ghaol.

Tha mi dol a dhèanamh banais, tha mi dol a phòsadh,
hè hì hò gù – nuair a thig mo dhòchas.

'S i Mòrag a rinn a' bhanais*À beul-aithris*

*'S i Mòrag, 's i Mòrag, 's i Mòrag a rinn a' bhanais,
Mòrag, 's i Mòrag a rinn a' bhanais ainmeil.*

Bha fear-an-taigh' aig bean-an-taigh',
bha 'n sgalag aig an t-searbhant',
bha 'm buachail' aig a' bhanaraich
's mo sheanair aig mo sheanmhair;

Bha Seònaid is fidheall aice,
Raghnaid is pìob aice,
Mòr nan dos is feadan aice,
's sheinneadh iad an ruidhle.

Meal mo naidheachd an-diugh

Anna Latharna NicGilliosa

Chan eil mi 'g iarraidh partaidh

O nach bi thu fhèin ann. Sgrìobh mi post-d gum chàirdean:

Leisgeulan, dìobhairt, ceann goirt -

Am partaidh DUBHT'. Ach cha do bhrùth mi 'cuir'.

Bruidhinn mu dheidhinn chàirdean -

Robh fhios agad gun do dhealaich na Stiùbhartaich? Seadh -

Eadar Nollaig 's a' Bhliadhn' Ùr. Tha iad air gluasad:

Izzie bho chd 's a piuthar san aon rùm. Buncaichean! A dh'iagh!

Tha mise a' gabhail truas rithe ... O Thì! Tha daoine a' tighinn mar-thà!

Hi, Mhàiri, hi Izzie - nach sibh tha tràth!

Sin cuideigin eile air an rathad suas an staran:

O tapadh leat, Darren, tha an dath sin àlainn!

Na suidhibh sìos: las Mam am Bàr-B muigh sa ghàrradh ...

A bheil thu ann fhathast? Tha mi duilich. Feumaidh mi falbh.

A-màireach? An uair àbhaisteach? Tìoraidh, ma-tà ... O yeah, Dad!

Meal mo naidheachd an-diugh!

Òran a' Bhirthday Party

Dòmhnall Iain MacDhòmhnail

O ho ro, 's e 'm *birthday party*
 Hi ho ro, 's e 'm *birthday party* –
 An cuala sibh mun *bhirthday party* –
 'S iomadh facal bha mun bhòrd.

Chaidh an seòmar-suidhe rèiteach
 Deiseil glan *for the occasion*;
 Gun robh grunn *congratulations*
 Air an leughadh aig a' bhòrd.

Chaidh na *guests* a shuidhe sìos ann
 'S chaidh an t-altachadh a dhèanamh;
 Chuireadh *napkins* air am beulaibh
 'S chuireadh biadh dhaibh air a' bhòrd.

Gun robh 'n coileach ruadh air truinnsear
 's iad ga spòltaigeadh na phiosan;
 Ragnall MacEachainn ris le ìnean
 'S fhuair e 'm pìos san robh 'n cnàimh-pòst'.

Gun robh *birthday cake* bha brèagha ann
 'S coinneal mu choinneamh gach bliadhn' oirr'
 's mun do shèid gach fear lem beul iad
 Loisg an fheusag bha fon t-sròin!

Nuair a chaidh gach glainn' a thràghadh
 Thugadh brag air a' phiàna,
 Rinn MacEachainn an *Cha-cha* dhaibh
 's grèim a' bhàis aig' air Bean Eòin!

Nuair a theirig glan am fion dhaibh
Gun robh madainn geal air liathadh
'S dhealaich iad le bòid is briathran
'N ath cheann-bhliadhn' a bhith mun bhòrd!

O ho ro, 's e 'm *birthday party*
Hi ho ro, 's e 'm *birthday party* -
An cuala sibh mun *bhirthday party* -
'S iomadh facal bha mun bhòrd.



Tiodhlacadh mo sheanmhar*Anna Latharna NicGilliosa*

mo ghranaidh sa chiste -
ministear a' toirt iomradh air
tèile nach aithnich mi

8

ochd



Na brògan dannsa*Anne Latharna NicGilliosa*

Là bha siud 's mi faireachdainn cho brònach
 Cha robh fhios a'm idir dè bha ceàrr,
 Cha robh m' amhaich goirt,
 Cha robh mi gu bochd
 'S dh'fheuch iad mo cheann 's cha robh e blàth.

'N uair sin dh'fhòn mo mhàthair chun an dotair
 "Thigibh dhan taigh againne gun dàil!"
 Thàinig e na chàr
 'S thubhairt e le gàire mòr,
 "Èirich agus nì sinn thu nas fheàrr!"

*"Cuir ort do bhrògan dannsa
 Le na sàilean àrda,
 Cuir ort dràthais-bheag diosgo
 Crios is siosacot geàrr:
 Dèan cabhag sìos am baile,
 Thalla steach dhan talla,
 Gluais ri ceòl nan clàr
 'S dèan dannsa air an làr!"*

Can gun robh mise nam dhotair, 's e seo an seòrsa ìocshlaint a bhithinn-sa a' toirt seachad: àbhachdas. Spòrs is fealla-dhà; ceòl is gàire! Tha iad math, agus tha iad math dhut! Tha mi 'n dòchas gum bi thu fhèin a' faireachdainn nas fheàrr an-dèidh na dàin a leanas a leughadh. Mar a chì thu, tha an earrann seo nas giorra na earrann sam bith eile san leabhar. Chan eil sin a' ciallachadh nach eil mòran bàrdachd èibhinn againn sa Ghàidhlig, ged-thà, ach gu bheil cuid de rudan a b' àbhaist a bhith a' toirt gàire air daoine sna seann làithean eadar-dhealaichte bho na rudan a bheir gàire oirne san là an-diugh.

Bha na seann Ghàidheil uabhasach dèidheil air tòimhseachain. Mar eisimpleir:

- ❖ *Chan e do chraiceann, no do ghruaig: chan e aon bhall de bhuill do chuirp, ach tha e ort.*
- ❖ *Cumaidh mise nam dhòrn e, 's cha chum dà dhuine dheug air ròp e.*
- ❖ *Chunnaic mi craobh is ùbhlán oirre. Cha do dh'fhàg mi ùbhlán oirre, 's cha tug mi ùbhlán dhith.*

Chan eil iad uabhasach math, a bheil? Dè mu dheidhinn feadhainn ùra a dhèanamh...?

Dè bheir gàire ort co-dhiù? Tha e car duilich a mhìneachadh, nach eil? Ach gheibh thu san earrainn seo sgeulachdan èibhinn air iomadach cuspair aotrom – uilbheist (td 214) is fuamhaire (td 216), coilich is cearcan (td 211 - 213), is fiù 's dàin mhì-mhodhail air cuspairean troma a nochd na bu tràithe ann an earainnean eile – mar na Lochlannaich (td 222) agus blàthachadh na cruinne (td 188). Cò shaoileadh gum b' urrainn dàn èibhinn a bhith ga sgrìobhadh air rudan cho cudromach sin...? Tha mi 'n dòchas gun còrd iad riut co-dhiù.

Agus ma tha thu a' smaoinachadh nach eil dàn èibhinn gu leòr san earrainn seo, no san leabhar air fad, tha e an urra riut fhèin feadhainn eile a sgrìobhadh! Siuthad! Dall ort!

Cearc cheart-cheàrnach (tòimhseachan)*Feorghas MacFhionnlaigh*

cearc
cheart-cheàrnach
mheatailteach
otomàtach

a' breith
uighean-tì
ann am plaosg
plastaig

ri linn
corrag na sùil
is bonn airgid
na beul

A mhic na circe topanaich

À beul-aithris

A mhic na circe topanaich,
gun cuirinn anns a' bhrochan thu,
a mhic na circe topanaich,
gun òlainn deoch dhed eanraich;

a mhic na circe topanaich,
a ruidil mar an gocaman,
a mhic na circe topanaich,
gum bogainn anns a' chàl thu.

gun dèanainn mhìge, mhàga ort,
's gun cuirinn anns a' chàl thu;
gun dèanainn mhìge, mhàga ort,
's gun òlainn deoch dhed eanraich!

An Coileach a bha 'n Cerrara*Iain MacPhàidein* Muile, 1850-1935

Bha trì puinnnd geire
 anns a' choileach a bha 'n Cerrara;
 bha cìrean bha loinneil
 air a' choileach a bha 'n Cerrara;
 bha spuirean a bha greimeil
 air a' choileach a bha'n Cerrara;

Bha gàirdeanan fada
 aig a' chaillich rinn a mharbhadh;
 chaidh punnd an coinneal dheth,
 's chaidh roinnean dheth gu armadh;
 is thum iad na bonnaich
 anns a' choire rinn an eanraich.



Uilebheist Eilidh

Iain MacLeòid Bail' Ailein



Thàinig uilebheist dhan an sgìre
is thog i cùrs air Lacasaigh
is chuir i daoine às an rian
le a cuid spòrs is eacarsaid.

Bha an truaghag air a claidheadh
le casan fuar is acras,
oir shiubhail i air astar mòr
mus d' ràinig i a h-acarsaid.

Bha i 'n tòir air biadh is blàths
is fhuair i sin an Lacasaigh:
leum i steach do sheòmar ruadh
do bhucas mòr nan lofaichean.

Bha i sgròbadh, bha i sgrìobadh,
's cha b' fhada mhair na lofaichean;
chualas fuaim bha oillteil garbh
is thàinig crith sna dorsachan.

Bha Eilidh nis na crùban shìos
 's i sporghail airson telefon,
 ach fhuair i lorg air Uilleam còir
 's e glanadh rathaidean Mharabhaig.

Dh'èigh i ris 's i sgreuchail àrd,
 “Thig an seo cho luath 's a th' agad,
 oir tha uilebheist anns an t-seòmar
 is tha mise nis dol seachad!”

Thàinig Uilleam le ten-tonner
 's lorg e cuideachd JCB:
 chaidh an uilebheist chur dhan làraidh
 's bha Eilidh nis aig beagan sìth.
 Rinn Uilleam nis air Beinn na Dròbh'
 's an uilebheist aig' air bòrd,
 ach 's ann thachair dhàsan tubaist
 nuair leum i mach aig ceann rathad Cheòis.

Sin far 'm faca mis' an truaghag
 's i na seasamh meadhan an rathaid mhòir:
 bha a spòg an-àird san iarmailt
 's chithinn a sùilean làn de dheòir.

Bha mo chridhe an impis sgàineadh:
 stad mi 's cheangail mi oirre ròp,
 's thug mi todha dhi suas an rathad -
 ach bhris an ròp aig geata Còig ...

... is a-nis tha 'n luchag dhiblidh
 seasgair sàbhailt sa Ghazibo!!

Am Fuamhaire

Aonghas Pàdraig Caimbeul

Nuair a dhùisg am fuamhaire
bha an t-acras air

ach nuair a choimhead e timcheall

cha robh sìon ri ithe
oir bha e air a h-uile nì

a shlugadh cheana

mar sin
thòisich e air an òrdaig mhòir
aige fhèin

agus

mus tàinig ciaradh an fheasgair
bha e marbh

leis an acras.



An cunnart do bheatha sna Hearadh (a)*Aonghas MacIllInnein*

Dh'fhalbh Sgalpach a cheannach deis' ùr
is chuir e gu muir an canù;
mus do ràinig e 'n Tairbeart
bhuail muc-mhar' e le h-earball
's tha e nis gu ro chearbach san tiùrr.





An cunnart do bheatha sna Hearadh (b)

Aonghas MacIllInnein

Bha caileag bheag ghrinn às na Bàigh
's i na sìneadh an siud air an tràigh;
's ann thuit i na cadal
's a ceann air pìos maide
is sheòl i air falbh air an t-sàl.

An cunnart do bheatha sna Hearadh (c)*D. Màrtainn*

Bha siud ann tè reamhar à Cluthar,
is thuit i à mullach taigh-tughaidh.
Ruith am bodach a-mach
is dhèigh e, “Mo chreach!
Nach ann agad, a bhrònag, bha ’n t-siubhal!”

An trioblaid le feòil-sheachnadh ...

Anna Latharna NicGilliosa

Thuir am Prof, “Tha e soilleir:
 ’s e ’n crodh-laoigh as coireach
 son an t-adhar a mhilleadh le *methane*.”
 Ach nam feumainn tighinn beò
 air peasraichean ’s pònair
 chan e ’n crodh a bu choireach ach *mi-fhèin!*

**Beag-fhaclair****foighidinn:** an comas a bhith a’ cur suas ri rudan airson ùine fhada**mòr-chuiseach:** pròiseil, uaibhreach, àrdanach, mòr aiste fhèin**air a h-air’:** air a h-aire; na h-inntinn**tiugh:** reamhar**stòlda:** seasmhach, suidhichte, ciallach

Iòb: Fear a tha a’ nochdadh sa Bhìoball. Ged a chaill e a h-uile càil a bh’ aige, cha do ghearain e, agus cha do chaill e a chreideamh ann an Dia.

Grabhataidh*Aonghas Pàdraig Caimbeul*

Nuair a bha mi nam bhalach beag
 ann an Sgoil Ghearraidh na Mònadh
 leugh mi gun deach balach Sasannach
 a-mach aon latha
 's gun do laigh e fo chraoibh
 far an do thuit ubhal air a bhathais, agus mar sin
 lorg e grabhataidh.

'À hà,' thuirt mi rium fhìn,
 'Sin carson nach e Uibhisteach a fhuair e -
 mura b' e gun do loisg na Lochlannaich
 gach craobh bha ann an Uibhist,
 bhiomaid ainmeil.'

Choisich mi dhachaigh às dèidh na sgoile
 an t-uisge dìleach a' dòrtadh às na speuran
 mar seann fhirinn.





Sàga lùbach Lochlannach

Anna Latharna NicGilliosa

A' chiad uair a sheòl iad chaidh
na Lochlannaich air tìr
air cost an iar Shasainn, is air
madainn bhòidheach, ghrinn. Thuir
Olaf Sgoltadh Chlaigeann 's e
a' liomhadh a thuaigh: "Tha 'n
dùthaich seo coimhead garbh math - 's e
chòrdas ris a' mhnaoi. Bidh
Mrs Sgoltadh Chlaigeann tric
a' gearan air cho dorch 's a
bhios na làithean Lochlannach
a' fàs mu àm na Nollaig. Nach
tog sinn oirnn ar n-adhaircean, ar
sleaghan agus tuaighean, a
chur às dha na Sasannaich mun
dùisg iad às an suain!" Ach
"Air do shocair, Olaif," thuir
fear aosta, molach, liath - 'm fear-
stiùiridh bh' air a' bhirlinn thoirt
gu sàbhailte gu tìr. "Dè



till a h-Olaf fhèin? Ma
 thuiteas e na mharbhan ann an
 dùthaich choimhich, chèin? Oir
 ciamar a nì sibh 'chùis orra gun
 eòlas air an tìr? 'S e mo
 chomhairle dhuibh bhith faiceallach, mus
 caill sibh uile ur cinn. Cuiribh
 dhibh gach clogaid adhairceach, gach
 sleagh is tuagh is sgiath, is nan
 àite thoiribh tiodhlacan – mar
 feòil rèin-fhèidh no bian. 'S nuair
 ruigeas sibh na Sas'nnaich canaibh
 riuth' gu socair, rèidh, cho
 àlainn 's a tha Sasainn, is cho
 dàna 's a tha iad fhèin. Mar as
 mò a thèid am mealladh leibh, le
 brosgal agus breugan, 's ann as
 fhasa thèid am milleadh nuair a
 thilleas sibh ler sgiathan.”

Dh'aontaich Olaf, 's chuir e fhèin 's a
 chàirdean bèin am basgaidean: 's aig
 dà uair dheug 's ann dh'fhalbh iad a
 chèilidh air na Sasannaich. Ach am





beagan 's cairteal uarach thill na
gaisgich ghruamach Lochlannach le
ceuman slaodach, cuagach, is le
èigheach thruagh is ochanaich. Bha gach
claigeann air a sgoltadh, sùilean
dubh orr' 's fuil a' dòrtadh.

“O gonadh ort,” dh'èigh Olaf,
“a sheann fhir-stiùiridh ghòraich!

Bu tu bu choireach, amadain, gun
tug sinn leinn na tiodhlacan, an
àite sgiathan 's clogaidean is
sleaghan biorach iarainn.

Bu tu bu choireach, amadain, gun
deach sinn ann le brunndal mu cho
àlainn 's a tha Sasainn, an
àite creachadh 's spùinneadh. Is an
rud bu mhiosa buileach, 's e thu
fhèin bu choireach, amadain, son ar
birlinn thoirt gu tìr chan ann an
Sasainn ach an
- Alba!”

